

Bàird agus Bana-bhàird a' Bhaile Shear
thairis air an 19mh linn agus an 20mh linn:
Òrain is Dàin Neo-fhoillsichte agus An Co-
theacsa.

Linda NicLeòid
M.A (Urram) (Oilthigh Ghlaschu).

Tràchdas a chuireadh a-steach gus riatanais ceum Maighstir na
Feallsanachd (MPhil) a choileanadh.

Roinn na Ceiltis agus na Gàidhlig,
Colaiste nan Ealan,
Oilthigh Ghlaschu

An t-Sultain 2011.

© Linda NicLeòid, 2011.

Geàrr-chunntas

Tha cuid de dh'òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear nach maireann, bhon 19mh agus an 20mh linn, agus gu h-àraidh an dualchas a chaidh còmhla riutha, ann an cunnart bhon a dhol air chall gu bràth tro bhàs neo dhiochuimhn', 's gun a' mhòr-chuid dhem fiosrachadh ach air cuimhne duine neo dithis den fheadhainn as sine a bhuineas dhan eilean seo de dh'Uibhist a Tuath. Gus nach tachair an leithid, tha an tràchdas seo a' glèidheadh 24 òrain agus dàin, a chaidh a dhèanamh eadar an 19mh agus an 20mh linn le naoinear bhàird agus bhana-bhàird bhon eilean fhèin, dìreach mar a chaidh an clàradh bho luchd-bratha anns a' bhliadhna a dh'fhalbh, neo mar a fhuarte iad bho sheann chlàran, clàran Sgoil Eòlais na h-Alba, neo corra làmh-sgrìobhainn. Chaidh clàr CD de gach fear dhiubh, air an gabhail gu traidiseanta, a chur aig cùl an tràchdais cuideachd airson am fuinn, ruitheam agus dualchainnt Ghàidhlig thùsail a shàbhaladh cuideachd. A bharrachd air an seo ghlèidheadh na b' urrainneadh de dhualchas farsaing agus mionaideach nan òran agus dàn airson ciall 's mìneachadh a thoirt dha na teacsaichean fhèin agus airson soilleireachadh cho cudromach 's a bha iad do mhuinntir an eilein thairis air an dà linn seo, 's iomadh dreuchd aca sa choimhearsnachd. Shoillearichear cuideachd mar a chaidh na h-òrain agus dàin seo a sgaoileadh agus a chumail beò tro bheul-aithris agus mar dhualchas. Mhìnichear cudrom bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear agus an dreuchd a bh' aca gus muinntir an eilein a fhrithealadh len cuid òrain agus dàin, gus an tàinig lùghdachadh air an iarrtas seo aig deireadh an 20mh linn, 's na h-òrain agus dàin a' fulang crìonadh mòr, airson an còrr den linn, air sgàth seo.

Tha na h-òrain agus dàin neo-fhoillsichte sa chruinneachadh seo, agus am mìneachadh 's an anailis a chaidh a dhèanamh orra, a' cur ri eòlas air òrain agus dàin traidiseanta Gàidhlig, agus an àite a bha aca seo agus aig na bàird agus bana-bhàird a rinn iad, ann an aon choimhearsnachd Ghàidhealach.

Clàr-Innse

Geàrr-chunntas	2
Clàr-Innse	3
Taing	4
Dearbhadh an Ùghdair	7
Giorrachaidhean.....	8
Ro-ràdh.....	9
Dòigh-obrach.....	12
1 Caibideil a h-Aon.	16
1.1 Co-theacsa Sgoilearach.....	16
2 Caibideil a Dhà.	24
2.1 Co-theacsa Eachdraidheil a' Bhaile Shear	24
2.2 Àrainneachd nan òran agus dàn	29
2.2.1 An t-àite-obrach.....	29
2.2.2 An Cèilidh.....	34
2.3 'S e an t-ionnsachadh òg an t-ionnsachadh bòidheach.....	41
2.4 Na Seinneadairean.....	45
3 Caibideil a Trì.	49
3.1 An Cruinneachadh.....	49
3.2 Clàr-Innse nan Òran agus Dàn.	51
3.2.1 Fionnaghal Ni Chaluim 'ic Dhòmhnaill 'ic Mhurchaidh (NicLeòid)	52
3.2.2 Mairead Nighean Ailein, Mairead NicDhòmhnaill.....	59
3.2.3 Aonghas na Càrnaich, Aonghas Dòmhnallach.....	64
3.2.4 Ruairidh MacAoidh, Bàrd Iolaraigh.....	78
3.2.5 Aonghas Ghilleasbuig Dhonnchaidh, Aonghas Iain Robasdan	87
3.2.6 Ruairidh na Càrnaich, Ruairidh Dòmhnallach.....	99
3.2.7 Magaidh Bhoidhd, (Magaidh NicGuaire).....	112
3.2.8 Eàirdsidh Aonghais Ghilleasbuig, Eàirdsidh MacAmhlaigh	121
3.2.9 Gun Urra	142
4 Caibideil a Ceithir.	146
4.1 Gibht na bàrdachd agus modhan-dèanamh.....	146
4.2 Dreuchd nam bàrd agus bana-bhàrd air an eilean	149
4.2.1 Crìonadh dreuchd nam bàrd agus bana-bhàrd air an eilean.....	154
Co-dhùnadh	157
Facal san dealachadh	158
Pàipear-taic 1	159
Pàipear-taic 2(a).....	160
Pàipear-taic 2(b)	161
Pàipear-taic 3.....	163
Pàipear-taic 4.....	173
Pàipear-taic 5.....	174
Pàipear-taic 6.....	175
Pàipear-taic 7.....	176
Pàipear-taic 8.....	177
Pàipear-taic 9.....	178
Pàipear-taic 10.....	179
Clàr Thùsan	180

Taing

Tha mi fada an comain nan daoine a leanas airson an ùine, am foighidinn agus an coibhneas gus dealachadh len cuid eòlas gu deònach agus gu saor-thoileach, airson m' fhiosrachadh agus m' oideachadh sa chuspair seo. Mar a chante an Uibhist; '*Is fheàrr caraid sa chùirt na crùn sa sporan*', 's gu deimhinne cha ghabh sùim-airgid a chur air na fhuaradh de dh'fhiosrachadh 's de bhrosnachadh bhuapa, 's cha bu mhotha na sin a ghabhadh an tràchdas seo sgrìobhadh às an aonais.

Mo stiùiriche, Dr Sheila Kidd, airson gach pìos cuideachadh agus comhairle thairis air a' bhliadhna seo.

Sgoilearachd MhicIllEathain (Roinn na Ceiltis agus na Gàidhlig, Oilthigh Ghlaschu), agus Bursaraidh Edward Caird (Colaiste nan Ealain, Oilthigh Ghlaschu), airson an cùrsa seo a mhaoineachadh.

Urras Brosnachaidh na Gàidhlig agus an *Research Support Award* aig Oilthigh Ghlaschu, airson an taic-airgid an aghaidh cosgaisean siubhail.

Muinntir Sgoil Eòlais na h-Alba agus gu h-àraidh Aonghas Iain Dòmhnallach, a chruinnich òrain 's dàin a' Bhaile Shear dhan Sgoil eadar na 1960an - 1970an, airson cead a thoirt dhomh òrain 's dàin an eilein, agus na clàran a bh' aca dhiubh, a chleachdadh san tràchdas seo.

Teaghlaichean bàird 's bana-bhàird agus seinneadairean an eilein, airson leigeil leam bàrdachd an càirdean, neo clàran dhiubh a' gabhail nan òran agus dàn seo, a chleachdadh san tràchdas, agus airson nan dealbhan agus an fhiosrachaidh a thug iad seachad mu na daoine seo cuideachd.

Mo luchd-bratha fialaidh, airson am fiosrachadh, an liuthad cuimhneachan laghach agus an corra òran 's dàn a thug iad dhomh. B' iad seo; Flòraidh NicMhathain an Iolaraigh, Anna agus Uilleam Dòmhnallach sa Chlachan, Catrìona NicLeòid sa Chlachan, Alasdair Dòmhnallach an Croismoraig, Peigi 's Ceitidh agus Aonghas na Càrnaich, Isa NicPhilip an Càirinis, Ceitidh Màiri NicIllEathain an Càirinis, an t-Urramach Dòmhnall Eàirdsidh MacGuairne sa Ghearasdan, Iain MacIllEathain an Glaschu, Mòrag NicAoidh Anderson ann am Baile Dhùn Lèibhe agus an dithis as sine de mhuinntir a' Bhaile Shear; Ragnall Mac

a' Phiocair, a-nis an Guireag, agus gu h-àraidh am prìomh neach-bratha, Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill am Baile Raghaill. Cha phàigh taing nan daoine seo.

An t-Urramach Iain Mac a' Ghobhainn agus an Màiri NicMhathain airson na dàin a bh' aca sgrìobhte.

Alison NicDhòmhnaill airson iasad de sheann agallamhan a rinn i ann an 1999 le dithis de mhuinntir a' Bhaile Shear mun bhàrd Ruairidh MhacAoidh, agus de phròiseact-sgoile a rinn i air a' bhàrd.

Stephen Reid bho Roinn Ciùil Oilthigh Ghlaschu airson clàr an tràchdais a chur còmhla agus Roinn nam Mapaichean an Oilthigh Ghlaschu airson lethbhreacan a dhèanamh de map 2.

Seonaidh Mhurchaidh (Seonaidh MacDhòmhnaill), airson tar-sgrìobhainn nan òran agus dàn a cheartachadh dhomh.

Dr Dòmhnall Uilleam Stiùbhairt, Dr Iain MacAonghais, Linda Gowans agus Mairead Callan airson prìomh 's dàrna tùsan agus rannsachadh a bha iad fhèin air a dhèanamh air a' Bhaile Shear 's bàird an eilein a thoirt gu m' aire. Mo thàing do dh'Iain MacAonghais cuideachd airson mo chuideachadh le ciall corra fhacal Gàidhlig.

An sloinntear Blair MacAmhlaigh à Toronto agus oifis an neach-clàraidh am Beinn na Fadhla, airson mo chuideachadh le deitichean-beatha 's eachdraidh teaghlaichean an eilein.

Luchd-obrach Roinn na Gàidhlig an Oilthigh Ghlaschu agus mo charaidean airson an taic tron bhliadhna seo.

Leabharlann Sgoil Lionacleit am Beinn na Fadhla airson leigeil leam sùil a thoirt air seann leabhraichean-aistridh Sgoil a' Bhaile Shear.

Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath agus muinntir a' Bhaile Shear agus Uibhist a Tuath airson iasad de dhealbhan co-cheangailte ri cuspair an tràchdais.

Mo mhàthair, m' athair agus mo phiuthar airson an cuideachadh agus am brosnachadh thairis air a' bhliadhna seo. Taing cuideachd dham mhàthair (Catrìona nighean Ùisdean Sheumais MacMhathain), airson seann chlàran '*reel to reel*' a lorg de chèilidhean a chlàr an teaghlach san taigh an Langais, sna 1960an.


Mu dheireadh, taing dham sheanair, Ùisdean Sheumais MacMhathain, nach maireann, airson na dh'ionnsaich e dhomh de dh'òrain neo-fhoillsichte a' Bhaile Shear tro bheul-aithris, 's gun mi ach aois sgoile.

Tha mearachdan sam bith san tràchdas an urra dhomh fhèin.

Dearbhadh an Ùghdair

Tha mise, Linda NicLeòid, a' dearbhadh gur e an obair agam fhèin a tha san tràchdas seo, ach a-mhàin nuair a tha mi a' tarraing air obair dhaoine eile neo air facail mo luchd-bratha. Cha deach obair an tràchdais seo riamh a mheasadh airson ceum eile, an Oilthigh Glaschu neo aig oilthigh sam bith eile.

Ainm-sgrìobhte:



Giorrachaidhean

Tha na giorrachaidhean a leanas air an cleachdadh tron tràchdas:

(X) – Àireamh leis fhèin sna camagan ann am bonn-nota a' riochdachadh àite/àireamh air Map 2 agus ann am pàipear-taic 2(b).

PT. – Pàipear-taic (le àireamh ri thaobh agus mion-àireamh airson dealbh).

SEA – Sgoil Eòlais na h-Alba.

Ro-ràdh

'S e prìomh amas an tràchdais seo, òrain agus dàin neo-fhoillsichte le bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear bhon 19mh agus an 20mh linn a ghlèidheadh le nas urrainnear de dh'fhiosrachadh fhad 's a tha an cothrom fhathast ann seo a dhèanamh, 's cus dheth ann an cunnart a dhol a dhith 's gun e ach air cuimhne duine neo dithis den fheadhainn as sine a bhuineas dhan eilean.

Chuir mi romham òrain agus dàin bhon Bhaile Shear an Uibhist a Tuath a chruinneachadh air sgàth 's gun deach mo thogail air mòr-fhearann an eilein, 's an rannsachadh seo mar sin a' toirt cothrom dhomh am barrachd ionnsachadh mu dhualchas mo choimhearsnachd. Tha e cuideachd a' ceadachadh dhomh dualchas mo shinnsearan a ghlèidheadh, thoradh 's gum b' ann às a' Bhaile Shear fhèin a bha teaghlach mo sheanair, 's gibht na bàrdachd agus an t-seinn gu làidir nam measg. Bha mo sheanair aithnichte mar prìomh sheinneadair an eilein airson a' mhòr-chuid de 20mh linn, 's mar sin bha cus de dh'òrain 's dàin bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear aige air a chuimhne, 's cuid dhiubh air an sgaoileadh thuige gu pearsanta leis na rannaichean. Nam òige, bha mi cleachdte ri bhith ga chluinntinn gan seinn agus bha mi fortanach gu leòr gun do dh'ionnsaich e dhomh dhà dhiubh tro bheul-aithris nuair a bha mi mu ochd bliadhna a dh'aois, 's gun an comas agam air Gàidhlig a leughadh. Gu tàmailteach ge-tà, cha do ghabh mi ùidh cheart ann an òrain agus dàin ar coimhearsnachd gus an do thòisich mi air am barrachd seinn Ghàidhlig bho chionn trì bliadhna, agus mun àm sin, bha mo sheanair agus na bh' aige de dh'òrain agus de dh'eòlas mun chuspair seo, air siubhal dà bhliadhna roimhe. Tha aithreachas mòr orm ma-tà, nach do thòisich mi air na h-òrain agus dàin seo a chruinneachadh bho chionn bhliadhnaichean, nuair a bha daoine fiosraichte mar mo sheanair timcheall, 's còrr air deich air fhichead bliadhna ann bhon a shiubhail am bàrd mu dheireadh den Bhaile Shear. Ach, chan eil sin ri ràdh nach eil cuimhne glè mhath aig duine neo dithis as sine den eilean, air cuid de dh'òrain agus dàin a' Bhaile Shear agus an dualchas a chaidh leotha agus mar sin, feumar an cothrom a ghabhail an-dràsta, gus na th' acasan air an cuimhne a shàbhaladh bhon chrionadh a dh'fhuiling cus de dh'òrain 's dàin agus dualchas beul-aithriseach eile den eilein. Feumar soilleireachadh an seo, ged a thathar ag amas air òrain agus dàin neo-fhoillsichte an eilein a ghlèidheadh, tha trì dàin fhoillsichte den Bhaile Shear a' nochdadh ann an cruinneachadh an tràchdais, air sgàth 's gu bheil iad nam falach am measg altan *Gairm*, 's chan eil cus co-theacsa air a ghlèidheadh còmhla riutha an sin.

Airson a' bhàrdachd agus am fiosrachadh fhèin a chruinneachadh agus tràchdas a sgrìobhadh air an leithid a chuspair, chleachdadh farsaingeachd de phrìomh thùsan; chuireadh luach mhòr gu h-àraidh air seann chlàran de mhuinntir an eilein a fhuaradh bho

mhuinntir Uibhist a Tuath neo ann an Sgoil Eòlais na h-Alba (SEA) an Dùn Èideann, air agallamhan le luchd-bratha an Uibhist agus corra fear air tìr-mòr, agus air seann làmh-sgrìobhainnean cuideachd. 'S ann bhuapa seo a chaidh na h-òrain agus dàin, agus am fiosrachadh a bharrachd a chaidh còmhla riutha, a chruinneachadh. Chuireadh luach cuideachd air dàrna tùsan, mar leabhraichean agus altan le sgoilearan agus eòlaichean air cruinneachaidhean de dh'òrain Ghàidhlig bhon 19mh agus an 20mh linn agus air bàrdachd Ghàidhlig. A bharrachd air an seo, fhuaradh cothrom fiosrachadh a chleachdadh bho thràchdasan agus altan neo-fhoillsichte agus airson soilleireachd tron tràchdas air fad, chuireadh dealbhan agus mapaichean ionadail, (gu h-àraidh Map 2), agus craobhan-teaghlaich gu feum cuideachd.

Mar sin, airson amasan an tràchdais seo a choileanadh agus am fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh a chur còmhla agus a ghlèidheadh gu soirbheachail tro sgrìobhadh, bheir a' chiad chaibideil sùil air co-theacsa rannsachaidh an tràchdais seo, agus beachdaichear air cruinneachaidhean sgoilearach de dh'òrain agus bàrdachd Ghàidhlig a chaidh a dhèanamh gu ruige seo. Soilleirichear na h-adhartasan a thàinig orra seo thairis air an dà linn a dh'fhalbh agus mar a ghlèidh iad dualchas nan òran agus dàn le na teacsaichean fhèin. Tòisichidh an dàrna caibideil le bhith ag innse beagan mu eachdraidh eilean a' Bhaile Shear, an suidheachadh fìsigeach farsaing a bha a' ceangal nam bàrd agus bana-bhàrd sa chruinneachadh uile ri chèile, airson tuigse fhaighinn air fearann an eilein, prìomh thachartasan an dà linn agus dòigh-beatha nan daoine. Coimheadar an uair sin air an dà phrìomh àrainneachd anns am bitheadh òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird an eilein air an seinn agus an aithris thairis air an dà linn seo, 's e sin an t-àite-obrach agus a' chèilidh. Soilleirichear na diofar dhreuchdan agus cleachdaidhean a bh' aig òrain agus dàin sna suidheachaidhean seo, agus mar a chaidh na h-aon òrain tric a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean obrach, neo eadar an dà phrìomh àrainneachd, airson adhbharan eadar-dhealaichte, 's mìnichear mar a bha seo gan sgaoileadh gu luchd-èisteachd eadar-dhealaichte. Le bhith a' tarraing air Map 2, seallar cuideachd na prìomh thaighean den eilean anns am bitheadh na h-òrain agus dàin air an gabhail. An uair sin, mìnichear mar a chaidh òrain agus dàin an eilein a sgaoileadh tro bheul-aithris sna suidheachaidhean seo, mar a thog sean agus òg iad len cluais agus mar a chaidh aca rin cumail beò air an cuimhne. Mu dheireadh sa chaibideil seo, innsear eachdraidh prìomh sheinneadairean an eilein, nach robh nam bàird neo bana-bhàird iad fhèin, mar cho-theacsa air cuid dha na daoine a bhitheadh a' sgaoileadh agus a' gabhail nan òran agus dàn sa chruinneachadh.

San treas caibideil thèid òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear a ghlèidheadh dìreach mar a chaidh an sgrìobhadh leis na fir-chruinneachaidh, neo facal air an fhacal bho mar a thathar air an seinn neo an aithris le seinneadair an eilein air seann

chlàr neo agallamh. Gus nas urrainnear de dhualchas a glèidheadh còmhla riutha, leanaidh teacsaichean nan òran agus dàn eachdraidh nam bàrd neo bana-bhàrd dham buin iad, agus an uair sin air duilleag às dèidh gach teacsa air leth, thèid ainm an t-seinneadair agus co-theacsa an òrain neo dàn a ghlèidheadh. Airson 's gum faigh an leughadair am barrachd ciall às na h-òrain agus dàn, thèid notaichean mionaideach air loidhnichean an òrain neo dàn a chleachdadh gus daoine neo àitichean ionadail, seann fhaclan Ghàidhlig agus facail dualchainnt Ghàidhlig a' Bhaile Shear sam bith sna teacsaichean a mhìneachadh, agus tarraingear air Map 2 agus na craobhan-teaghlaich ionadail sna pàipearan-taic airson soilleireachd a bharrachd.

Mu dheireadh, sa cheathramh caibideil, innsear nas urrainnear mu thùs gibht na bàrdachd agus mar a bha e ag obrachadh ann am beatha a' bhàird neo a' bhana-bhàird. Tro sgrùdadh air cuspairean nan òran agus dàn sa chruinneachadh, soilleirichear cuideachd an dreuchd a bh' aig bàird agus bana-bhàird an eilein sa choimhearsnachd agus mar a bha iad a' frithealadh muinntir an eilein gu saor-thoileach len cuid òrain agus dàn. Crìochnaichear an uair sin le bhith a' sealltainn mar a thàinig crìonadh air a' chèilidh, agus air obair thraidiseanta an eilein, anns an dàrna leth den 20mh linn, agus innsear an droch bhuaidh a bh' aige seo air dreuchd nam bàrd sa choimhearsnachd agus air an cuid òrain agus dàn cuideachd.

Bhon sgrùdadh seo uile, soilleirichear cho cudromach 's a bha na h-òrain agus dàn seo do mhuinntir a' Bhaile Shear gu ruige meadhan an 20mh linn, agus mar a chuirte iad gu feum nam beatha làitheil. Thathar an dòchas ge-tà, tro bhith a' glèidheadh na h-òrain agus dàn seo cho slàn agus cho fìrinneach sa ghabhas, agus leis nas urrainnear de cho-theacsa, gun oidich an tràchdas seo leughadair san àm ri teachd ann an seann dualchas beul-aithriseach eilean a' Bhaile Shear. 'S dòcha an uair sin gun ionnsaich seinneadair òran neo dàn às, 's gun tèid a ghabhail agus a sgaoileadh tro bheul-aithris a-rithist.

Dòigh-obrach

Na tùsan

Mar a chante, “*chan fhiosraich, mur feòraich*”, ’s gu dearbha do rannsachadh ùr mar seo a bha cho eisimeileach air beul-aithris agus cuimhne muinntir a’ Bhaile Shear fhèin, cha robh cus dhòighean eile ann airson òrain agus dàin neo-fhoillsichte dhen eilein a chruinneachadh, ’s na bàird ’s bana-bhàird fhèin uile air siubhal. Mar sin, b’ ann gu h-àraidh tro bhith a’ ceasnachadh ’s ag agallamh diofar dhaoine thairis air a’ bhliadhna acadaimigeach seo, agus ag èisteachd ri seann chlàran agus agallamhan de mhuinntir an eilein a shiubhail bho chionn bhliadhnaichean, a fhuaradh a’ mhòr-chuid de na h-òrain agus dàin seo; agus a bharrachd air sin an dualchas a chaidh leotha, eachdraidh nam bàrd agus bana-bhàrd fhèin, agus farsaingeachd de dh’fhiosrachadh mun a’ Bhaile Shear agus a’ choimhearsnachd.

Mus do thòisicheadh a’ rannsachadh, bha Òrain 8 agus 11/12 air mo chuimhne co-dhiù. A bharrachd air an seo, nuair a bha mi aig an taigh an Uibhist tron t-samhradh 2010, thug mo sheanmhair dhomh Dàn 13, a bh’ aice sgrìobhte sìos, agus lorg mo mhàthair dà sheann teip ‘*reel to reel*’ a chlàr an teaghlach fhèin sna 1960an, ’s orra sin bha dithis nach maireann: mo sheanair, ’s e a’ seinn Òrain 4 agus 7, agus fear eile de mhuinntir an eilein a bha ag innse eachdraidh aon de na bàird agus dualchas cuid de dhàin. Mar sin, bha criomag de bhàrdachd a’ Bhaile Shear agam ro thoiseach oifigeil a’ chùrsa rannsachaidh seo ann an Glaschu san t-Sultain 2010, ach fhathast, mus ceasnaichinn muinntir an eilein mun deidhinn, dh’fheumainn am barrachd òrain agus dàin a lorg airson ’s gum bitheadh tuigse na b’ fheàrr agam fhèin air a’ chuspair agus air dè bu chòir fhaighneachd dhaibh.

Leis gun deach iomadh òran agus dàn a chlàradh bho mhuinntir a’ Bhaile Shear le SEA san dàrna leth den 20mh linn, chaidhear an sin an toiseach gus èisteachd ri na ghlèidh iadsan de dh’òrain agus dàin an eilein fhèin. Chaidh gach fear a lorgadh le bàrd neo bana-bhàrd an eilein bhon 19mh agus an 20mh linn, a sgrìobhadh a-mach facal air an fhacal bho mar a bhathar air an aithris neo an seinn air clàran na Sgoile, ’s riochdaicheadh feartan dualchainnt nan seinneadairean cuideachd sna tàr-sgrìobhaidhean seo. Chuireadh crìoch air na tàr-sgrìobhaidhean aig deireadh an t-Samhain 2010 agus fhuaradh leth-bhreacan de chlàran nan òran agus dàn seo bho SEA, agus cead bhon neach-cruinneachaidh thùsail, Aonghas Iain Dòmhnallach, airson an cleachdadh air clàr san tràchdas seo.

An uair sin, eadar deireadh an t-Samhain agus an t-Ògmhios 2011, chruinnicheadh agus chlàradh na b’ urrainnear do dh’fhiosrachadh gus ciall a dhèanamh dhan bhàrdachd seo, agus do dh’eachdraidh nam bàrd ’s bana-bhàrd agus seinneadairean an eilein, air

inneal-clàraidh, tro bhith ag agallamh ochd duine deug uile gu lèir nan dachaighean fhèin. Dh'agallamhadh an dithis as sine de mhuinntir a' Bhaile Shear, càirdean nam bàrd 's bana-bhàrd fhèin, cuid de mhuinntir na coimhearsnachd le eòlas mu na daoine seo, 's fiù 's corra neach-dàimh do dhaoine a bh' air an ainmeachadh sna h-òrain neo dàin, neo do sheinneadair an eilein, agus duine neo dithis eile a bh' air obair sgoileireil a dhèanamh air muinntir an eilein cuideachd.

Prionnsapalan Deasachaidh

Tha a' mhòr-chuid dhen fhiosrachadh iomchaidh a chruinnicheadh thairis air a' bhliadhna seo air fhisge a-steach nam sgrìobhadh fhèin dhen tràchdas. Gus na h-òrain agus dàin sa chruinneachadh ann an Caibideil 3 a ghlèidheadh gu ceart, tha na dàin a fhuaradh bho làmh-sgrìobhainnean air an glèidheadh dìreach mar a bhathar air an sgrìobhadh leis an neach-cruinneachaidh bho thùs. Tha na h-òrain agus dàin a fhuaradh bho sheann chlàran neo mo luchd-bratha, agus às-earrainnean sam bith san tràchdas a tha a' tarraing air na thuirt neach air clàr, air an sgrìobhadh facal air an fhacal bho mar a bhathar air an seinn neo an aithris leis an t-seinneadair neo an neach-bratha bhon eilean fhèin; le bhith a' cumail dìleas rim feartan gràmar agus dualchainnt, ach gun a bhith a' siubhail cus bho riaghailtean litreachaidh GOC, dìreach mar a dh'eisimpleirich Margaret Fay Shaw na cruinneachadh (Shaw 1999, 76-77). Mar sin, tha facail, loidhnichean neo fiù 's rannan slàn sam bith a chaidh à cuimhne an luchd-bratha, neo a chaidh a ghearradh bho chlàr gun fhiost, air an riochdachadh sna tàr-sgrìobhainnean cuideachd. Thathar an dòchas gun tig na facail neo loidhnichean seo gu cuimhne leughadair san àm ri teachd, neo an neach-bratha fhèin, 's gun lionar na beàrran. A bharrachd air an seo, tha facail Beurla sam bith sna h-òrain agus dàin air an riochdachadh ann an clò-eadailteach.

Leis cho doirbh 's a bha e tàr-sgrìobhainnean a dhèanamh de dh'òrain agus dàin anns an robh Gàidhlig na bu shine, 's bho chlàran nach robh cho soilleir aig amannan, nuair a bha mi gan ceartachadh le bhith ag èisteachd a-rithist ri na clàran a fhuaradh bho SEA agus na h-agallamhan agam fhèin, dh'fhaighnich mi do Sheonaidh Mhurchaidh, seann tidsear an Uibhist a Tuath, airson cuideachadh, gus dèanamh cinnteach gun robh na tàr-sgrìobhaidhean agam gu deimhinne a' freagairt na bh' air aithris neo air a sheinn air na clàran. Mar sin, tha facail neo abairtean sam bith nach robhar cinnteach às air an comharrachadh am measg nan tàr-sgrìobhainn le '(?)' rin taobh. Chaidh an aon rud a dhèanamh nuair nach robhar cinnteach à làmh-sgrìobhadh an fhir-cruinneachaidh.

Tha fonn, dualchainnt agus ruitheam thùsail gach òran agus dàn sa chruinneachadh, cuideachd air an glèidheadh air clàr aig cùl an tràchdais. Nuair nach robh òran neo dàn ri

fhaighinn air clàr bho SEA neo air gin dha na h-agallamhan a chlàr mi, leis gun e seinneadair a th' annam 's dualchainnt Ghaidhlig a' Bhaile Shear agam gu nàdarra, dh'ionnsaich mi fhèin e. Chaidh mi chun an neach-bràtha bhon d' fhuaradh na facail airson dèanamh cinnteach gun robh mi gam fuaimneachadh ceart, agus gus fonn an òrain ionnsachadh bhuapa, mas e òran a bh' ann. Airson na dàin a fhuaradh bho làmh-sgrìobhainnean, chaidh mi gu Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill gus dèanamh cinnteach gun robhar gan aithris mar bu chòir. An uair sin, chaidh mo chlàradh gan seinn neo gan aithris, 's chaidh clàran SEA agus clàr de dh'òran eile bho agallamh a rinn mi fhèin, uile a chur còmhla air clàr an tràchdais, san dearbh òrdugh anns a bheil teacsaichean nan òran agus dàn a' nochdadh sa chruinneachadh ann an Caibideil 3.

Tron tràchdas, nuair a thathar a' tarraing air òran neo dàn bhon chruinneachadh fhèin, thathar a' cleachdadh an fhacail 'Òran' neo 'Dàn' le àireamh ri thaobh, gus àireamh teacsa an òrain neo dàn ann an Caidideil 3 a fhreagairt. Tha am facal 'Teacsa' agus àireamh ri thaobh, air a chleachdadh sa chruinneachadh fhèin airson cunbhalachd, 's ri thaobh tha tiotal tùsail an òrain neo dàn fhèin, neo a' chiad loidhne dhen teacsa, mura bheil tiotal air.

Dùbhlain

Leis nach eil gin de na bàird neo bana-bhàird fhèin beò a-nis, bha an rannsachadh seo gu mòr eisimeileach air cuimhne nan daoine a bu shine a bhuineadh dhan Bhaile Shear agus 's ann bhuapasan a chaidh a' mhòr-chuid de na h-òrain 's dàn fhèin a chlàradh bho bheul-aithris. Mar sin, leis cho dualach 's a tha e gun nochd leagaidhean tro bheul-aithris agus crìonadh ann cuimhne le aois, chan urrainnear a ràdh le cinnt gu bheil cruinneachadh an tràchdais seo gan glèidheadh dìreach mar a chaidh an dèanamh agus an sgaoileadh leis a' bhàrd neo a' bhana-bhàrd fhèin. Chan urrainnear a ràdh le cinnt nas motha gu bheil na h-òrain agus dàn ann an Caibideil 3 gu deimhinne san òrdugh anns an deach an dèanamh, thoradh 's gun ann le tuairmse a chaidh cus dhen òrdachadh a dhèanamh. A bharrachd air an seo, leis cho ionadail 's a tha a' bhàrdachd, na daoine, na h-àitichean agus a' mhòr-chuid den fhiosrachadh air ainmeachadh san tràchdas seo, tha cunnart ann gun tèid an leughadair air chall na mheasg, 's mar sin, a bharrachd air a bhith a' mìneachadh cheanglaichean ionadail cho math 's as urrainn tron tràchdas air fad, thathar air mapaichean agus craobhan-teaghlaich a chruthachadh sna pàipearan-taic, airson soilleireachd a bharrachd, 's thathar a' tarraing orra seo tron sgrìobhadh air fad.

Ged a bhathar a' feuchainn ri cruinneachadh slàn agus firinneach a chruthachadh san tràchdas seo, gus nach d' rachadh faireachdainnean duine sa choimhearsnachd fhèin a ghoirteachadh air chor sam bith, dh'fhàgadh aoir le Ruairidh MacAoidh às a'

chruinneachadh. B' fheudar òrain 's dàin neo-fhoillsichte a bharrachd den eilean fhàgail às a' chruinneachadh cuideachd air sgàth gainne facail san tràchdas. Dh'fhàgadh às ceithir òrain leis a' bhàrd as ainmeil den eilean, Dòmhnall Ruadh Chorùna, agus cuid de dh'òrain neo-fhoillsichte Ruairidh MacAoidh.¹ Ach, ged a chaidh cruinneachadh a dhèanamh de dh'òrain 's dàin an dithis bhàrd seo mu thràth, leis cho beag 's a chaidh innse de dh'eachdraidh Ruairidh MhicAoidh na chruinneachadh fhèin, agus leis gun deach an dà òrain a b' ainmeile aige am measg muinntir an eilein fhàgail às cuideachd, roghnaicheadh am fiosrachadh seo agus an dà òran a ghlèidheadh ann an cruinneachadh an tràchdais airson dualchas an eilein a riochdachadh gu fìrinneach.

Ann an tràchdas na bu mhotha bhitheadh e air a bhith comasach am barrachd sgrùdadh a dhèanamh air na geasan agus cronachain, agus na rannan a bhitheadh muinntir a' Bhaile Shear ag aithris gu làitheil airson soirbheachas nan cuid obrach. Bhithe cuideachd air rann neo dhà de leagaidhean eile de na h-òrain agus dàin sa chruinneachadh ann an Caibideil 3, neo na h-òrain a tha coltach riutha, a sgrìobhadh a-mach sna bonn-notaichean am measg co-theacsa gach òran neo dàn. A bharrachd air an seo, bhithe air feartan dualchainnt nan òran agus dàn a mhìneachadh ann an notaichean a' chruinneachaidh cuideachd.

¹ Gus na h-òrain seo aig Dòmhnall Ruadh Chorùna a chluinntinn, èistibh ri SA1968.205 agus MFN (29-11-2010), agus airson òrain Ruairidh MhicAoidh, èistibh ri SA1968.217, SA1969.96 agus SA1969.110.

1 Caibideil a h-Aon.

1.1 Co-theacsa Sgoilearach

B' ann tro bheul-aithris a chaidh a' mhòr-chuid de bhàrdachd Ghàidhlig na h-Alba a chur ri chèile agus a sgaoileadh, 's e mar sin, chan ann a-mhàin eisimeileach air cuimhne dhaoine gus maireachdainn, ach cuideachd ann an cunnart gun deidheadh "*adhlaacadh ann an uaigh an di-chuimhne*" (Macdonald 1999, 33). Tha seo air a bhith na dhragh do ghrunn sgoilearan bho dheireadh an 18mh linn, ach bhon uair sin, tha e air luchd-tionail thairis air na linntean a bhrosnachadh gus bàrdachd 's òrain Ghàidhlig a chruinneachadh bho bhilean nan Gàidheal, airson an glèidheadh agus an sàbhaladh (McDonald 1784?, 8; Mac-na-Ceàrdadh 1879, vii; MacLeod 2007, 445). A rèir James Ross ge-tà, tha grunn luchd-tionail a' caoidh cho anmoch 's a thòisichear air an glèidheadh, 's iad mothachail nach eil an cruinneachaidhean fhèin ach a' riochdachadh criomag de na bh' air cuimhne dhaoine uaireigin (1961, 18). Chan eil sin ri ràdh ge-tà, nach deach deannan de dh'òrain agus dàin Ghàidhlig phrìseil a ghlèidheadh bho bheul-aithris ann an cruinneachaidhean sgoileireil thairis air an 19mh agus an 20mh linn, 's tasglann SEA, gu deimhinne, mar aonan den fheadhainn as aithnichte agus as beartiche dhiubh (Orr 1957, 7).

Thòisich obair SEA ann an 1951, nuair a chaidh luchd-cruinneachaidh proifeasanta fhastadh gus agallamhan a chlàradh, air innealan-clàraidh ùra, ann an iomadh coimhearsnachd air feadh na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan. Bha an leasachadh seo ann an teicneòlas a' sàbhaladh ùine dhan luchd-cruinneachaidh, 's gun aca ris na h-òrain neo dàin a sgrìobhadh a-mach airson an glèidheadh (Orr 1957, 7). A bharrachd air an seo, ghlèidh an inneal-clàraidh dualchainnt Ghàidhlig an luchd-bratha agus fuinn is ruitheam nan òran neo dàn le gach facal, 's iad mar sin gan riochdachadh gu firinneach, dìreach mar a bhithe air an gabhail gu traidiseanta le muinntir na coimhearsnachd fhèin (Orr 1957, 7-8; MacLeod 2007, 447-448).

Am measg nan sgìrean air an do thadhail luchd-cruinneachaidh SEA an Uibhist a Tuath, bha am Baile Sear, 's mar sin, tha an tràchdas seo ceangailte ri obair na Sgoile agus a' cur ris thoradh 's gun do shàbhail an obair rannsachaidh seo òrain agus dàin a bharrachd le bàird agus bana-bhàird an eilein bhon 19mh agus an 20mh linn.² Ach fhathast, do chlàran a ghlèidh an uimhir do bhàrdachd, chan eil mòran co-theacsa air a shàbhaladh leis na chaidh a chlàradh le luchd-cruinneachaidh SEA, 's mar sin do dh'obair a bha cho adhartach a thaobh teicneòlas, bha an dòigh-obrach seo dualach ann an cruinneachaidhean na bu tràithe, 's e gu h-àraidh nochdte aig fìor dheireadh an 18mh linn (McKean 1996, xii).

² Faic tùsan SEA sa chlàr-leughaidh.

Le bhith a' toirt sùil air ais gu deireadh an ochdamh linn deug, bha luchd-cruinneachaidh a' gabhail uallach an uair sin gun robh seinn Ghàidhlig gus crionadh, agus mar sin gun siubhladh na h-òrain leis a' chleachdadh seo. Chuir luchd-cruinneachaidh mar sin romhpa na b' urrainn dhaibh do dh'òrain agus dàin a ghlèidheadh bho bheul-aithris (Shaw 1999, 74). Bha ministearan gu mòr an sàs san t-sàbhaladh seo gu ruige toiseach an 20mh linn, 's comas sgrìobhaidh aca gus bàrdachd a chur sìos air pàipear (Meek 2002, 84 & 110). A rèir Dòmhnall Meek, 's iad a ghlèidh bàrdachd cuid de na bàird Ghàidhlig a b' aithnichte den 18mh linn nan làmh-sgrìobhadh; nam measg bha an t-Urramach Dòmhnall MacNeacail, a rinn tàr-sgrìobhaidhean de chuid mhath de bhàrdachd Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir, fhad 's a bha am bàrd fhèin gan aithris dha (Meek 2002, 84 & 100; MacInnes 2006b, 231). Coltach ri obair SEA, bha cuid dha na cruinneachaidhean seo le ministearan cuideachd a' glèidheadh òrain bho dhiofar àiteannan air feadh na Gàidhealtachd. Nam measg bha an t-Urramach Pàdraig MacDhòmhnaill, a shiubhail a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan airson òrain, 's a phrìomh amas a' laighe ann a bhith a' glèidheadh fuinn nan òran (MacLeod 2007, 440). Rinn e seo, ach na chruinneachadh, *A Collection of Highland Vocal Airs* (1784?), cha deach facail nan òran a riochdachadh leis na fuinn idir, agus mar clàran SEA, cha deach co-theacsa a ghlèidheadh leotha na bu mhotha (McDonald 1784?, 1; MacLeod 2007, 440). Bha cion co-theacsa bitheanta am measg obair fhoillsichte luchd-tionail eile nan linn. Mar eisimpleir, ann an *Comh-Chruinnechidh Orannaigh Gaidhealach* (1776) le Ragnall MacDhòmhnaill, chaidh 106 dàin a' moladh cinn-cinnidh a chruinnicheadh bho bheul-aithris, ach cha deach iomradh a thoirt air eachdraidh gin dhiubh (Macdomhnuill 1776, 132).

Ach, ged a bha cuid a' cruinneachadh bàrdachd Ghàidhlig bho bheul-aithris aig deireadh an linn seo, 's cuid dhiubh air am foillseachadh, cha b' ann gu ruige an 19mh linn a thàinig àrdachadh air an àireamh de chruinneachaidhean Ghàidhlig ann an clò (MacInnes 2006a, 357). Mar a dh'innis Margaret Fay Shaw, thàinig ath-bheothachadh air ùidh a' phobaill ann an òrain Ghàidhlig ann an 1894, nuair a chaidh An Comann Gàidhealach a stèidheachadh san Òban, 's a thòisich iad air Mòdan bliadhnail a chumail, 's iarrtas na bu mhotha ann an uair sin air òrain fhoillsichte airson nan co-fharpaisean (1999, 74-75). B' e seo a bu chòir 's gun do nochd am barrachd òrain agus dàin ann an clò bhon àm seo a-mach, deicheadan neo fiù 's linntean às dèidh an àm a chaidh an cruthachadh, 's a' bhàrdachd agus am fiosrachadh mun deidhinn an uair sin na bu duilghe a lorg, nas lugha na bha e air a ghlèidheadh ann an làmh-sgrìobhainn ron an sin.

Le bhith a' toirt sùil air na chaidh fhoillseachadh san dàrna leth den 19mh linn, mar a dh'innis Mòrag NicLeòid, bha an amasan fhathast air òrain agus dàin a ghlèidheadh mun d' rachte air dhiochuimhn' (MacLeod 2007, 445). Ach a rèir Ruaraidh MhicThòmais,

ghabh luchd-tionail an ama ùidh ann a bhith a' glèidheadh cuid eile de dhualchas beul-aithris nan Gàidheal cuideachd (1954, 12). Le bhith a' coimhead an toiseach air na cruinneachaidhean a bu tràithe de bhàrdachd Ghàidhlig a chaidh fhoillseachadh aig deireadh an 19mh linn, ged a bha a' mhòr-chuid dhiubh fhathast a' glèidheadh bàrdachd bho iomadh ceàrnaidh den Ghàidhealtachd, bha atharrachaidhean follaiseach nan dòigh-obrach, 's iad a' riochdachadh beagan a bharrachd de dhualchas agus eachdraidh na bàrdachd agus na rannaichean fhèin nan tional cuideachd. Ann an cruinneachadh Iain MhicCoinnich, *Sar-Obair nam Bàrd Gaelach* (1841), bha e fhèin ag aithneachadh gun robh laigsean sna cruinneachaidhean roimhe, 's gun iad a' mineachadh na bàrdachd a bhathar a' glèidheadh (Mackenzie 1841, iii-iv). Mar sin, ged a fhuair e a' mhòr-chuid de bhàrdachd bho chruinneachaidhean na bu tràithe, roinn e na h-òrain agus dàin fo eachdraidh gach bàrd neo bana-bhàrd dham buineadh iad, bhon fhear a bu shine chun an fhìr a b' òige, 's mhinich e co-theacsa gach òran agus dàn agus corra abairt dhoirbh neo ainm duine, ann am Beurla (Mackenzie 1841, vi, 32-335, 84; Macdonald & Macdonald 1911, lxxxiii). Tha e follaiseach gun do lean luchd-tionail na b' anmoiche an linn ri eisimpleireachd MhicCoinnich gus am barrachd dualchas beul-aithriseach a ghlèidheadh.

Sa chruinneachadh *An t-Òranaiche* (1879), riochdaich Gilleasbuig Mac-na-Ceàrdadh dualchainnt gach ceàrnaidh den Ghàidhealtachd bhon do thionail e na 300 òrain a bu chumanta bhon 19mh linn, cuideachd (Gaelicbooks.com 2010; Mac-na-Ceàrdadh 1879, còmhach an leabhair & vii). A bharrachd air an seo, ghlèidh e ainm nam fonn a chaidh innse dha ann an clò-eadailteach, ron bhàrdachd ris am bithe ga sheinn cuideachd, 's lean Paul Cameron ris an dòigh-obrach seo na chruinneachadh fhèin de dh'òrain Ghàidhlig bàird Siorrachd Pheairt bhon 18mh agus an 19mh linn (Mac-na-Ceàrdadh 1879, 9; Cameron 1890-1891, 126). Na sgrùdadh air cruinneachaidhean òrain Ghàidhlig, bha Mòrag NicLeòid mothachail nach do riochdaich cus chruinneachaidhean thairis air an 19mh agus an 20mh linn, fuinn nan òran idir, 's mar sin 's e buannachd a bh' ann a bhith gan ainmeachadh mar seo ann an clò-eadailteach, 's muinntir na Gàidhealtachd uile eòlach air ainmean nam fonn an uair sin (MacLeod 2007, 440). Ach, leis nach eil an t-eòlas seo a-nis am measg a' mhòr-chuid de Ghàidheil, cha bhitheadh an dòigh-obrach seo na bhuannachd mhòr ann an cruinneachadh de dh'òrain Ghàidhlig sam bith san latha an-diugh.

Ann an cruinneachaidhean eile de dh'òrain agus dàin Ghàidhlig a chaidh fhoillseachadh san deichead mu dheireadh den 19mh linn, bha na ministearan air an cùlaibh cuideachd a' roghnachadh eachdraidh nam bàrd agus bana-bhàrd agus co-theacsa nan òran agus dàn a ghlèidheadh, mar a rinn MacCoinnich. Bha seo follaiseach sa chruinneachadh aig an Urramach Eàirdsidh MacDhòmhnaill, de dh'òrain agus dàin nam

bàrd Uibhisteach a chaidh fhoillseachadh ann an 1894, agus anns an deach bàrdachd agus eachdraidh bàrd bhon Bhaile Shear, Alasdair MacDhòmhnaill, neo An Dall Mòr, bhon 17mh linn, cuideachd a ghlèidheadh (Macdonald 1894, 173-178). Bha òrain agus eachdraidh bàird Uibhisteach eile bhon 17mh linn cuideachd air an glèidheadh ann an cruinneachadh na b' fharsainghe de bhàrdachd nan Dòmhnallach, a chaidh fhoillseachadh ann an 1911, fo dheasachadh a' mhinistear seo agus an Urramaich Aonghais MhicDhòmhnaill (Macdonald & Macdonald 1911, xxii).

Tha e follaiseach mar sin gun deach am barrachd dualchas beul-aithriseach nan Gàidheal a' riochdachadh le teacsaichean nan òran agus dàn sna cruinneachaidhean seo de bhàrdachd Ghàidhlig san dàrna leth den 19mh linn. Ach, le bhith a' tilleadh gu facail Ruaraidh MhicThòmais, agus mar a shoilleirich an sgoileir Iain MacGilleSeathanaich na sgrùdadh fhèin, bho mheadhain an linn seo, ghabh cuid a luchd-cruinneachaidh sùim mhòr ann am pàirtean eile de dhualchas beul-aithris nan Gàidheal cuideachd, 's thòisich iad rin cruinneachadh gus an glèidheadh mar an ceudna (Thomson 1954, 12; Shaw 2007, 9). Bha seo a' ciallachadh gun robh atharrachaidhean nochdte san dualchas beul-aithriseach Ghàidhlig a chaidh fhoillseachadh am measg cuid a chruinneachaidhean san dàrna leth den 19mh linn, 's cuid dhiubh a' gluasad bhon a bhith gu tur stèidhichte air bàrdachd Ghàidhlig, mar a bha aig toiseach nan linn (Thomson 1954, 12). Am measg an fheadhainn a bu tràithe, bha tional Iain Òg Ìle (John Francis Campbell) de stòiridhean cumanta bho beul-aithris muinntir taobh an Iar den Ghàidhealtachd, a chaidh fhoillseachadh ann an 1860 (Thomson 1954, 12). Mhothaich Iain Caimbeul gun robh sgoileirean eile air stòiridhean a chruinneachadh bho air feadh an t-saoghail, 's mar sin ann 1859, chuir e roimhe taobh an Iar de Ghàidhealtachd na h-Alba a shiubhal, le cuideachadh bho sgoilearan eile, gus stòiridhean Ghàidhlig a thional bho beul-aithris (Campbell 1860, xii-xiii, cxxxiv). Bhon uimhir a chruinnich e, chaidh dà leabhar fhoillseachadh ann an 1860 agus dhà eile an 1862, 's na stòiridhean Ghàidhlig nam measg air an eadar-theangachadh gu Beurla cuideachd (Thomson 1954, 13; Campbell 1860, cxxxiii-cxxxiv). Dh'amaid Iain Òg Ìle air gach stòiridh a' ghlèidheadh facal air an fhacal bho bhilean an luchd-bratha, 's mar sin chaidh an sgrìobhadh sìos le cruinneas (Campbell 1860, xii & xxv). Na chruinneachadh, thaisbean e dòigh-obrach eile a bha ùr am measg cruinneachaidhean an 19mh linn, nuair a ghlèidh e ainm an neach agus an sgìre bhon d' fhuair e gach stòiridh fo thional gach fear (Campbell 1860 xii; Thomson 1954, 12).

Coltach ri Iain Òg Ìle, bha luchd-cruinneachaidh eile na b' anmoiche san 19mh linn a ghabh ùidh ann an diofar phàirtean de dhualchas beul-aithris nan Gàidheal, ach bha fòcas aca fhathast air rannan bàrdachd a ghlèidheadh. Nam measg bha Alasdair MacGilleMhìcheil, fear de na chiad sgoilearan a sheall tuigse cheart air luach beul-aithris

thraidiseanta nan Gàidheil tro bhith a' cruinneachadh na b' urrainn dha de rannan agus fiosrachadh co-cheangailte ri dòigh-beatha, creideamh agus cleachdaidhean nan Gaidheal, bho bheul-aithris air feadh na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan (Thomson 1954, 13; Carmichael 1983, xxv). Mar sin, na làmh-sgrìobhadh, chruinnich e cha b' ann a-mhàin òrain is rannan, ach ùrnaighean, geasan, laoidhean, cunntaisean air cleachdaidhean agus creideamh nan Gàidheal, rannan bliadhnail, fiosrachadh mu chleachdaidhean obrach agus fiù 's seanfhaclan agus seann fhaclan ionadail Gàidhlig, bho gach sgìre dha deach e (Thomson 1954, 13). Ged a chaidh Alasdair MacGilleMhìcheil a chàineadh airson a bhith a' sgioblachadh agus a' liomhadh na chruinnich e gus amasan fhèin a fhreagairt, 's a chruinneachadh cuideachd ga leigeil sìos air sgàth nach do ghlèidh e fonn nan òran còmhla ris a' bhàrdachd, bha e fhathast a' toirt sealladh luachmhor air dòigh-beatha nan Gàidheal mus deach an sàrachadh le buaidh na Beurla san 20mh linn (Meek 2007, 76-77; Stiùbhairt 2010, 111; Thomson 1954, 13). An coimeas ris an seo ge-tà, lean an dà chruinneachadh aig an Urramaich John Gregorson Caimbeul, *Superstitions of the Highlands and Islands of Scotland* (1900) agus *Witchcraft & Second Sight in the Highlands and Islands of Scotland* (1902) ri comhairle Iain Òg Ìle, 's chaidh gach rann agus pìos fiosrachaidh a chruinnich e eadar 1850-1874, a ghlèidheadh facal air an fhacal bho bhilean an luchd-bratha (Black 2005, iv, xx, xxi, lxxxiii).

Ghlèidh MacGilleMhìcheil fiosrachadh agus geasan bho chuid de mhuinntir a' Bhaile Shear nuair a bha e a' tional an Uibhist eadar 1864 agus 1882, 's tè de bhana-bhàird a' Bhaile Shear am measg an luchd-bratha seo cuideachd (Stewart Ri thighinn, 3 & 24). Tha na ghlèidh e bhuapasan a' tathann sealladh air creideamh agus cleachdaidhean muinntir a' Bhaile Shear bhon 19mh linn, 's gun am fiosrachadh seo air bilean an t-sluaigh an-diugh (Stewart Ri thighinn, 3 & 24).

Feumar soilleireachadh ge-tà, nach deach gach cruinneachadh mar seo de dhualchas farsaing nan Gàidheal fhoillseachadh. B' ann air aon eilean a stèidhich an t-Urramach A. I. MacDhòmhnaill dà chruinneachadh làmh-sgrìobhainn air eachdraidh agus dualchas Uibhist a Tuath bho bheul-aithris aig toiseach an 20mh linn. Shàbhail MacDhòmhnaill fiosrachadh annta mu dhòigh-beatha, cur-seachadan agus eachdraidh cuid de mhuinntir an eilein, a bharrachd air corra rann is òran agus eachdraidh an eilein fhèin (Macdhòmhnaill Gun Deit(a); Macdhòmhnaill Gun Deit(b)). Tha seo a' soilleireachadh gun robh cuid a luchd-cruinneachaidh a' tionndadh gu bhith ag amas air beul-aithris aon cheàrnaidh neo sgìre a' ghlèidheadh, an àite am farsaingeachd a chunnaicear am measg a' mhòr-chuid de chruinneachaidhean roimhe, 's lean an amas seo ann an cuid a thionailean de bhàrdachd Ghàidhlig san 20mh agus an 21mh linn.

Am measg nan cruinneachaidhean a bu tràithe san 20mh linn de bhàrdachd Ghàidhlig bho bheul-aithris aon cheàrnaidh den Ghàidhealtachd, bha tional Frances Tolmie. Tro dheireadh an 19mh linn agus toiseach an 20mh linn, chruinnich i òrain-obrach bho bheul-aithris muinntir nan Eileanan an Iar, 's gu h-àraidh an Eilein Sgitheanaich, 's chaidh seo fhoillseachadh ann an 1911 anns *The Journal of Folk-Song Society* (Tolmie 1977, xiii, 143-146). Chaidh luach mhòr a chur air a' chruinneachadh seo, thoradh 's gum b' i Frances Tolmie a' chiad neach-tionail a ghlèidh na h-òrain dìreach mar a chuala i iad, 's a h-eòlas ann an ceòl a' ceadachadh dhi fuinn gach fear a sgrìobhadh sìos le na faclan fhèin, 's i cuideachd a' glèidheadh a' cho-theacsa còmhla riutha (MacLeod 2007, 441; Thomson 1954, 14). Thaisbean an tional seo cuideachd, ùidh a bha a' fàs am measg cuid de luchd-cruinneachaidh an 20mh linn ann a bhith a' glèidheadh am barrachd òrain-obrach bho sheinneadairean à aon cheàrnaidh den Ghàidhealtachd. Na cruinneachadh de dh'òrain agus seanchas bho bheul-aithris muinntir Uibhist a Deas eadar 1929 agus 1935, ghlèidh Margaret Fay Shaw diofar sheòrsaichean de dh'òrain-obrach cuideachd bhon choimhearsnachd seo (1955, i). Eadar 1937 agus 1965, 's le cuideachadh bhon sgoilear Francis Collinson, chruinnich John Lorne Caimbeul òrain-luaidh a-mhàin bho bheul-aithris nan eileanan eadar Beinn na Fadhla agus Bhatarsaidh (Campbell & Collinson 1977, 1; Campbell and Collinson 1981, 1). Coltach ri obair Frances Tolmie, ghlèidh cruinneachaidhean Shaw agus Collinson fuinn, co-theacsa agus fiosrachadh mu sheinneadair gach òran-obrach le cruinneas, 's iad cuideachd gan eadar-theangachadh gu Beurla (Shaw 1999, 76-77 & 148-149; Campbell & Collinson 1981, 1-2, 40-44, 239, 307; MacLeod 2007, 443).

San 20mh linn, roghnaich cuid a sgoilearan eile cruinneachaidhean mionaideach mar seo a dhèanamh bho bheul-aithris aon cheàrnaidh den Ghàidhealtachd, ach an àite a bhith a' glèidheadh seòrsa òran sònraichte neo iomadh òran 's dàn bho sheinneadairean na sgìre, thionndaidh iad gu bhith a' tional òrain agus dàn le bàird 's bana-bhàird an sgìre seo a-mhàin bho bheul-aithris, dìreach mar a tha rannsachadh an tràchdais seo ag amas. Am measg na chaidh fhoillseachadh bha *Eilean Fraoich* (1938), cruinneachadh de dh'òrain Leòdhasach agus am fuinn, a thionail Comann Gàidhealach Leòdhais agus a chaidh ath-fhoillseachadh ann an 1982. A bharrachd air an seo, ann an 2004 chaidh cruinneachadh a dhèanamh de dh'eachdraidh Ghrèinetobht an Uibhist a Tuath bho bheul-aithris na coimhearsnachd, 's chaidh òrain agus dàn bàird 's bana-bhàird an sgìre a ghlèidheadh len eachdraidh cuideachd (Comataidh Coimhearsnachd Baile Ghrèinetobht 2004, 115-147).

Tro mheadhain an 20mh linn, tha e follaiseach bho dhiofar altan agus cruinneachaidhean a chaidh fhoillseachadh mu òrain agus dàn, gun do dh'fhàs cuid a sgoilearan mothachail air cho cudromach 's a bha catalog airson ciall a dhèanamh de

bhàrdachd bheul-aithriseach dhe gach seòrsa, 's mar sin thionndaidh iad gu bhith a' sgrùdadh na bàrdachd agus a co-theacsa farsaing, an àite nan teacsaichean fhèin. Am measg nan sgoilearan a chuir ris an dòigh-obrach seo bha James Ross, a chruthaich chatalog de na diofar dhreuchdan, structaran agus gnèthean de bhàrdachd bheul-aithriseach Ghàidhlig an Alba, ann an 'A Classification of Gaelic Folk-Song' (1957), agus a sgrìobh alt eile mun chudrom innse mun t-suidheachadh anns an deach òran neo dàn a chruthachadh, airson adhbharan a' bhàird neo bana-bhàird, agus dreuchd nan òran neo dàn fhèin sa choimhearsnachd a shoilleireachadh (Ross 1957, 95-97; Ross 1961). Chaidh sgrùdadh dhe leithid cuideachd a dhèanamh leis an sgoilear Èireannach Breandán Ó Madagáin ann am *Functions of Irish Songs in the Nineteenth Century* (1985), nuair a shoilleirich e na diofar dhreuchdan a bh' aig òrain Ghàidhlig na h-Èirinn nan coimhearsnachdan fhèin (1985, 136). A bharrachd air an seo, chuir sgrùdadh sgoilear Èireannach eile, Lillis Ó Laoire, ris a seo, nuair a sgrìobh e leabhar mun àite agus an adhbhar a bh' aig òrain ann an coimhearsnachd Eilean Toraigh an Èirinn. Shoilleirich e cuideachd mar a sgaoil òrain sa choimhearsnachd seo agus gu h-àraidh tro theaghlaichean (2005, xi, xii, 44-46, 89).

Tro na deicheadan mu dheireadh ge-tà, nochd sgrùdaidhean a dh'amais air òrain 's dàin Ghàidhlig aon bhàrd neo bhana-bhàird a-mhàin a ghlèidheadh (Shaw 2007, 11). Nam measg bha an cruinneachadh de dh'òrain a' bhàird Sgitheanaich Iain MacNeacail, a chaidh a dheasachadh le Thomas McKean, agus cruinneachadh *Òrain Dhòmhnaill Ailein Dhòmhnaill na Banaich* (1999), à Uibhist a Deas, le Iain Aonghais Dòmhnallach ri chèile (McKean 1996; Macdonald 1999). A bharrachd air a bhith a' glèidheadh òrain an dithis bhàird agus gan eadar-theangachadh gu Beurla agus a' libhrigeadh co-theacsa mionaideach le gach fear gus an ceangal ri eachdraidh a' bhàird fhèin, rinn an dithis neach-deasachaidh cuideachd sgrùdadh air mar a chruthaich na bàird seo an cuid òrain agus an dreuchd a bh' aig an òrain nan coimhearsnachdan, 's iad cuideachd a' riochdachadh beachdan nam bàrd fhèin air an àite a bh' aca nan coimhearsnachd agus mar a sgaoil an cuid òrain (McKean 1996, xi-viv, Caibideil 4 & 5; Macdonald 1999, 57-66, 80-228, 255-276). A bharrachd air an seo, riochdaich an dithis fuinn nan òran, 's e sgrìobhte ann an cruinneachadh MhicDhòmhnaill, 's air clàr ann an tional McKean, 's e ag innse cho cudromach 's a bha e a' bhàrdachd a chluinntinn, dìreach mar dhearbhadh sgrùdadh Bill Innes air bàrdachd bheul-aithriseach san 21mh linn, gus ruitheam, astar, fuinn agus dualchainnt Ghàidhlig thùsail gach òran a ghlèidheadh agus an togail gu ceart (Macdonald 1999, 230-254; McKean 1996, xii; Innes 2000-2002, 79 & 108). Le sgrùdadh agus co-theacsa cho mionaideach, tha e follaiseach gun robh na cruinneachaidhean seo ag amas air luchd-leughaidh cus na b' fharsainghe na bha cuid a chruinneachaidhean eile a nochd ag deireadh an linn sa chaidh

mar *Chì Mi* (1998), tional de bhàrdachd Dhòmhnail Iain Dhonnchaidh à Uibhist a Deas, 's gun ach eachdraidh a' bhàird air innse sa chruinneachadh seo mar cho-theacsa airson nan òran, 's am fear-deasachaidh, feumaidh, ag amas air luchd-leughaidh ionadail aig am bitheadh fios 's eòlas air co-theacsa agus fuinn cuid de na h-òrain seo mu thràth (Innes 1998). Shaoileamaid gum b' e seo an t-adhbhar 's nach deach cus co-theacsa a bharrachd a ghlèidheadh ann an dà chruinneachadh a chaidh a dhèanamh de dh'òrain agus dàin dithis bhàird às a' Bhaile Shear. B' iad sin *Oiteagan à Tìr nan Òg* (1938), cruinneachadh de bhàrdachd Ruairidh MhicAoidh à Iolaraidh, a chaidh a chur ri chèile le Eachann MacDhùghaill, agus *Dòmhnall Ruadh Chorùna* (1969), tional de dh'òrain agus dhàin Dhòmhnail Ruaidh Chorùna à Cladach a' Bhaile Shear, a dheasaich Fred MacAmhlaidh (MacDhùghaill 1938, v-vi; MacAmhlaidh 1969, 7-8). San dàrna deasachadh a chaidh a dhèanamh de dh'òrain Dhòmhnail Ruaidh ann an 1995, nochd beagan a bharrachd co-theacsa na mheasg, 's na h-òrain aige uile air am bristeadh suas nan earrannan a thaobh ùine na bheatha. Ach ann an cruinneachadh MhicDhùghaill cha do ghlèidheadh fiù 's deitichean beatha Ruairidh MhicAoidh am measg eachdraidh an tionail (MacAmhlaidh 1995, 1-193; MacDhùghaill 1938, v-vi).

Gun cho-theacsa riatanach mar seo, cha dèan leughadair neo seinneadair an latha an-diugh cus ciall às a' bhàrdachd, 's mar sin, feumar tionndadh gu tùsan ùra an leithid stòras *Bliadhna nan Òran* (2010), *Làrach nam Bàrd* (2011) neo *Tobar an Dualchais* (2010), a tha uile air-loidhne, 's na cruinneachaidhean ùra seo a' tathann catalog de sheann chlàran beul-aithriseach bhon Ghàidhealtachd air a bheil cuid de dh'òrain agus fiosrachadh mun deidhinn (BBC Alba 2010a; BBC Alba 2011; Tobar an Dualchais 2010). Tha e follaiseach ma-tà, gus cur ris na chaidh a chruinneachadh mu thràth de dh'òrain agus dàin le bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear bhon 19mh agus an 20mh linn, feumaidh an tràchdas seo gabhail ri dòighean-obrach sgoilearan a leithid McKean agus MacDhòmhnail, gus nas urrainnear do cho-theacsa a ghlèidheadh leis a' bhàrdachd fhèin agus fuinn nan òran cuideachd, airson 's gun dèan iad ciall do dhuine sam bith san àm ri teachd agus gun gabh an seinn gu traidiseanta.

2 Caibideil a Dhà.

2.1 Co-theacsa Eachdraidheil a' Bhaile Shear

Tha e iomchaidh tòiseachadh le bhith ag innse beagan mu eachdraidh eilean a' Bhaile Shear, suidheachadh fisiceach farsainn a bha a' ceangal nam bàrd agus bana-bhàrd uile ri chèile, agus a tha a' tathann sealladh air an dòigh-beatha aca fhèin agus air a' chòrr de mhuinntir an eilein, tarsainn air an 19mh agus an 20mh linn.

'S e eilean mara còmhnaidh a th' anns a' Bhaile Shear, 's e air a shuidheachadh chun an iar-dheas de dh'Uibhist a Tuath, dham buin e, sna h-Eileanan an Iar.³ Tha a shuidheachadh ga fhàgail fosgailte gu stuaghan cumhachdach a' Chuain Siar, ach fhathast, eadar an t-eilean mara as motha seo agus tìr-mòr Uibhist a Tuath tha oitirean gainmhich a bhitheas a' tràghadh leis an làn. Tha seo a' ciallachadh, mus do thog *William Tawse Ltd* cabhsair chun an eilein ann an 1961⁴ gus a cheangal ri tìr-mòr Uibhist a Tuath, gun fheumadh muinntir a' Bhaile Shear an tràigh a fhreagairt gus siubhal (C.N.E.S 2010; FN 30-11-2010). Nuair a thigeadh an làn a-staigh, 's a' ghainmheach fo iomadh troigh de dh'uisge, bhathar glaiste air an eilean nas lugha 's na bha geòla neo bàta beag aca airson an toirt tarsaing a' Chaolais (DM 1970). Ach nuair a bhiodh tràigh ann, thigeadh aig muinntir a' Bhaile Shear ris am beagan astair de mu 350 meatair aig a' char as lugha, a choiseachd gu furasta tarsaing na h-oitirean tioram, neo a ghrunnachadh suas na linntrichean 's na fadhlaichean ao-domhainn a dh'fhàgadh an làn (DM 1970). Mus do thogadh an cabhsair, bha e na chleachdadh dhaibh a dhol suas air *Fadhail nan Caorach* agus air *Oitir an t-Sàmhla* casruisgte iomadach uair gach latha.⁵ Dh'fhaodadh turas dhe leithid a bhith gu math cunnartach do neach sam bith gun eòlas, ach gu fortanach, chaidh muinntir a' Bhaile Shear uile an oideachadh mun deidhinn bho aois òg len sinnsearan, 's iad gan comhairleachadh gus na glutaichean domhainn a sheachnadh agus na fadhlaichean seo a fhreagairt gu mionaideach 's gu fàbharach dhaibh tron latha (UM 1970).

Thairis air an 19mh agus an 20mh linn bha muinntir an eilein fhathast mothachail air a' chumhachd a bh' aig a' Chuan Siar tarsainn orra a thaobh milleadh, 's crìonadh agus traoghadh aig cridhe eachdraidh a' Bhaile Shear. Chaidh an t-uabhas talamh àiteach a chall orra thar na linntean, gu h-àraidh bhon taobh an iar nuair a thàinig stoirm mhòr aon oidhche san 16mh linn, le slugadh uabhasach sa mhuir, 's a chuir fodha chan ann a-mhàin

³ Faic PT.1

⁴ (39); Faic PT.3(a).

⁵ (31) & (32)

fearann torach, ach trì bailtean-còmhnaidh dhen eilean; Bàil' Hùsabost a bha mìle a-mach bhon Cheartaich Ruaidh an Iolaraigh,⁶ am Bail' Iar a bha taobh a-muigh dhe sin agus baile eile cuideachd. Chan eil fios an d' fhuair na teaghlaichean às beò. (FN 30-11-2010; UM 1970). A rèir beul-aithris, 's ann ri linn am milleadh sgriosail seo a thàinig atharrachadh air ainm an eilein, bho 'Iolaraigh', mar a bh' air bho thùs, gu 'Am Baile Sear', mar as aithnear an-diugh e, 's gun ach taobh an ear dhen eilean thùsail air fhàgail (MacDonald 1971, 9). Ghlèidheadh an t-ainm 'Iolaraigh' airson a' bhaile air iomall iar-thuath an eilein ge-tà, 's 'Am Baile Sear' fhathast air a' bhaile deas dheth (Fraser 1973, 155; DM 1970).⁷

Thairis air an 19mh agus an 20mh linn thàinig atharraichean cuideachd air na siostaman a bhathar a' cleachdadh san dà bhaile seo den Bhaile Shear, airson croitearachd agus riarachadh fearainn. Air aon làimh, bha Iolaraigh na bhaile tuatha gu ruige 1811, 's an luchd-gabhail ag obair an fhearainn còmhla 's gun chroitean aca dhaibh fhèin. Bha taighean a' bhaile cruinnichte sa Bhuaile,⁸ le suas ri dà fhichead 's a trì teaghlach (MacDonald 1971, 15 & 28). Bha mòr-fhearann Iolaraigh air Cladach Iolaraigh, fearann air tìr-mòr Uibhist a Tuath a tha dìreach mu choinneamh a' bhaile den eilein dham buin e, 's e sin taobh a tuath den Chladach Chumhang, a' Chàrnaich, Eilean Bhoragaigh, 's an còrr dheth air Iolaraigh fhèin (MacDonald 1971, 33; FN 30-11-2010).⁹ Ro 1811 cha robh sgàth taighean air a' mhòr-fhearann seo, ach tron t-samhradh bhiodh boireannaich a' Bhuaile a' coiseachd a' chruidh suas air fadhail gu na h-àirighean a bh' aca an sin, airson 's gun tigeadh na beathaichean beò air fraoch airson beagan sheachdainean (MacDonald 1971, 33; FN 30-11-2010; MFN 29-11-2010). Dh'atharraich seo ann an 1811, nuair a chaidh Iolaraigh a bhristeadh suas na sia croitean deug: ochd an Iolaraigh fhèin, aonan sa Chàrnaich, fear an Croismoraig agus sia air Cladach Iolaraigh, 's earrann aca uile sa mhòr-fhearann an Iolaraigh cuideachd (MacDonald 1971, 15 & 35; FN 30-11-2010).¹⁰ Mar sin, le bristeadh a' Bhuaile chaidh cuid a dhaoine an Iolaraigh a sgapadh gu tìr-mòr Uibhist a Tuath, ach a rèir Flòraidh NicMhathain bhiodh iad fhathast a' tilleadh dhan eilean airson an cuid earrainn air machaire Iolaraigh obrachadh (FN 30-11-2010).

Air an làimh eile, bha am Baile Sear na thac 's e air gabhaltas aig Pàdruig MacNeacail gu ruige 1820 (MacDonald 1971, 44). Às dèidh seo chaidh a roinn na 24 earrainnean, le earrann aig gach croitear ann am mòr-fhearann a' bhaile cuideachd (SA2001.117; MacDonald 1971, 44). Bha a' mhòr-fhearann air Cladach a' Bhaile Shear

⁶ (1)

⁷ Faic PT.4

⁸ (25)

⁹ Faic PT.4

¹⁰ Faic PT.4

agus air taobh an iar den Bhaile Shear fhèin (FN 30-11-2010; Beveridge 2001, 228).¹¹ Ach, nuair a chaidh dusan chroitean a dhèanamh air mòr-fhearann a' Chladaich às dèidh 1820, cha d' fhuair muinntir a' Bhaile Shear a ghluais ann còirichean airson an talamh àiteach a bh' air taobh an iar den Bhaile Shear a chleachdadh (MacDonald 1971, 47). Tron bhristeadh seo den mhòr-fhearainn chaidh suidheachadh an eilein fhèin a leudachadh gu pìosan fearainn air tìr-mòr Uibhist a Tuath, 's mar sin bha na bàird agus bana-bhàird a ghluais ann fhathast a' fuireach air fearann a bhuineadh dhan Bhaile Shear, 's bha iad mar sin fhathast nam bàird agus bana-bhàird den eilean, agus mar phàirt dhen choimhearsnachd (MFN 29-11-2010).

Bha beò-shlaint nan daoine thairis air an dà linn, a' crochadh gu mòr air croitearachd agus àrach bheathaichean, 's am Baile Sear na mhachaire thorach (DM 1970). Ach, leis gun robh a' mhuir ga shìor chrìonadh, gu h-àraidh san dàrna leth den 19mh linn, cha b' urrainn do chroitearan beò-shlainnt cheart a dhèanamh, agus cha bu mhotha na sin a bha talamh gu leòr ann airson na bha de dhaoine a' fuireach air an eilean (DM 1970). Bha àireamh-sluaigh an eilein air fad a' sìor àrdachadh gu toiseachd an 20mh linn, le teaghlaichean mòra, 's am barrachd dhiubh a' gluasad dhan eilean nuair a bha gnìomhachas na ceilp a' soirbheachadh (MacDonald 1971, 40).¹² Mar sin, cha robh roghainn aig cuid a theaghlaichean ach gluasad chun a' mhòr-fhearann air tìr-mòr Uibhist a Tuath, neo eilthireachd a dhèanamh. Chaidh grunn bhon eilean a-null thairis anns na 1820an nuair a dh'fhàilig a' ceilp, 's gun an airgead aca airson prìsean daora a' mhàil a' phàigheadh (MacDonald 1971, 58). Eadar 1911 agus 1912 cuideachd, nuair a bha àireamh-sluaigh an eilein aig an ìre as àirde, rinn mòran air Vancouver (MFN 29-11-2010). Dhan fheadhainn a dh'fhuirich ge-tà, ged a bha iad air an sàrachadh leis a' mhuir, rinn iad feum às cuideachd: tro bhith ag iasgach sa Chuan Siar (MFN 29-11-2010). Bhithte cuideachd a' cur mhuragan gu feum, mar eisimpleir pìosan fìodh airson saoirsneachd, 's clachairean a' Bhaile Shear cuideachd a' cleachdadh chlathan à cladaichean an eilein gus taighean ùra a thogail (DM 1970).

Ged a chaidh ciùird mar seo ionnsachadh do bhalaich an eilein aig aois òg, fhuair clann an eilein foghlam air a theagasg dhaibh san sgoil cuideachd. San 19mh linn bha dà bhun-sgoil sa Bhaile Shear,¹³ 's foghlam Ghàidhlig air a theagasg gu saor-thoileach dhan chloinn (Smith 1978-80, 4; MacDonald 1971, 68). Dhùin an dà sgoil seo ron 20mh linn agus chaidh sgoil ùr fhosgladh ann an 1877, dìreach goirid às dèidh Achd an Fhoghlaim

¹¹ Faic PT.4

¹² Faic PT.5

¹³ (18) & (37)

(1872) tighinn a-steach (MFN 29-11-2010).¹⁴ Bha seo a' ciallachadh gun e foghlam tro mheadhan na Beurla a fhuair clann a' Bhaile Shear san sgoil ùr seo gu ruige 1945, 's foghlam dà chànanach an uair sin air a theagasg dhaibh gus an do thuit an àireamh do sgoilearan cho mòr 's gum b' fheudar dhaibh a dùnadh ann an 1983 (MacDonald 1971 68-69; Baleshare School Log Book 9/8/1976-1/7/1983). Do chlann Cladach a' Bhaile Shear agus Cladach Iolaraigh, chaidh iadsan a Sgoil Chàirinis far an d' fhuair iad foghlam tro mheadhan na Beurla cuideachd gu ruige 1945 (FN 30-11-2010).¹⁵ Às dèidh dhaibh an sgoil fhàgail, dh'fhuirich a' mhòr-chuid aig an taigh ag obair, fhad 's a dh'fhalbh am bràithrean as sine agus fir òga a' bhaile gu muir neo dhan arm, gu h-àraidh aig àm nan cogaidhean (FN 30-11-2010). Nuair a dh'fhosgail an cabhsair, thàinig atharrachadh air an obair a bha na daoine ris cuideachd, 's e a' ceadachadh dhaibh siubhal bhon eilean gus cosnadh a dhèanamh.

Dhùineadh Eaglais na h-Alba a' Bhaile Shear ann an 1977, nuair a chaidh Àrd-Sheanadh na h-Eaglais an aghaidh a bhith a' cosg airgead a' cumail eaglais agus miseanaraidh sa Bhaile Shear, 's eaglais a' choitheanail aig a' Chlachan, air mòr-fhearann Iolaraigh, cho faisg agus cho furasta faighinn thuige às dèidh do chabhsair an eilein fhosgladh (Extract Minutes of Kirk Session Clachan Church of Scotland 1977; DM 1970).¹⁶ Ach, gu ruige toiseach an 20mh linn 's e Eaglais Shaor a bh' ann an Eaglais a' Chlachain agus bha Eaglais na h-Alba an Càirinis (DM 1970).¹⁷

Thàinig buannachdan às a' chabhsair cuideachd ge-tà. Leis a' chothrom faighinn dhan Bhaile Shear gu furasta, fhuaradh dealan anns na taighean ann an 1965 (FN 30-11-2010). A bharrachd air an seo, thàinig na h-eileanaich còmhla goirid às dèidh dhan chabhsair fhosgladh agus sgrìobh iad gu Comhairle Inbhir Nis airson rathad ceart fhaighinn tron eilean, 's an t-iarrtas air a thoirt dhaibh mu dheireadh ann an 1971, nuair a chaidh rathad a dhèanamh chun a h-uile taigh (DM 1970).

Bha e nan nàdar a bhith ag obair còmhla, 's muinntir a' Bhaile Shear riamh cho faisg air a chèile agus cho cuideachail, gu h-àraidh do neach sam bith nach robh comasach air an obair a dhèanamh iad fhèin (DM 1970). Tron 19mh agus an 20mh linn, bha cha mhòr gach pìos obair a rinn iad, air a' chroit neo mun taigh, air a dhèanamh còmhla. Bhiodh na boireannaich tric a' falbh nam buidheann gus plangaidean agus aodaichean a nighe shìos ann an lochan an eilein tron t-samhradh, mar eisimpleir ann an struthan a' Chuithidh Chaoil.¹⁸ Thigeadh iad còmhla cuideachd trì neo ceithir a thursan gach mìos gus

¹⁴ (14); Faic PT.3(b).

¹⁵ (55); Faic PT.3(c).

¹⁶ (15); Faic PT.3(d) & (e); Faic PT.4

¹⁷ Faic PT.4 Faic PT.3(f).

¹⁸ (5)

luadh a dhèanamh, 's iad a' seinn òrain fhad 's a bha iad ris an obair throm seo gus an cumail ann an ùine ri chèile (MFN 29-11-2010; SA1966.86). Bhiodh na fir iad fhèin trang ag obair còmhla air an fhearann, a' treabhadh 's ri arbhar tron bhliadhna, agus nuair a thigeadh e gu àm rùsgadh chaorach neo dupadh, chruinnicheadh croitearan an dà bhaile na caoraich air fad gu faing far an tigeadh an obair a dhèanamh eatarra uile (MacDonald 1971, 42). Nuair a bhitheadh obair an latha deiseil ge-tà, bhithe uile a' cruinneachadh ann an taigh airson cèilidh, 's bhitheadh òrain agus bàrdachd gu mòr an sàs san t-suidheachadh shòisealta seo, 's e na chleachdadh mòr dhaibh tron bhliadhna air fad, airson cur-seachad (AM 1970; MFN 29-11-2010).

2.2 Àrainneachd nan òran agus dàn

Tha seo gar toirt chun na h-àrainneachd neo suidheachadh ionadail anns am bitheadh òrain agus dàn bàird is bana-bhàird a' Bhaile Shear air an seinn neo an aithris, an cumail beò, agus an ionnsachadh le seinneadairean an eilein thairis air an dà linn. A rèir an sgoileir Linton C. Freeman, bha an àrainneachd anns an seinnear òran sam bith a' dearbhadh a dhreuchd a bh' aige sa choimhearsnachd (1957, 215). Bhon eachdraidh a thathar air innse mun Bhaile Shear, tha e follaiseach gun robh dà phrìomh shuidheachadh ionadail dhen t-seòrsa air an eilean; b' e sin an t-àite-obrach, far an robh òrain air an gabhail airson taic a chumail ris an obair aca, agus an cèilidh, 's na h-òrain agus dàn air an seinn 's aithris ann airson cur-seachad (MFN 14-02-2011). Ach, eadar an dà àrainneachd seo, bhithte cuideachd a' gabhail òrain 's rannan a bha co-cheangailte rin deas-ghnàthan; cuid a bhithte a' gabhail gu làitheil, mar na geasan 's na cronachain a bha nam pàirt dha na seann chleachdaidhean aca, agus cuid nach gabhte ach aig amannan sònraichte dhen bhliadhna, mar eisimpleir Duain Challaig (Ross 1961, 19; Ross 1957, 97-98 & 137-139). Chan eil sin ri ràdh nach cluinnte òrain neo dàn ann an suidheachaidhean eile air an eilean. Tha Dàn 23 na eisimpleir dhen seo, 's gun e air aithris ach aon turas aig tiodhlacadh an tè dhan deach a dhèanamh. Ach, a dh'aindeoin sin, cha choimheadar ach air suidheachaidhean an dà phrìomh àrainneachd a dh'ainmichear gu h-àrd, air leth, air sgàth 's gum bithte a' seinn annta seo gu làitheil (MFN 14-02-2011). Seallar gu mionaideach àrainneachd fhisigeach ionadail nan òran air an eilean agus soilleirichear mar a bhiodh na h-aon òrain tric air an seinn san dà phrìomh shuidheachadh, 's seo a' toirt dà dhiofar dhreuchd dhaibh sa choimhearsnachd agus gan sgaoileadh gu luchd-èisteachd agus seinneadairean eadar-dhealaichte air an eilean.

2.2.1 An t-àite-obrach

Tron 19mh agus pàirt den 20mh linn, bha obair air leth aig na fir agus na boireannaich sa Bhaile Shear; fhad 's a bha na fir trang ag obair an fhearainn, 's cuid ri ciùird eile, bha na boireannaich eadar obair an taighe, a' dèanamh aodach, a' coimhead ri beathaichean agus corra pìos obair fearainn (MFN 14-02-2011; MacInnes 2007, 419). A rèir Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, a rugadh sa Bhaile Shear ann an 1922, 's e na boireannaich a bu

mhotha a bha ri òrain san àrainneachd seo.¹⁹ Bhithte a' seinn 's iad ri gach seòrsa obair, a-muigh neo a-staigh, bho tè leatha fhèin a' fighe gu bannal bhoireannaich a' luadh, airson ùine a chur seachad agus an aire a chumail bhon obair chruaidh leantainneach a bhithte ris airson uairean a shìde (MFN 14-02-2011).

Gu tamailteach ge-tà, cha deach ach fìor bheagan òrain-obrach a chlàradh riamh (MacInnes 2006b, 238), agus tha seo gu h-àraidh fìor airson òrain le boireannaich a' Bhaile Shear. Tha seo a' fàgail beàrn sa chruinneachadh de dh'òrain le bana-bhàird an eilein ann an Caibideil 3, thoradh 's gum b' e an àrainneachd obrach an aon àite far am faigheadh na boireannaich cothrom an òrain fhèin a sheinn gu fosgailte, agus brosnachadh ceart airson seinn a-mach (MFN 14-02-2011).²⁰ Chaidh cus fiosrachaidh mu eachdraidh nam bana-bhàird neo dualchas nan òran a chall nuair a bhithte gan gabhail san àrainneachd seo co-dhiù, thoradh 's nach robh na suidheachaidhean obrach a' ceadachadh ùine neo adhbhar airson seo innse, 's dreuchd gach òran san àite-obrach a' laighe ann a bhith a' cumail taic ri iarrrasan na h-obrach fhèin, 's iad mar sin air an seinn fear às dèidh fear gus am biodh an saothair deiseil (MFN 14-02-2011). Tha seo ag adhbharachadh am barrachd mì-chinnt sa chruinneachadh, 's gun dòigh ann air innse le cinnt gur ann às a' Bhaile Shear a bha bana-bhàird nan òran-obrach, neo cuin dìreach a chaidh an dèanamh (MFN 14-02-2011).

Bha dreuchd òran sam bith a ghabhte san àrainneachd obrach eisimeileach air an obair ris an cumadh e taic. Mar eisimpleir, do dh'obair le buille neo astar leantainneach, mar luadh neo bleoghainn, 's e prìomh dhreuchd nan òran am bannal neo an tè leatha fhèin a chumail ag obair gu cunbhalach airson ùine mhòr, 's mar sin, dh'fheumadh gach òran a ghabhte leotha seo, astar agus ruitheam an obair fhèin a fhreagairt gu mionaideach (Ó Madagáin 1985, 197; MFN 14-02-2011; MacInnes 2007, 412). Ach, do shaothair aig nach robh buille leantainneach, an leithid fighe neo obair an taighe, bhiodh òran sam bith iomchaidh, 's e air a sheinn airson aire a' bhoireannaich a chumail bhon dleastanas agus a dhèanamh na bu tlachdmhoir dhi (Ó Madagáin 1985, 197; Shaw 2000, 15). Bhiodh na h-òrain obrach uile a' toirt tlachd agus togail dha na boireannaich air sgàth 's nach robh cuspair a' mhòr-chuid dhiubh mun obair ris an robh iad a' cumail taic. Tha seo a' ciallachadh nach e briathran nan òran a bu mhò bha cudromach san t-suidheachadh seo, ach na fuinn, agus air uairean ruitheam nan òran, feart a tha gan sgaradh bho na rannan a bhithte a' gabhail gu làitheil san àite-obrach (Ross 1957, 98; MacInnes 2006b, 238).²¹ Mar sin, air sgàth 's gum bithte a' seinn le gach seòrsa obair, cha choimheadar ach air na prìomh shuidheachaidhean obrach sa Bhaile Shear, far a bheil fianais a' nochdadh sa

¹⁹ Faic PT.3(g) & (k).

²⁰ Faic t.d 37.

²¹ Faic t.d 33.

chruinneachadh ann an Caibideil 3 do dh'òran le bana-bhàird neo bàrd an eilein a bhithe a' gabhail annta, neo far an cuala muinntir an eilein a bhithe gan gabhail, airson iarrtasan na h-obrach a choileanadh.

A-mach às an fhìor bheagan a chaidh a chruinneachadh de dh'òrain le bàird agus bana-bhàird an eilein a sheinneadh san àrainneachd obrach, 's e na h-òrain a ghabhte aig luadh as bitheanta, 's luadhan a' gabhail àite gach dallacha oidhche neo latha, ann an taighean sònraichte dhen eilean, tron 19mh agus an 20mh linn (SA1966.86; SA2001.134). Dh'innseadh do dh'Anna NicDhòmhnaill gum biodh boireannaich an eilein san 19mh linn agus roimhe a' luadh timcheall clach luadh an Iolaraigh,²² nuair a bhiodh an t-sìde freagarrach (AN 16-02-2011). Ach, ri cuimhne Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill cha bhithe ach ga dhèanamh am broinn nan taighean san 20mh linn, 's mar a bu trice tron latha (MFN 14-02-2011). San sgìre aig Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill shios an Iolaraigh, 's ann gu taigh Calum Bheisdein²³ a bu trice a bhithe air am fiathachadh gu luadh, 's an dalla bean aige, Catriona Shaighdeanais, a' dèanamh cus chlàimhdean (MFN 14-02-2011). Tron 20mh linn, chùmadh Mòrag Anna, bean Ruairidh na Càrnaich corra luadh san stàball sa Chàrnaich cuideachd (MFN 14-02-2011).²⁴ Ach 's i Magaidh Bhoidhd a bha ri luadh mu dheireadh sa Bhaile Shear, 's i ga chumail tràth air an oidhche, agus cho luath 's a bhiodh e deiseil, nochdadh grunn ghillean 's bhiodh dannsa ann (MFN 14-02-2011; SA2001.134).²⁵

Bha fireannaich toirmisgte bhon luadh, 's cothrom mar sin aig na boireannaich òrain a sheinn air cuspairean pearsanta (MacInnes 1993, 115). Tha John Lorne Campbell ag innse gun e prìomh chuspairean nan òran luaidh a chruinnich e fhèin, gaol airson fear neo moladh airson duine uasal (Campbell & Collinson 1981, 6). A rèir James Ross, bha structar òrain gaoil nam mnathan, gu h-àraidh an fheadhainn as tràithe dhiubh, dualach do dh'òrain a chleachdar aig luadh, thoradh 's gun robh sèist air a sheinn eadar loidhnichean nan rannan. 'S e na h-òrain a sheinnear aig luadh a bu mhotha a mhair tro bheul-aithris sa Bhaile Shear, thoradh 's gun robhte air an seinn gu bannal, 's iad mar sin air an sgaoileadh timcheall a' bhùird bho tè gu tè (MFN 14-02-2011; MacInnes 1993, 115). Bha e cudromach gun deach an sgaoileadh mar seo, thoradh mar a dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, cha bhiodh boireannaich an eilein tric a' dèanamh suas òrain ann an tiotan aig a' bhòrd luaidh, dh'fheumadh iad ùine gus fear a dhèanamh neo a chluinnteil aig cuideigin eile (MFN 14-02-2011).

A thaobh òrain dhen leithid le bana-bhàird a' Bhaile Shear, chan eil air cuimhne an-diugh ach Òran 25, 's ged nach urrainnear a ràdh le cinnt gun e tè a bhuineadh dhan eilein

²² (19); Faic PT.3(h).

²³ (2)

²⁴ (43); Faic PT.3(i) & (j).

²⁵ (42)

a rinn e, tha briathran an òrain a' moladh gur e. A rèir Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill bha an t-òran gaoil ainmeil aig Mairead Nighean Ailein, *Ille Dhuinn 'S Toil Leam Thu* air a sheinn fad an t-siubhail aig luadhan an eilein cuideachd. Chleachd i structar dha bha dualach do dh'òran gaol le bàrd ge-tà, le rannan slàn fad ceithir loidhnichean 's sèist a' leantainn gach rann, 's mar sin chan urrainnear a ràdh le cinnt gur ann airson luadh a chaidh a dhèanamh sa chiad àite (MFN 14-02-2011; Ross 1961, 22).²⁶ Dh'fhaodadh gur ann air suidheachadh a' chèilidh a bha Mairead ag amas, ged a sheinneadh i fhèin e aig luadh, 's an structar ga dhèanamh nas buailtiche gun ionnsaichheadh fir an eilein e airson a sheinn aig cèilidh, 's gun cus cothrom aice seo a dhèanamh i fhèin, mar a chìthear ann an Caibideil 2.3 (MFN 21-03-2011). Ged a b' e seo a h-amas neo nach b' e, bhitheadh Ùisdean MacMhathain²⁷ tric ga sheinn aig cèilidhean an eilein, agus bhitheadh Calum Ruairidh²⁸ tric a' seinn òran 25 ann cuideachd airson cur-seachad (MFN 21-03-2011). Tha seo a' dearbhadh gum biodh òrain nam mnathan tric air an sgaoileadh bho shuidheachadh cumhang an luaidh, far nach robh ach boireannaich an làthair, chun a' chèilidh, far an robh fireannaich agus boireannaich, sean 's òg (MFN 21-03-2011). Bhitheadh seo cuideachd a' tachairt le cuid a dh'òrain a bhitheadh na fir a' seinn sa chèilidh, thoradh nan cluinneadh boireannach fear aca aig an robh buille freagarrach airson luadh, mar a bh' aig Òran 8, ghabhadh iad fhèin e aig luadh (MFN 21-03-2011). Mar sin, cha b' e dìreach òrain le boireannaich a sheinnear aig luadh.

Ach ged a bha òran 25 air a sheinn aig luadh, bhitheadh Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill cuideachd ga sheinn 's i na aonar a' fighe neo fiù 's a' cur biadh dhan àmhainn (MFN 21-03-2011). Tha Iain MacAonghais a' cur ris an seo 's e ag innse gum biodh na h-aon òrain socair sìtheil air an seinn le boireannach 's i a' bleoghainn a' chruidh neo a' taladh pàiste. Tha seo a' soilleireachadh nach robh briathran nan òran cudromach dhan dreuchd aca sna h-àitichean-obrach seo na bu mhotha (MFN 21-03-2011; MacInnes 2007, 419). A rèir Peigi na Càrnaich, bhiodh a màthair, Mòrag Anna, an-còmhnaidh a' seinn tàlaidhean 's i a' bleoghainn na bà sa bhàthach shìos sa Chàrnaich,²⁹ 's a bharrachd air an seo, cha do chuir i riamh pàiste a chadal gun tàladh (PNT 15-02-2011). Bhiodh Ceit NicMhathain (Ceit na Càrnaich) agus an nighean aice, Annabella, cuideachd gan seinn sna h-Àrdaibh,³⁰ (MFN 21-03-2011).³¹ Ach, leis gun robh na h-òrain seo air an seinn 's am

²⁶ Airson briathran nan òran faic, MacAmhlaidh, Fred., (deas.) *Dòmhnaill Ruadh Chorùna: òrain is dàin le Dòmhnaill Dòmhnallach à Uibhist a Tuath* (1995), xxx.

²⁷ Faic t.d 47.

²⁸ Faic t.d 45.

²⁹ (43)

³⁰ (36)

³¹ Faic PT.7; Faic t.d 45-46.

boireannach na aonar, cha deach an sgaoileadh bho tè gu tè tro na ginealaich mar a thachair le na h-òrain luaidh, 's mar sin shiubhal iad le na bana-bhàird fhèin (MFN 21-03-2011).

Ach fhathast, mhair dualchas nan òran seo, 's Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill ag innse gun robh muinntir a' Bhaile Shear a' creidsinn gun robh dreuchd os-nàdarra neo draoidheil aig òrain a ghabhte san dà shuidheachadh obrach seo, 's iad a' cur seun air a' bhò neo a' phàiste (MFN 21-03-2011; Ó Madagáin 1989, 29; Ó Madagáin 1985, 213). Sheinneadh iad òrain 's iad a' bleoghainn na bà gus an tigeadh an siobanachadh, cleachdadh a bha gu làidir thall an Èirinn cuideachd, 's iad a' creidsinn gun cuireadh an t-òran seun air a' bhò airson a socrachadh, 's i na bu dualaiche an uair sin a bainne a leigeil gu furasta, 's seo a' toirt soirbheachas dhan obair (Ó Madagáin 1985, 203; MFN 21-03-2011). Bhathar cuideachd dhen bheachd gun robh tàladh na sheun a dhìonadh leanabh neo pàiste òg, gu h-àraidh fear nach deach a bhaisteadh, bhon a bhith air a ghoid le na sìthichean (Ó Madagáin 1989, 29; NicLeòid Neo-fhoillsichte, 23; FN 30-11-2010). Chan eil iongnadh ann ma-tà gum biodh boireannaich an eilein an-còmhnaidh a' seinn tàlaidhean, 's clàran SEA nam fianais gum biodh cuid a dh'fhireannaich an eilein, mar Ruairidh na Càrnaich, cuideachd gan seinn airson clann a dhìon (PNT 15-02-2011; SA1957.109). A rèir Magaidh Flòraidh, rinn Ruairidh suas Dàn 16 airson beagan spòrs dhan chloinn, ach leis a' ghèill a thug e do gheasalanachd, dh'fhaodadh gun deach a dhèanamh airson an dìon (MFN 21-03-2011).

Bhiodh muinntir a' Bhaile Shear cuideachd ag aithris rannan a bha co-cheangailte ri an deas-ghnàthan geasalanachd, gu làitheil san àrainneachd obrach a-mhàin. Ach, an coimeas ri na h-òrain a ghabhte san aon àrainneachd, cha robh ach dreuchd dhraoidheil aig na geasan agus cronachain seo; airson soirbheachas a thoirt do dh'obair sam bith, neo cur às do thinneas neo buaidh an droch shùil (Ross 1957, 98 & 139; MFN 21-03-2010). Bha sgaradh eile eadar na rannan seo agus na h-òrain a ghabhte san àrainneachd obrach air sgàth 's gun robh na rannan ag ainmeachadh na h-obrach air an robh iad a' cur seun, 's an t-seun fhèin agus a shoirbheachas, a' tighinn bho chumhachd nam facal fhèin (MFN 21-03-2010). Mar a dh'innis Ruairidh na Càrnaich, bhiodh na rannan seo air an gabhail leis a' mhòr-chuid de mhuinntir an eilein, gu h-àraidh san 19mh linn agus roimhe, 's iad a' toirt gèill mhòr do gheasalanachd san àite obrach, gu sònraichte nuair a bhithe a' tòiseachadh air obair as ùr (SA1958.176). Ach leis cho sean 's a tha na rannan seo, chan eil fios andiugh air cò a chruthaich iad, 's airson an adhbhair seo chan urrainnear an ceangail ri bàird a' Bhaile Shear, 's mar sin thathar air am fàgail à cruinneachadh an tràchdais (FN 07-04-2011).

Bhitheadh muinntir a' Bhaile Shear cuideachd ag aithris rannan a bha co-cheangailte rin deas-ghnathan bliadhna, 's tha fianais ann gun robh cuid dhiubh seo air an

dèanamh suas le bàird an eilein. Bhithe a' gabhail Duain Challaig uair sa bhliadhna, sna taighean a-mhàin. Bhitheadh clann an eilein a' dol timcheall ann am buidhnean as t-oidhche a chèilidh air gach taigh nan sgìre, gus na rannan seo aithris dhaibh, 's iad a' creidsinn gun cuireadh seo às do dhroch spioraid agus gun toireadh e deagh fhortan dhan h-uile duine sa Bhliadhna Ùir (Ross 1957, 98 & 137; MFN 21-03-2011). A rèir Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, 's ann air an t-seann Bhliadhn' Ùr, an 12mh latha den Fhaoilleach, a bhithe gan aithris, 's cuimhne aice air na gillea ag aithris Dàn 10 aig dorsan taighean an eilein airson an adhbhair seo (MFN 21-03-2011). Mar a dh'innis Ragnall MacIlleDhuibh, bha Duain Challaig ionadail mar Dàn 10 bitheanta air feadh na Gàidhealtachd san 19mh linn agus bha na h-aon Duain Challaig cumanta ann an grunn cheàrnaidhean den Ghàidhealtachd cuideachd, 's gun mòran atharraichean eadar na leagaidhean (Black 2005, 532).

Bha e na dhleastanas aig òigridh an eilein nan duanagan seo aithris gu bliadhnail, 's iad uile a' faighinn biadh neo tasan bho gach taigh airson na h-oidhirp a bhithe a' dèanamh (MFN 21-03-2011). Ach, ged a bha duanagan dhe leithid air an aithris ann an taighean an eilein, bha e eadar-dhealachaichte bho shuidheachadh sòisealta a' chèilidh, oir 's gun e suidheachadh foirmeil a bha seo far nach biodh a' chlann ach a' tadhal air na taighean airson na duanagan aithris agus an dreuchd a choileanadh, 's iad a' falbh cho luath 's a bhiodh an dleastanas seo dèante 's biadh aca (MFN 21-03-2011). Mar sin, chaidh na Duain Challaig air dhiochuimhn' ro mheadhan an 20mh linn, nuair a thòisich an sluagh ris am barrachd subhachas a dhèanamh ris a' Bhliadhn' Ùir mar as aithne an-diugh e, 's gunar gan aithris aig na cèilidhean, fiù 's mun àm sin dhen bhliadhna, air sgàth 's nach bithe a' gabhail àite anns gach taigh den eilean. Mar a bu trice, 's ann a dh'fhalbhadh sluagh gu taighean sònraichte airson a' chèilidh bhliadhnail seo, agus mar sin, cha bhitheadh e comasach dreuchd nan Duan Challaig a choileanadh airson gach dachaigh (MFN 21-03-2011).

2.2.2 An Cèilidh

Tron 19mh agus a' mhòr-chuid den 20mh linn, bha an cruinneachadh sòisealta de dhaoine ann an taighean an eilein, ris an cante an cèilidh, na chleachdadh cumanta am measg muinntir a' Bhaile Shear agus mòran Ghàidheal eile, cha b' ann dìreach aig àm na Bliadhn' Ùire, ach tron bhliadhna air fad (MFN 29-11-2010; McKean 1996, 100; Shaw 2000; 14). Mar a tha Byrne 's Sheridan ag innse, 's e àm a bh' anns a' chèilidh far am faigheadh sean 's òg faothachadh agus fois, airson beagan uairean as t-oidhche, bhon an dòigh-beatha agus

am beò-shlaint chruaidh, 's iad a' tighinn còmhla mar seo airson cur-seachad, gach oidhche dhen t-seachdain ach oidhche na Sàbaid (Byrne & Sheridan 2008, 149; FN 30-11-2010). B' ann air oidhcheannan fada a' gheamhraidh a bu bhitheanta a rachte air chèilidh, ach, a rèir Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, bhiodh corra chèilidh aca oidhcheannan as t-samhradh cuideachd, gu h-àraidh nan tigeadh droch shìde (MFN 29-11-2010). Ge brith dè an t-àm den bhliadhna ge-tà, cha d' rachte air chèilidh gus am biodh obair an latha deiseil, an dinnear air a ghabhail, agus i air tòiseachadh ri ciaradh, cleachdadh a chiallaich gum biodh an cur-seachad seo a' tòiseachadh nas tràithe sa gheamhradh, mu sheachd uairean as t-oidhche 's an oidhche a' tighinn cho tràth, an coimeas ri làthaichean fada an t-samhraidh, 's muinntir an eilein ag obair cho fad' 's a bhiodh i soilleir (FN 30-11-2010; McKean 1996, 100).

A rèir sgrùdadh Iain Aonghais Dòmhnallach air òrain Dhòmhnall Ailein Dhòmhnall na Banaich à Uibhist a Deas, bha gach cèilidh eadar-dhealaichte, 's an dibhearsain a' crochadh air tàlantan nan daoine a nochdadh aig a' chèilidh gach oidhche, 's gun fhios aig duine ro làimh air cò thigeadh neo cuin (Macdonald 1999, 257). Mar sin, 's e na bhiodh iad ris sa chèilidh a bha a' cur seachad an ùine dhaibh, chan e an cruinneachadh fhèin (MFN 29-11-2010). Tron eòlas a chuir Alasdair MacGilleMhìcheil air a' chèilidh, 's e a' siubhal tro na h-Eileanan san 19mh linn, mhothaich e gun robh buaidh aig comasan nan daoine bhiodh a' cruinneachadh ann, air an dòigh anns an robh an dibhearsain air a libhrigeadh dhaibh, 's e ag ràdh gun robh e “...*admirably adapted to cultivate the heads and to warm the hearts of an intelligent generous people*” (Carmichael 1983, xxviii). Dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill gum b' e adhbhar seo, nach robh comas aig a' mhòr-chuid de luchd-èisteachd cèilidhean a' Bhaile Shear, tron 19mh agus cuid mhath den 20mh linn, air Gàidhlig a leughadh (MFN 29-11-2010). Bha seo bitheanta gu h-àraidh am measg nan Gàidheal a dh'fhuiling buaidh Achd na Foghlam (1872), 's iad air an teagasg tro mheadhan na Beurla, 's cha b' ann nan cànan làitheil (Tolmie 1911, viii). Do dhaoine agus clann dhe leithid, dh'fheumadh an dibhearsain mar sin a bhith tro bheul-aithris (MFN 29-11-2010; MacDonald Gun Deit(b), 41).

Bha suidheachadh a' chèilidh air leth freagarrach airson dibhearsain tro bheul-aithris air sgàth 's gun robh e a' toirt sluagh cruinn còmhla san aon àite, 's e gan oideachadh ann an eachdraidh an coimhearsnachd agus an cultar, tro cheòl, dannsa, òrain agus dàin, stòiridhean agus seachas, sinnsearachd, neo tro bhith a' beachdachadh air naidheachd ionadail (Byrne & Sheridan 2008, 149; McKean 1996, 111; Smith 2001, 49). Mar sin, cheadaich àrainneachd a' chèilidh dhaibh an ùine chur seachad len tàlantan, 's seinn agus aithris òrain is dàin na mheasg, feart a bha ga sgaradh bho àrainneachd an àite obrach, 's gun ach òrain a-mhàin air an seinn san t-suidheachadh sin agus airson adhbharan

eadar-dhealaichte cuideachd (MFN 29-11-2010).³² Mar a dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, an oidhche nach bitheadh duine le tàlant sònraichte nan cuideachd, thionndaidheadh iad gu bruidhinn 's meòrachadh air cuspairean dhen h-uile seòrsa, dibhearsain eile a thàinig thuca gu nàdarra (MFN 29-11-2010). Tha e follaiseach ma-tà, gun e cur-seachad am prìomh dhreuchd a bh' aig dibhearsain san t-suidheachadh seo, ach aig a cheart àm, tro bhith ag èisteachd ris 's a' faighinn toileachadh às, bha gach neach air an oideachadh gu mì-fhoirmeil cuideachd, 's iad a' togail fiosrachadh, bàrdachd agus fuinn len cluais, 's gu tric, gun fhor dhaibh fhèin (MFN 14-02-2011).

An coimeas ri luchd-èisteachd an àite-obrach ma-tà, far nach biodh ach fir neo boireannaich a-mhàin, bha iad uile cruinn còmhla sa chèilidh, le clann de gach aois nan suidhe nam measg (MFN 29-11-2010; Shaw 2000, 14; Shaw 1987, 12). Mar a dhealbhaich Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill suidheachadh cèilidh àbhaisteach sa Bhaile Shear san 20mh linn, 's ann eadar a' chidsin agus an t-seòmar suidhe a bhithe mar a bu trice, 's na rumannan gan rèiteach a rèir na thigeadh do dhaoine (MFN 29-11-2010). Chruinnicheadh na fir gu lèir, bho na bodaich gu fleasgaich cho òg ri seachd neo ochd bliadhn' deug, timcheall an teine san t-seòmar suidhe, 's e na dhleastanas dhaibhsan riamh dibhearsain na h-oidhche a libhrigeadh eatarra, ge brith dè na tàlant an a bha nam measg (MFN 29-11-2010; Macdonald 1999, 259). An coimeas ris an seo, b' e dreuchd aithnichte nam boireannach sa chèilidh a bhith nam pàirt dhan luchd-èisteachd, 's seo follaiseach bhon dòigh anns an robh iad air an sgapadh eadar na suidheachain mu dheireadh san t-seòmar suidhe agus a' chidsin, 's gun a' mhòr-chuid dhiubh a' faighinn cothrom seinn ach nuair a thigte a-steach air sèistean nan òran a sheinneadh na fir (MFN 29-11-2010; Shaw 2000, 25). A bharrachd air an seo, bhitheadh na boireannaich a' cuideachadh bean an taighe gus biadh agus cùpa tì ullachadh agus a fhrithealadh dha na fir, cleachdadh a dh'innis Lauchie MacLellan agus Joe MacNeil a bha cumanta aig cèilidhean thall an Ceap Breatainn cuideachd (MFN 29-11-2010; Shaw 2000, 27).

Cha robh rian neo òrdugh sam bith aig na fir air dibhearsain a' chèilidh, feart a bha ga sgaradh bhon àite-obrach, far am bithe a' seinn fad an t-siubhail 's iad ag obair gu cunbhalach. Bha e riamh na chleachdadh aca ge-tà, gach cèilidh a thòiseachadh le còmhradh làitheil, 's dibhearsain eile an uair sin a' tighinn beò às a seo a rèir nan cuspairean neo tachartasan air an tionndaidheadh an còmhradh (Macdonald 1999, 257; Shaw 2000, 25; MFN 29-11-2010). Mar a dh'innis Iain Aonghais Dòmhnallach, 's ann nuair a thionndaidheadh an còmhradh gu bàrd neo fiù 's tachartas air an robh pìos bàrdachd stèidhichte, a thigeadh òran neo dàn gu cuimhne 's aire seinneadair neo bàrd aig

³² Faic t.d 30.

a' chèilidh (Macdonald 1999, 265-266). Cho luath 's a thachradh seo, thathainneadh e a ghabhail neo aithris, neo rachadh iarraidh air. Ach, mus dèanadh e seo, bha e riamh na chleachdadh am measg seinneadairean an eilein, co-theacsa agus brìgh gach òran neo dàn, agus adhbhar a' bhàird neo bhana-bhàird airson a dhèanamh suas, a mhìneachadh agus aithris dhan luchd-èisteachd (MFN 29-11-2010; Macdonald 1999, 265). Mar a dh'innis Iain MacGilleSeathanaich bha am fiosrachadh seo na naidheachd 's às aonais chan fhaigheadh an luchd-èisteachd tuigse cheart dhen òran neo dàn. Bha tuigse riatanach do ghillean òga san luchd-èisteachd a bha airson ionnsachadh bhon t-seinneadair neo a' bhàrd fhèin, 's Magaidh Flòraidh ag innse gun e na fleasgaich òg a bu mhotha a sheinneadh aig cèilidh 's cha b' e na bàird fhèin (Shaw 2000, 14 & 24; MFN 29-11-2010).

Tha seo ma-tà a' soilleireachadh gun robh làmh an uachdair aig na fir sa chèilidh 's iad os cionn an dibhearsain, cleachdadh a dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill nach d' rachte riamh na aghaidh, 's e aithnichte am measg muinntir a' Bhaile Shear nach robh math do bhoireannach eadhan smaoineachadh air seasamh suas aig cèilidh agus òran a sheinn neo dàn aithris air a toil fhèin, fiù 's nam biodh òran aice air a cuimhne a bha a' freagairt ri cuspair air an robh na fir a' bruidhinn, neo nam b' e bana-bhàird a bh' innte fhèin (MFN 29-11-2010; Macdonald 1999, 259 & 266). Cha sheinneadh boireannach aig cèilidh nas lugha 's nan d' rachadh iarraidh oirre (MFN 29-11-2010). Ach mar a dh'innis Iain Aonghais Dòmhnallach, dhan bheagan a fhuair an cothrom seo, mar a bu trice, 's e òran a dh'ionnsaich iad san àite-obrach a sheinnte, ach airson cur-seachad san t-suidheachadh seo, air sgàth 's nach ann orrasan a bha na bàird ag amas airson an òrain fhèin ionnsachadh agus a sheinn, ach air na gillean òga (MFN 29-11-2010; Macdonald 1999, 263). Mar sin, do bhana-bhàrd a bha airson a bàrdachd a sgaoileadh, mura h-iarrte oirre fhèin seinn, neo nighean a bha air a h-òrain ionnsachadh, 's e an aon chothrom a bh' aice, a theagasg ri gille neo duine dhen teaghlach, 's i an dòchas gun seinneadh e e aig cèilidh uaireigin (MFN 29-11-2010).³³ B' e an neo-ionnachd seo as coireach nach do mhair an uimhir de dh'òrain neo dàn le bana-bhàird an eilein am measg an luchd-èisteachd 's e a' mìneachadh a' bheàrn sa chruinneachadh ann an Caibideil 3 (MFN 29-11-2010).

Ach ged a bha na boireannaich 's na h-ìghnean air an cumail sìos mar seo sa chèilidh, tro bhith ag èisteachd ris na fir a' gabhail òrain nam bàrd cho tric, thog iad fhèin deannan dhiubh, ged nach leigeadh iad orra (MFN 29-11-2010; Macdonald 1999, 266). Thigeadh e am follais ge-tà nuair a rachadh facail nan òran neo dàn à cuimhne an t-seinneadair 's e a' tionndadh gu bhean airson an cur na chuimhne, 's seo a' soilleireachadh gun d' fhuair na boireannaich a cheart uimhir oideachadh à cur-seachad a' chèilidh 's a

³³ Faic t.d 32.

fhuaire na fir, 's ged nach d' fhuaire iad cliù air a shon, bha iad air leth cudromach dhan dibhearsain san dòigh seo (MFN 29-11-2010; Macdonald 1999, 266). B' e seo am prìomh adhbhar gun e na h-òrain agus dàin a ghabhte sa chèilidh as bitheanta sa chruinneachadh ann an Caibideil 3, thoradh an coimeas ri òrain a sheinne san àrainneachd obrach, bha iad seo air an sgaoileadh len co-theacsa gu luchd-èisteachd nas fharsainghe agus na bu mhotha.

A dh'aindeoin nan eadar-dhealachaidhean le òrain a sheinne san àrainneachd obrach, bha cuid dha na h-òrain a ghabhte sa chèilidh coltach riutha, 's puirt-à-beul mar Òran 14 air an seinn airson ceòl agus ruitheam cunbhalach a chumail ri muinntir a' cheilidh 's iad a' dannsa cuideachd, cur-seachad eile a bh' aca (MFN 29-11-2010; Ross 1961, 22). Chan eil seo ri ràdh nach robh ceòl a' dol sa chèilidh, thoradh bha: bha melodian anns gach taigh cha mhòr san 20mh linn, 's pìob mhòr agus an fhidheall aig corra dhuine cuideachd (MFN 14-02-2011; PNT 15-02-2011). Mar a bhithe an dùil, 's e na fìr a-mhàin a bhiodh a' cluich nan ionnsramaidean seo, ach cha d' thugar taic-ciùil do dh'òran 's e air a sheinn riamh (MFN 29-11-2010; Shaw 2000, 14).

Ged a bha òrain air an seinn sa chèilidh airson dà adhbhar ma-tà, chan eil sin ri ràdh gum biodh seinn anns gach taigh anns am biodh cèilidh. Mar a dh'innis am bàrd, Iain MacNeacil às an Eilean Sgitheanach, nan tadhladh seinneadair air taigh sam bith bhiodh seinn ann gun teagamh, ach cha b' urrainnte bhith cinnteach air cò thigeadh (McKean 1996, 100). Na fhuasgladh air a' mhì-chinnt seo sa Bhaile Shear, bha taighean air feadh an eilein agus a' mhòr-fhearann le cliù airson an seòrsa chèilidhean a bhiodh annta gach oidhche (McKean 1996, 99; FN 30-11-2010). Mar a dh'innis Flòraidh NicMhathain, b' e taighean nam bàrd fhèin neo taigh-cèilidh an eilein a b' ainmeile airson òrain agus dàin a chluinntinn. Mar sin, do neach sam bith a mhiannaicheadh òrain a chluinntinn, neo do ghillean òga a bha airson òrain ùr ionnsachadh, 's ann thuca seo a rachadh iad mar a bu trice (MFN 14-02-2011). Bha an liuthad dhiubh seo ann ge-tà, 's gum b' urrainn do mhuinntir an eilein tadhal air fear eadar-dhealaichte gach oidhche nan togradh leotha. Tron 19mh agus an 20mh linn chan fheumadh duine sam bith cuireadh airson a dhol a thaigh air chèilidh; mar a dh'innis Flòraidh NicMhathain, 's ann a bhuaileadh e nan ceann a dhol a thaigh a bha freagarrach dhaibh fhèin an oidhche sin (FN 30-11-2010). Mar a tha Òran 11/12 a' soilleireachadh, bhiodh cuid de mhuinntir a' Bhaile Shear fiù 's a' dol suas neo tighinn a-nuas air fadhail neo stròim, corra uair, gus na taighean-cèilidh seo a ruighinn (MFN 29-11-2010).

Do mhuinntir a' mhòr-fhearainn, ged a bhithe tric a' tadhal air taigh a' bhàird Dòmhnall Ruadh an Corùna eadar na 1940an agus na 1960an, b' e taigh na Càrnaich a b' ainmeile agus a bu trainge nan sgìre bho dheireadh an 19mh linn, gu ruige nan 1970an

(MFN 29-11-2010).³⁴ B' ann le Aonghas Dòmhnallach agus an uair sin a mhac Ruairidh a bha taigh na Càrnaich, 's ged a bha iad le chèile aithnichte nam bàird, bha suidheachadh an taighe cuideachd ga dhèanamh na thaigh cèilidh fàbharach do mhuinntir an eilein fhèin, 's Fadhail nan Caorach³⁵ dìreach shìos air a chùlaibh (PNT 15-02-2011). A rèir nighnean Ruairidh, Peigi agus Ceitidh, 's i Fadhail nan Caorach a bu trice a chleachdadh muinntir a' Bhaile Shear, mus do thogadh an cabhsair, air sgàth gur i a b' fhaide bhitheadh fosgailte. Bha iad mar sin na bu bhuailtiche tadhal sa Chàrnaich nuair a mheantraigeadh iad tighinn suas air an fhadhail seo as t-oidhche, 's fios aca gun robh ùine nas fhaide ann airson a' chèilidh, agus gum faigheadh iad tilleadh dhachaigh an oidhche sin (CNN 15-02-2011).

Tro dheireadh an 19mh agus a' mhòr-chuid den 20mh linn, bha muinntir a' mhòr-fhearainn iad fhèin air an tàladh gu cèilidhean sa Chàrnaich, air sgàth 's gun robh seirbhisich de gach gnè aig Aonghas na Càrnaich agus a bhràthair Iain,³⁶ agus an uair sin Ruairidh, as t-fhoghar agus as t-earrach, gus an cuideachadh le obair nan croitean agus an sprèidh (CNN 15-02-2011). 'S ann à Cladach a' Bhaile Shear a bha a' mhòr-chuid dhe na fir, ach bha cuid dha na h-ighnean òga bho sgìrean cho fad air falbh ri Beinn na Fadhlach agus mar sin, 's ann a bhiodh cuid dhiubh a' fuireach sa Chàrnaich fhad 's a bhithe ag obair ann (CNN 15-02-2011). Mar a dh'innis Peigi na Càrnaich, bha a' Chàrnaich mar sin na bu tharraingiche na thaigh cèilidh gu ruige na 1950an, 's gillean a' Bhaile Shear uile às dèidh nan ighnean òga, 's iad mar sin a' dèanamh am barrachd oidhirp gus tighinn tarsaing na fadhlach, neo na h-ùtraidean fada a choisèachd ann, airson suirghe (CNN 15-02-2011; PNT 15-02-2011). A rèir Òran 5, bha adhbhar dhe leithid aig òigridh a' Bhaile Shear airson tadhal a thaigh Peigi Chaimbeul, a bha dìreach pìos goirid dhan Chàrnaich.³⁷

Bhiodh sùgradh dhe leithid cuideachd a' tachairt aig na taighean cèilidh a bha suidhichte air an eilean fhèin, 's an fheadhainn as cumanta shìos an Iolaraigh (MFN 29-11-2010). Mus deach a' Bhuaile a bhristeadh suas ann an 1811, 's e àite fàbharach a bh' ann airson cèilidh 's na taighean cruinn còmhla (MFN 29-11-2010).³⁸ Às dèidh seo bhithe a' tadhal air taighean timcheall an eilein, ach eadar 1932 agus 1956, bha taigh air leth ainmeil shìos an Iolaraigh 's e aithnichte mar taigh-cèilidh a' Bhaile Shear, b' e sin an 'Dunolli', taigh Ciorstaidh Mhic Eòin, neo Ciorstaidh Ruadh mar a b' fheàrr a dh'aithnichte i le muinntir a' Bhaile Shear (FN 30-11-2010).³⁹ A rèir Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill bhithe an-còmhnaidh an taigh Ciorstaidh, 's cha d' rachadh a' mhòr-chuid de mhuinntir Iolaraigh a' chèilidh a dh'àite eile, ach a h-uile gealach, nuair a dh'amaisèadh iad 's

³⁴ (54) & (44), (45); Faic PT.3(l) & (m).

³⁵ (31).

³⁶ (42)

³⁷ (40).

³⁸ (25).

³⁹ (17); Faic PT.3(p).

Ciorstaidh nan cuideachd, air taigh Aonghais Ghilleasbuig,⁴⁰ far an robh a mhac Eàirdsidh a' fuireach, 's e na bhàrd agus na sheanchaidh air leth, neo a-null dhan Àrdaibh, a thaigh Seumas Bàin MacMhathain, 's a' chlann uile làn ceòl, seinn agus bàrdachd (MFN 29-11-2010).⁴¹

A-mach asta uile ge-tà, cha robh cèilidh faisg air cho math ri fear an taigh Ciorstaidh Ruadh, 's i a' dèanamh an leithid do dh'oidhirp le taigh fosgailte dhan eilean air fad. Bha i a' fuireach leatha fhèin ann an taigh mòr geal a ghabhadh an leithid a dhaoine, 's i coma ach a lionadh airson 's gum bithte uile na cuideachd, gu h-àraidh air Oidhche na Bliadhn' Ùire, nuair a chumadh i pàrtaidh mhòr (MFN 29-11-2010). Bha spèis agus urram mhòr aig muinntir an eilein, sean agus òg, do Chiorstaidh, 's iad mothachail air cho fialaidh agus cho math 's a bha i dhaibh, 's a h-uile duine às a' Bhaile Shear, agus fiù 's cuid bhon mhòr-fhearann, a' tighinn a-nuas thuice airson a' phàrtaidh ainmeil seo (MFN 29-11-2010). 'S ann aig a' phàrtaidh mhòr seo an taigh Ciorstaidh, agus an oidhche sin a-mhàin, a bhithte uile a' seinn Òran 9, a rinn Ruairidh MacAoidh airson Ciorstaidh fhèin a mholadh, cleachdadh a tha ga choltachadh ris na Duain Challaig nach gabhte ach uair sa bhliadhna cuideachd, agus a tha ga sgaradh bho na h-òrain agus rannan eile ann an Caibideil 3 a ghabhte aig cèilidhean uair sam bith tron bhliadhna (MFN 14-02-2011).

'S ann eadar na suidheachaidhean seo uile a chluinneadh agus dh'ionnsaichheadh òigridh grunn rannan agus òrain le bàird an eilein tro bheul-aithris gu làitheil, 's iad air an seinn mar a bu trice le seinneadairean an eilein (Macdonald 1999, 259). Tha seo a' soilleireachadh ma-tà, nach e dìreach cur-seachad a bha muinntir an eilein a' faighinn às na cèilidhean, bha iad cuideachd gan oideachadh, 's an òigridh a' sìor-ionnsachadh bho na daoine a bu shìne sa choimhearsnachd (MFN 14-02-2011).

⁴⁰ (4); Faic PT.3(q).

⁴¹ (36); Faic PT.3(r).

2.3 'S e an t-ionnsachadh òg an t-ionnsachadh bòidheach

Mar a sgrìobh am fear-cruinneachaidh Pàdraig MacDhòmhnaill san 18mh linn, gus òran neo dàn a sgaoileadh tro ghinealaich agus linntean, dh'fheumte a sheinn neo aithris do neach eile neo buidheann, airson an cothrom a thoirt do chuideigin na b' òige ionnsachadh airson a chumail beò, 's gun iad air an sgrìobhadh sìos ach ainneamh (McDonald 1784?, 4 & 8). Sa Bhaile Shear san 19mh agus a' mhòr-chuid den 20mh linn, sheas seo san àite obrach agus sa chèilidh, 's gun chomas aig cuid mhath de mhuinntir an eilein leughadh neo sgrìobhadh ann an Gàidhlig co-dhiù (MFN 14-02-2011).⁴² Feumar cuimhneachadh ge-tà gu robh comas sgrìobhaidh aig cuid de bhàird 's bhana-bhàird, gu h-àraidh san 20mh linn. Bha Ruairidh MacAoidh am measg an fhìor bheagan dhiubh a roghnaich an òrain a sgrìobhadh sìos às dèidh dhaibh an dèanamh suas, 's gun e fhèin a' seinn airson an cumail air a chuimhne (MFN 14-02-2011). Dha na bàird is bana-bhàird a bhitheadh a' seinn ge-tà, mar Aonghas na Càrnaich, agus fiù 's do chuid aig nach robh comas seinn mar Eàirdsidh Aonghais Ghilleasbuig, cha smaoinicheadh iadsan riamh air an òrain neo dàin a sgrìobhadh, 's am bàrd Dòmhnall Iain Dhonnchaidh à Uibhist a Deas a' dearbhadh tro eòlas pearsanta, gun robh e cus na b' fhasa cuimhne a chumail air òran neo dàn tro bhith ga ghabhail tric, an àite a bhith an eisimeil ri pàipear (MFN 14-02-2011; Dòmhnallach 1996, 97). 'S ann airson an adhbhair seo ma-tà, nach toireadh bàrd neo bana-bhàrd seachad òran neo dàn do sheinneadair ach tro bheul-aithris, fiù 's nam bitheadh e aca air a sgrìobhadh; b' fheàrr leotha cus aithris neo a sheinn riutha iomadach uair gus dèanamh cinnteach gun togadh iad e facal air an fhacal, 's leis an ruitheam thùsail, mura bitheadh fonn aca air mu thràth, 's gun dòigh aca air seo a sgaoileadh chun an t-seinneadair tro sgrìobhadh (MFN 14-02-2011).

San 19mh linn agus a' chiad leth dhen 20mh linn, bho aois gle òg, chluinneadh gach neach den Bhaile Shear òrain agus dàin eadar an dachaighean, an cèilidh agus an àite obrach. Bha seo a' toirt cothrom dhaibh chan ann a-mhàin fàs cleachdte ri bhith gan èisteachd agus gan togail bho chuideigin eile, ach cuideachd, an inntinn agus an cuimhne a leasachadh agus a thrèanadh gus am barrachd fiosrachadh agus bàrdachd a ghabhail a-steach agus a ghlasadh ann, 's iad a' fàs na bu shine (MFN 14-02-2011). Mar a dh'innis Lillis Ó Laoire, na sgrùdadh air seinneadairean bho Eilean Toraigh an Èireann, "*an rud a tchí leanbh, ní leanbh*", 's iad mar sin, mar a dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, a' tòiseachadh ri facail nan òran agus dàn a thogail sna suidheachaidhean dachaigheil seo gun mhothachadh neo fiù 's tuigse air a' bhàrdachd, 's gun iad ach a' leantainn na sheinneadh

⁴² Faic t.d 26-27.

na daoine a bu shine mun cuairt orra (Ó Laoire 2005, 46; MFN 14-02-2011). Ged nach robh cuimhne pàiste beag math gu leòr airson òrain neo dàin ionnsachadh air fad, mar a dh'innis Edward K. Miller na sgrùdadh air àite nan òran ann an teaghlach Albannach, thogadh iad pìosan dhiubh beag air bheag, tro bhith gan cluinntinn uair is uair sna suidheachaidhean seo tron leanabas (Ó Laoire 2005, 52; Miller 1981, 45).

Ach, ged a bhitheadh clann òg ag ionnsachadh pìosan de dh'òrain agus dàin san dòigh seo bho dhaoine mun cuairt orra, dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill nach b' ann gus an robh am pàiste na bu shine, mu aois deugaire, a stadadh e gan atharrais agus a thòisicheadh e ris na h-òrain is dàin a thogail air a thoil fhèin bhon ùidh a bh' aige annta a-nis, 's e aig aois far an tuigeadh e facail agus co-theacsa nan òran agus dàn, 's iad mar sin a' dèanamh ciall dha (MFN 14-02-2011). Mar a dh'innis Lillis Ó Laoire agus am bàrd Sgitheanach, Iain MacNeacail, b' e an ùidh seo a bha a' brosnachadh an deugaire neo an inbhich, gus an t-òran neo dàn ionnsachadh e fhèin tro bheul-aithris (Ó Laoire 2005, 57 & 70; McKean 1996, 111).

Bha Pàdraig MacDhòmhnaill mothachail den seo san 18mh linn 's e ag innse gun robh e cus na b' fhasa do neach òran neo dàn ionnsachadh agus cuimhne a chumail air nuair a bha ùidh mar seo aige ann, 's e ag ràdh: *“the memory is amazingly tenacious, especially when the matter to be remembered coincides with the ruling passion”* (McDonald 1784?, 8; MFN 29-11-2010). Tha e follaiseach gun e seo a bu choireach 's gun do mhair na h-òrain agus dàn ann an Caibideil 3 air cuimhne muinntir a' Bhaile Shear thar nam bliadhnaichean, 's Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill ag aideachadh aig aois 89, gun do chùim i cuimhne riamh air gnothaichean a' Bhaile Shear seach rud sam bith eile, 's na cuimhneachaidhean agus na h-òrain 's dàin seo cho dhlùth na cridhe fhathast, 's còrr mòr is 60 bliadhna ann on a dh'fhàg i an t-eilean. Ged nach bitheadh i fhèin a' seinn a-mach 's i cho diùid, thog Magaidh Flòraidh òrain 's dàin a cheart cho math ri na seinneadairean, 's i gan cluinntinn cho tric sna suidheachaidhean dachaigheil (MFN 14-02-2011). Cha b' e dìreach seinneadairean a dh'ionnsaichadh òrain agus dàn tro bheul-aithris ma-tà, mar a mhìnich Lillis Ó Laoire; bha cuid mar Magaidh Flòraidh fhèin, a bha gan togail ach a roghnachadh gun an gabhail air beulaibh dhaoine eile (Ó Laoire 2005, 81).

Ge brith cò shealladh ùidh ma-tà, agus a chuireadh romhpa òran neo dàn ionnsachadh, mar a dh'innis Iain Aonghais Dòmhnallach, bha dà dhòigh ann airson an sgaoileadh thuca tro bheul-aithris; gu dìreach bhon a' bhàrd neo bhana-bhàrd fhèin, neo gu neo-dhireach tro sheinneadairean an eilein (Macdonald 1999, 255). Mar a chanadh muinntir a' Bhaile Shear fhèin: *“Riaghladh goirid air an òr ach riaghladh fada air an òran”*, 's bha seo gu dearbha fìor nam measg, 's Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill ag innse gun robh bàird agus bana-bhàird an eilein coma ach an òrain agus dàn a sgaoileadh

cho luath 's a bhitheadh iad dèante, mus dìochuimhnichte sgàth dhiubh. Bhithe gan seinn neo gan aithris sna suidheachaidhean dachaigheil gus an togadh cuideigin eile iad bhuapa, 's iad ag amas air an sgaoileadh gu balaich òg le guth math, 's cothrom nas fheàrr acasan air an sgaoileadh iad fhèin (MFN 29-11-2010). Bhithe cuideachd gan sgaoileadh taobh a-staigh teaghlachan, gu h-àraidh nam bitheadh an t-seinn a' ruith ann an teaghlach bàrd neo bana-bhàrd, mar a bha ann an teaghlach na Càrnaich, 's Ùisdean MacMhathain mar sin ag ionnsachadh òran a sheanair, am bàrd Aonghas na Càrnaich, bhuidhe fhèin, neo bho sheinneadairean eile na theaghlach an leithid Ceit, màthair Ùisdean, neo a bràthair Ruairidh na Càrnaich (CN 08-04-2011; Macdonald 1999, 256).⁴³ Bha seo cuideachd cumanta an Ceap Breatainn, 's Lauchie MacLellan tric a' gabhail òrain a shin-sheanair (Shaw 2000, 30).

Chan eil rian ma-tà, tro bhith ag èisteachd ris na daoine seo agus a' togail òrain neo dàin bhuapa len cluais, nach fheumadh cuimhne an òigridh, neo duine sam bith a bha gan ionnsachadh, a bhith geur 's air a thrèanadh gus an gabhail a-steach agus an cumail air an cuimhne dìreach mar a chaidh an toirt dhaibh (Macdonald 1999, 267; Ó Laoire 2005, 46). Mar a dh'innis an sgoileir Iain MacGilleSeathanaich, airson an togail gu soirbheachail, dh'fheumte an toiseach tuigse fhaighinn air co-theacsa an òrain neo dàin agus na daoine neo àiteachan a bh' air an ainmeachadh ann, airson 's gum bitheadh na facail fhèin na b' fhasa ionnsachadh agus cuimhneachadh orra (Shaw 2000, 39). Bhathar an uair sin eisimeileach air an òran neo dàn a chluinntinn grunn thursan gus a thogail gu slàn, 's iad ag obair air airson ùine, a' togail rann mu seach, gus am bitheadh e dìreach ceart (MFN 14-02-2011; McKean 1996, 111).

Ach, ged a bhathar gan ath-aithris mar seo airson na fuinn a thogail agus na facail a ghlasadh nan cuimhne san òrdugh cheart, le faighneachd do Mhagaidh Flòraidh ciamar a chaidh aice air cuimhne chumail air òrain agus dàin ùine às dèidh dhi an ionnsachadh mar seo, fhreagair i gur ann tro ìomhaighean a bha na facail a' tilleadh thuice, 's i gam faicinn air a' bhalla air a beulaibh 's i a' seinn, 's iad ga toirt tro stòiridh nan òran neo dàn (MFN 14-02-2011). Bha seo cumanta am measg seinneadairean agus sgeulaichean nan linn, 's an t-seanchaidh Dòmhnall Alasdair MacIain ga dhearbhadh na agallamh le D.A. MacDhòmhnaill ann an 1973, 's e ag innse cho luath 's a thòisichadh cuideigin ri stòiridh neo òran a ghabhail, bha iad gam faicinn air am beulaibh air a' bhalla. Dh'innis e cho cudromach 's a bha na h-ìomhaighean seo gus cuimhne a chumail air a' bhàrdachd neo an stòiridh, 's e ag ràdh: "*Feumaidh tu bhith 'ga faicinn 'na dealbh romhad air neo cha bhi beachd agad orra*" (MFN 14-02-2011; MacDonald 1978, 2-3 & 7). Air an aon ghnòthach,

⁴³ Faic PT.7

mar a dh'innis Bill Innes, bha bàrdachd air a chur ri fonn, 's cuid ag ath-chleachdadh fuinn bho òrain eile gus a dhèanamh na b' fhasa cuimhneachadh air facail nan òran (Innes 1998, xiv). Tro na h-agallamhan a rinn Iain Aonghais Dòmhnallach an Uibhist a Deas, mhothaich e mura cuimhneachadh an seinneadair air fonn an òrain, cha tigeadh na facail thuige idir, 's bha seo cuideachd follaiseach anns na h-agallamhan a rinneadh le Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill airson an tràchdais seo (Macdonald 1999, 266; MFN 29-11-2010).

Ged a bha ìomhaighean agus fuinn mar sin a' cuideachdh sheinneadairean gus cuimhne a chumail air òrain agus dàin mar a chaidh innse dhaibh, mar a shoilleirich Iain Aonghais Dòmhnallach cha b' urrainnear bàrdachd a sgaoileadh facal air an fhacal bho aon seinneadair gu fear eile agus mar sin air adhart tro ghinealaich, air sgàth 's nach eil cuimhne mac an duine cho fìor gheur sin, 's cuimhne duine cuideachd a' fàs nas miosa le aois (Macdonald 1999, 267 & 272). 'S ann tro mhearachdan gun fhiosta ann an cuimhe duine mar sin a nochdadh leagaidhean eile a thaobh facail neo òrdugh rannan nan òran neo dàn thairis air ùine, 's atharrachadh aon seinneadair an-còmhnaidh a' leantainn san luchd-èisteachd ris an do sgaoil e a' bhàrdachd agus sìos iomadh ginealach às a dhèidh (Macdonald 1999, 272). 'S e na tha follaiseach ge-tà, gun robh seinneadairean an eilein air leth cudromach gus òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear a chumail beò, gu h-àraidh do bhàrd neo bhana-bhàrd aig nach robh comas seinn, 's gun cothrom aca am bàrdachd a sgaoileadh ach tro ghuthan nan daoine seo (MFN 14-02-2011).

2.4 Na Seinneadairean

A bharrachd air na bàird is na bana-bhàird fhèin a bhitheadh a' seinn, bha seinneadairean eile air an eilean cuideachd. Chan eil air cuimhne muinntir a' Bhaile Shear an-diugh ach na chuala iad fhèin a' seinn neo ag aithris òrain agus dàin bàird 's bana-bhàird an eilein sna taighean cèilidh neo san àite-obrach san 20mh linn, neo na chaidh innse dhaibh a bhiodh gan seinn aig fìor dheireadh an 19mh linn (MFN 14-02-2011).

a). Ceit NicMhathain:

Ceit na Càrnaich, (1880 -1944), nighean a' bhàird Aonghas (Dòmhnallach) na Càrnaich (CN 08-04-2011). B' i an tè a bu shìne ann an teaghlach de shianar, anns an robh am bàrd Ruairidh na Càrnaich cuideachd.⁴⁴ Thogadh i sa Chàrnaich, 's an taigh fhèin na thaigh-cèilidh,⁴⁵ 's i eadar obair an taighe agus a' chroit, gus an do phòs i Seumas Bàn MacMhathain ann an 1904, 's i an uair sin a' gluasad gu taigh a theaghlaich às na h-Àrdaibh sa Bhaile Shear,⁴⁶ gu obair dhen aon seòrsa (CN 08-04-2011; PNT 15-02-2011). Bha naodhnar de theaghlach aca còmhla, nam measg bha an dithis seinneadair aithnichte Ruairidh agus Ùisdean.⁴⁷ A rèir a mac Ùisdean, bhitheadh Ceit an-còmhnaidh a' seinn a-mach aig luaidhean timcheall an eilein agus a' mhòr-fhearann (SA1966.86). Bhitheadh i a' seinn 's i a' bleoghainn na bà agus ag altramas pàiste cuideachd, ach cha d' fhuair i riamh cothrom seinn a-mach aig cèilidh (MFN 21-03-2011).

b). Calum Dòmhnallach:

Calum Ruairidh 'ic Nèill, (c.1890an - 1970), mac Peigi Caimbeul a th' air a h-ainmeachadh ann an Òran 5 (AID 01-06-2011; MFN 14-02-2011). Thogadh Calum ann an taigh-cèilidh beag tughaidh air Cladach a' Bhaile Shear,⁴⁸ far an do dh'fhuirich e riamh le phiuthar Màiri, 's e ag obair a' chroit (AN 16-02-2011).

c). Seonaidh MacIllEathain:⁴⁹

Seonaidh mac Eàirdsidh Mhòir mac Iain, (1903-1971), bràthair Dhòmhnaiill Eàirdsidh MacGillEathain a bha na mhaighstir-sgoile ann an Sgoil a' Bhaile Shear anns na 1930an (AID 01-06-2011; IM 19-03-2011). Ged a rugadh e ann an Loch Euphort,⁵⁰ ghluais a

⁴⁴ Faic PT.7

⁴⁵ (44).

⁴⁶ (36)

⁴⁷ Faic PT.7

⁴⁸ (40).

⁴⁹ Faic PT.3(s).

⁵⁰ Faic PT.4

theaghlach gu Àrd na Strùpan an Càirinis nuair a bha Seonaidh uabhasach òg.⁵¹ 'S ann an sin a chuir e seachad a' mhòr-chuid dhe bheatha, ged a bha e ùine a' fuireach còmhla ri bhràthair agus a mhàthair shìos sa Bhaile Shear san taigh-sgoile (IM 19-03-2011; CMN 07-04-2011). Eadar Càirinis agus am Baile Sear, chuir Seonaidh seachad tòrr ùine ann an taighean cèilidh an eilein, 's thog e grunn òrain bho na bàird fhèin sna suidheachaidhean seo (IM 19-03-2011).

d). Mòrag Anna NicDhòmhnaill:⁵²

Mòrag Anna Alasdair Ruairidh NicDhùghaill à Caolas Phaibeil,⁵³ (1907-1991), a phòs Ruairidh na Càrnaich san t-Samhain 1929, 's a ghluais gu taigh a theaghlaich sa Chàrnaich an uair sin, far an robh i na bean-taighe (PNT 15-02-2011). Bha guth binn aice, 's i a' seinn a-mach aig luaidhean timcheall an eilein agus cuideachd nuair a bhitheadh i a' bleoghainn na bà neo ag altramas pàiste (PNT 15-02-2011; MFN 14-02-2011). Bha i còig bliadhna ann an taigh na Càrnaich leis an t-Seanair, am bàrd Aonghas na Càrnaich, 's gu inntinneach nuair a dh'fhàs e sean, 's ann ri Mòrag Anna a bhitheadh e a' seinn a chuid òrain airson an ùine a chur seachad, 's mar sin thog i gach fear dhiubh bhuaidhe. Ach fhathast, cha d' fhuair i cothrom seinn aig cèilidh ach ainneamh (PNT 15-02-2011).

e). Annabella NicMhathain:⁵⁴

Anabella Sheumais Bhàin, (1910 – 1979), nighean Ceit na Càrnaich agus piuthar do dhithis sheinneadairean eile, Ruairidh agus Ùisdean (CN 08-04-2011).⁵⁵ Bha i na bean-taighe airson a' mhòr chuid dha beatha shìos sna h-Àrdaibh ann an taigh an teaghlaich, 's i ainmeil math air bleoghainn 's i an-còmhnaidh a' seinn 's i ris an obair aonranach seo (MFN 14-02-2011). Tha e coltach gun robh a cheart uimhir òrain aice air a cuimhne 's a bh' aig Ùisdean a bràthair, ach fhathast cha robh cothrom sam bith air a thoirt do dh'Annabella seinn a-mach aig cèilidh, 's i air a' cumail sìos air sgàth 's gun robh dithis nighean dhìolain aice (IN 08-04-2011; MFN 14-02-2011).

f). Ruairidh MacMhathain:⁵⁶

Ruairidh Sheumais Bhàin, (1916 – 1945), mac Cèit na Càrnaich agus ogha dhan bhàrd Aonghas na Càrnaich (CN 08-04-2011).⁵⁷ Bha Ruairidh na leth-aon le Mòrag

⁵¹ Faic PT.4

⁵² Faic PT.3(i) & (j).

⁵³ Faic PT.4

⁵⁴ Faic PT.3(t).

⁵⁵ Faic PT.7

⁵⁶ Faic PT.3(u).

⁵⁷ Faic PT.7

NicMhathain, agus na bhràthair dha na seinneadairean aithnichte Annabella agus Ùisdean (CN 08-04-2011). Thogadh e ann an taigh an teaghlach sna h-Àrdaibh,⁵⁸ còmhla ri pheathraichean agus ri bhràithrean, 's iad riamh air an cuairteachadh le òrain san dachaigh 's gibht an t-seinn gu làidir ann an teaghlach am màthar agus nan athair fhèin cuideachd (MFN 29-11-2010).⁵⁹ Bhitheadh Ruairidh a' cuideachadh athair air a' chroit tron latha, ach as t-oidhche b' e aonan de na seinneadairean òga a b' ainmeil sa Bhaile Shear aig toiseach an 20mh linn, 's na bàird tric a' sgaoileadh an cuid òrain dha (MFN 29-11-2010). Ach, cha d' fhuair e cus cliù na sheinneadair air sgàth 's gun deach a thogail le beachdairean Mhic Shimidh air a' chiad latha dhen dàrna cogadh, 's gun e ach na dhuine òg (RM 04-06-2011; MFN 14-02-2011). Nuair a bha e san Eadailt a' sabaid, lorgadh gun robh Ruairidh sònraichte math air sgìtheadh 's mar sin chaidh a thoirt air falbh bhon chunnart 's a dhèanamh na neach-teagaisg dhan spòrs dha na saighdearan eile (AM 2006). Gu duilich ge-tà, dìreach mìosan mus do chrìochnaich an cogadh ann an 1945, mharbhadh Ruairidh ann am maoim-sneachda san Eadailt 's gun e ach 28 (CN 08-04-2011).

g). Ùisdean MacMhathain:⁶⁰

Ùisdean Sheumais Bhàin, (1920-2006) (CN 08-04-2011).⁶¹ B' e an seinneadair a b' ainmeile sa Bhaile Shear san 20mh linn ged a bha guth na bu chumhachdaich aig a bhràthair Ruairidh (MFN 14-02-2011). Ghabh Ùisdean àite Ruairidh aig cèilidhean an eilein nuair a dh'fhalbh e, 's dh'ionnsaich e mòran òrain bho bhàird an eilein an leithid Ruairidh MacAoidh agus a sheanair, Aonghas na Càrnaich (MFN 14-02-2011). Leis gun e seinneadair a bha na mhàthair, thog e deannan òrain bhuaipese cuideachd (SA1966.86). Tro ùine sna h-Àrdaibh, bha Ùisdean eadar obair air croit athar agus obair le Limmer agus Trinidad nuair a bha iad a' togail rathad mòr an rìgh air tìr mòr Uibhist a Tuath (CN 08-04-2011). Phòs e Màiri NicBheathain ann an 1946, 's bha sianar chloinne aca còmhla (CN 08-04-2011). Eadar 1951 agus 1961 ghluais Ùisdean 's a theaghlach suas a dh'Àisgearnais, 's bha e na gheamair airson oighreachd Uibhist a Deas san ùine seo. An uair sin ann an 1960 ghluais iad a Langais, 's bha Ùisdean na gheamair aig an Iarla Granville, air oighreachd Uibhist a Tuath.⁶² Ann an 1988 leig e dheth a dhreuchd agus ghluais iad air ais gu taigh ùr sna h-Àrdaibh, 's chuir e seachad an còrr dha bheatha an sin (CN 08-04-2011).⁶³

⁵⁸ (36); Faic PT.3(r).

⁵⁹ Faic PT.7

⁶⁰ Faic PT.3(v).

⁶¹ Airson sinnsearachd Ùisdean faic PT.7

⁶² Faic PT.4

⁶³ Faic PT.3(w).

h). Agnes agus Lachac NicAmhlaigh:⁶⁴

Agnes Dhòmhnaill Bhàin, (1920-2007) agus a piuthar Lachac Dhòmhnaill Bhàin (1927 -). B' iad oghaichean do Chalum Chaimbeul, bràthair màthair Calum Ruairidh.⁶⁵ Bha seinn gu mòr a' ruith san teaghlach seo 's guth binn aig am màthair cuideachd (MFN 14-02-2011). Rugadh agus thogadh iad shìos an Iolaraidh,⁶⁶ gus an do roghnaich iad le chèile an t-eilean fhàgail, Agnes 's gun i ach 16 agus Lachac còig bliadhna às dèidh sin, 's i 18, gus a dhol a Ghlaschu airson banaltramachd ionnsachadh (MFN 14-02-2011). Às dèidh seo cha do thill iad dhan Bhaile Shear, ach fhathast sna beagan bhliadhnaichean a bha iad ann, fhuair iad corra chothrom seinn aig luadhan agus corra chèilidh (MFN 14-02-2011).

Shiubhail cus òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird an eilein le na seinneadairean seo (ged a tha Lachac fhathast beò) air sgàth 's gun do chrìon an cèilidh mus d' fhuair an ginealach às an dèidh ùidh cheart a ghabhail annta agus an ionnsachadh bhuapa san t-suidheachadh seo (MFN 14-02-2011; PNT 15-02-2011).⁶⁷ Thathar fortanach ge-tà gun robh luchd-cruinneachaidh bho SEA a' tadhal sa Bhaile Shear eadar na 1960an agus 1970an, nuair a bha an crìonadh a' tachairt, 's òrain agus dàin an eilein am measg a' bheul-aithris a bha iad a' clàradh bho bhilean fireannaich agus corra bhoireannach dhen eilean, 's a' bhana-bhàrd Magaidh NicGuaire agus cuid dha na seinneadairean seo nam measg (MFN 14-02-2011). Mar sin, mura b' e na tùsan seo agus cuimhne an luchd-bratha, cha bhitheadh e comasach cruinneachadh a dhèanamh de bhàrdachd bàird agus bana-bhàird a shiubhail bho chionn fada (MacInnes 2006b, 231).

⁶⁴ Faic PT.3(k).

⁶⁵ Faic t.d 46

⁶⁶ (20)

⁶⁷ Faic t.d 153-155.

3 Caibideil a Trì.

3.1 An Cruinneachadh

“Ged thriall am bàrd bidh rann ann” (SA1968.217).⁶⁸

Airson cruinneachadh ceart agus slàn a chruthachadh de na h-òrain agus dàin neo-fhoillsichte aig bàird agus bana-bhàird a’ Bhaile Shear, a fhuaradh bho luchd-bratha, clàran SEA, clàran dhaoine eile, neo làmh-sgrìobhainnean, thèid an glèidheadh dìreach mar a bhithte gan seinn neo gan aithris bho thùs, san àite-obrach neo aig cèilidhean an eilein, thairis air an 19mh agus an 20mh linn. Gus seo a dhèanamh gu soirbheachail, agus aig ìre far an tuig agus an tog leughadair san àm ri teachd gach facal agus pìos fiosrachaidh gu ceart, gabhar stiùireadh bho chuid dhan obair sgoilearach air an do bhruidhinnear na bu tràithe.

Thèid bàird agus bana-bhàird a’ Bhaile Shear a roinn bhon fhear as sine chun an fhìr as òige, mar chruinneachaidhean beaga às leth airson gach bàrd. Thèid sloinneadh agus eachdraidh beatha a’ bhàird innse an toiseach mar cho-theacsa farsaing, thoradh ’s gun robh am fiosrachadh seo aithnichte am measg an luchd-èisteachd thùsail co-dhiù. Leanaidh teacsaichean òrain ’s dàin gach bàrd am fiosrachadh seo, ’s feuchar cho math ’s as urrainn rin cur san òrdugh anns an deach an dèanamh, dìreach mar a dh’eisimpleirich Iain MacCoinnich agus Iain Aonghais Dòmhnallach nan cruinneachaidhean (Mackenzie 1841, 32-335; Macdonald 1999, 78). Nuair a tha dealbh ri fhaighinn den bhàrd, thèid a chur fo shloinneadh agus deitichean a’ bheatha aig toiseach a’ chruinneachadh aige/aice fhèin, airson ’s gum faigh an leughadair sealladh dhe choltas. Am measg eachraidh a’ bheatha innsear gu sònraichte cò bhuaidhe a thug e gibht na bàrdachd, an t-ionnsachadh a fhuair e tro fhoghlam, agus dealbhaichear a phearsa, airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air feartan a bhàrdachd agus ceanglaichean teaghlaich sam bith am measg bàird an eilein. Mar phàirt dhan cho-theacsa farsaing seo, ainmichear cuideachd ma chaidh obair sgoileireach eile a dhèanamh air a’ bhàrd.

Ach, ged a thèid òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird a’ Bhaile Shear a ghlèidheadh le cruinneas tro sgrìobhadh, mar a shoilleirich Thomas McKean agus Bill Innes, chaidh a’ bhàrdachd seo a dhèanamh dhan chluais, airson aithris agus a sheinn a-mach ann an cuideachd, ’s cha b’ ann airson a sgrìobhadh sìos air pàipear balbh (McKean

⁶⁸ Bho ‘A’ Mhairead òg is bòidhche fiamh’ òran neo-fhoillsichte eile le Ruairidh MacAoidh.

1996, 129; Innes 2000-2002, 100). Mar sin, gus an glèidheadh dìreach mar a bhithe air an aithris neo an seinn sa chèilidh neo san àite-obrach, lem fuinn, ruitheam, dualchainnt Ghàidhlig agus astar thùsail, tha clàr CD dhiubh uile air an gabhail gu traidiseanta air a chur aig cùl an tràchdais, 's freagraidh àireamh teacs a an òrain neo dàin sa chruinneachadh ris an aon àireamh air clàr a CD (Innes 2000-2002, 79 & 108; McKean 1996, xii). Airson soilleireachd tha clàr-innse den CD air a chur ron chruinneachadh sa chaibideil seo. Tha an CD cuideachd a' ceadachadh do sheinneadairean san àm ri teachd na h-òrain agus dàin seo a thogail len cluais, dìreach mar a rinn seinneadairean an eilein tron 19mh agus an 20mh linn (MFN 14-02-2011).

Ach, gus ciall a dhèanamh dha na h-òrain agus dàin seo, mar a dh'innsear mu thràth, bha e riamh na chleachdadh do sheinneadairean sa chèilidh, co-theacs agus brìgh nan òran neo dàin a mhìneachadh mus gabhadh iad gin dhiubh, 's mar sin thèid dualchas gach òran agus dàin a ghlèidheadh air duilleag fa-leth, dìreach às dèidh teacs a an òrain neo dàin dham buin e.⁶⁹ Mar cho-theacs farsaing, innsear an tùs bhon d' fhuaradh facail agus fonn an òrain neo dàin an toiseach. An uair sin, ainmichear an seinneadair a tha ga ghabhail air clàr CD an tràchdais, agus nuair as urrainnear, innsear cò bhuidhe a dh'ionnsaich iad e, 's ainmichear seinneadairean sam bith eile den coimhearsnachd a bhitheadh ga ghabhail cuideachd. Thèid tùsan anns a bheil leagaidhean eile de dh'òran neo dàin sa chruinneachadh cuideachd innse ann am bonn-nota am measg an fhiosrachaidh seo. A bharrachd air an seo, ainmichear òrain Ghàidhlig sam bith eile aig a bheil facail neo fonn coltach ris an fhear sa chruinneachadh, airson ceanglaichean eadar òrain a thogail.

An uair sin, innsear prìomh chuspair an òrain neo dàin airson seo a shoilleireachadh dhan leughadair. Às dèidh seo, innsear nas urrainnear mu cho-theacs a an òrain neo dàin fhèin agus feuchar ri deit neo àm a chur mu choinneamh cuideachd, airson 's gun dèan e am barrachd ciall dhan leughadair. Mu dheireadh, airson gach òran agus dàin, thèid daoine 's àitichean ionadail, seann fhaclan Ghàidhlig agus facail sam bith ann an dualchainnt Gàidhlig a' Bhaile Shear a tha a' nochdadh sna teacsaichean, a mhìneachadh ann an notaichean mionaideach air loidhnichean an òrain neo dàin. Tron chruinneachadh air fad thathar cuideachd a' tarraing air na mapaichean agus na craobhan-teaghlaich sna pàipearan-taic airson àitichean agus càirdeas dhaoine ionadail a shealltainn.

⁶⁹ Faic t.d 51.

3.2 Clàr-Innse nan Òran agus Dàn.

Clàr-Innse nan òran agus dàn.

Àireamh an clàr	Ainm an òrain/dàin	Facail an òrain (duilleag)
1	Am Breacan Màiri Ùisdean	54
2	Òran le Fionnaghal Ni' Chluain...	57
3	An tèid thu rium a ribhinn mhaiseach	62
4	Ò thugaibh an urram do phiuthar a' mhuilleir	66
5	Ò 's ann tha strann an ceann nan gillea	69
6	Duan a' mhùgaid	73
7	Dh'fhalbh na gillea grin fon cuid armachd	75
8	Ionndrainn Phaibeil	81
9	Òran Ciorstaidh Ruadh	83
10	Duan Callaig	89
11&12	'S ann a-raoir a rinn mi' n dàn seo	91
13	Hò ro rium tha mi gad ionndrainn	95
14	Seice Ruairidh 's a' <i>Ham</i>	97
15	Òran a Rìge	102
16	Duanag Dhan Chlann	105
17	Òran a' Bhàta	108
18	An tèid thu leam dhan Chàrnaich	115
19	Am Peatan Uain	117
20	Am Brot a rinn MacSuain	123
21	Tri rannan a' freagairt rannan Dhòmhnaill	128
22	Sgoil a' Bhaile Shear	130
23	Marbhrann do Lena NicAmhlaigh	134
24	Do Shiùsaidh NicIII Eathain	137
25	Tha m' fhearann saidhbhir ò dha (1)	142
26	Tha m' fhearann saidhbhir ò dha (2)	142

3.2.1 Fionnaghal Ni Chaluim 'ic Dhòmhnail 'ic Mhurchaidh (NicLeòid)

(c.1805-1891).

Ged nach eil cuimhne aig duine beò sa Bhaile Shear air a' bhana-bhàrd seo, thathar fortanach gun e caractar a bh' innte a ghlac aire sgoilearan agus luchd-cruinneachaidh nan linn, mar an Urramach Aonghas J. MacDhòmhnail agus Alasdair MacGilleMhicheil, 's cuid mhath dhe h-eachdraidh mar sin a' nochdadh nan làmh-sgrìobhaidhean (MacDonald Gun Deit(a), 134). Tha fiosrachadh mu deidhinn ann an obair sgoileirean an latha an-diugh cuideachd, an leithid Dr Dòmhnall Uilleam Stiùbhairt agus Linda Gowans. 'S ann bho Sheonaidh Dhòmhnail Eòin (MacAmhlaigh) a fhuair Linda Gowans fiosrachadh mu Fhionnaghal ann an 1984-85, 's e ag innse dhi na chuala esan aig na daoine bu shine sa choimhearsnachd, mus do shiubhail e fhèin ann an 1990 (LG 31-05-2011; FN 30-11-2010).⁷⁰

Rugadh agus thogadh Fionnaghal na Caitligeach ann am Beinn na Fadhlà (MacDonald Gun Deit(a), 134). Tro beatha, shiubhail i bho a creideamh agus cuideachd air feadh Uibhist, gus an do ghluais i a thaigh Iain Bhàin Stiùbhairt, seanchaidh ainmeil bho Lichabhaidh sa Bhaile Shear, a bha pòsta aig piuthar màthar Fionnaghal (Gowans 1992, 21 & 22; Stiùbhairt 2010, 23).⁷¹ Bha i an sin bho mu dheireadh na 1930an, 's i na searbhannt aig Iain Bàn airson iomadh bliadhna agus an uair sin ag obair ann an taigh a mhic, Gilleasbuig, gus an do bhàsaich i ann an 1891 (MacDonald Gun Deit(a), 134; MacAulay 05-05-2011).⁷² Sheas Fionnaghal a-mach am measg boireannaich a' Bhaile Shear na dòigh agus na coltas, 's an t-Urramach MacDhòmhnail ga dealbhachadh mar bhana-bhuidseach 's i cho cinnteach aiste fhèin, 's cleòca mòr tartan agus mogain oirre tron bhliadhna air fad, 's bata aice na làimh dheas cuideachd (MacDonald Gun Deit (a), 134). Mar a tha cruinneachadh MhicGilleMhicheil a' sealltainn, bha i a' creidsinn sa chumhachd os-nàdarra gun teagamh 's i ri geasan agus ùrnaighean. Tron ùine aig MacGilleMhicheil a' cruinneachadh geasan timcheall Uibhist eadar 1864-1882, san dà thuras a thadhail e oirre (23.3.1869 agus 7.4.1875) cha robh i deònach mòran dhiubh innse dha, thoradh mar a shoilleirich sgrùdadh Dòmhnail Uilleam Stiùbhairt, bha creideamh am measg nan daoine gun cailleadh geas a chumhachd nan d' rachadh a sgrìobhadh sìos (Stewart Ri thighinn, 3 & 28; The Carmichael Watson Project 2011, 18 & 35). Nam bitheadh e air faighneachd airson a h-òrain fhèin ge-tà bhitheadh e air am faighinn bhuaiphe sa mhionaid, 's Seonaidh Dhòmhnail

⁷⁰ Faic PT.3(ac).

⁷¹ (21)

⁷² (22)

Eòin ag innse do Linda Gowans nach b' ann airson nan geasan a bha i aithnichte am measg muinntir an eilein, 's gun iad gan cluinntinn aice, ach airson nan òran a rinn i, 's i tric ag ainmeachadh theaghlaichean agus dhaoine sa choimhearsnachd annta airson àbhachdas (LG 31-05-2011).

Teacsa 1 - Am Breacan Màiri Ùisdean.

Am breacan bòidheach fasanta,
 Nach fhaicear as na bùithtean
 Tha geal is gorm is sgàrlaid ann
 Am breacan Màiri Ùisdean. 4

Bidh còt' aig Anna Hiortach dheth,
 'S '*police*' aig Dòmhnall Stiùbhairt,
 'S bidh *polar-nish*(?) air Fàcnar,
 A' togail màl na dùthchadh. 8

'S iomadh neach gheibh riobag dheth,
 Bidh màl-pìobadh aig Dòmhnall d' Ùisdean,
 'S bidh seacaid air a' ghruagaiche
 Dol air chuairt a dh'Àrd na Strùban.⁷³ 12

Tha cur a dhathan àlainn ann
 'S e sìoda th' as a dlùth aig'
 'S bidh obair aig Dòmhnall Tàilleir
 Ann am breacan Màiri Ùisdean. 16

⁷³ Faic PT.4

Tùs: SA2007.117.

Seinneadair: B' e òran a bh' ann bho thùs, 's Ùisdean MacMhathain tric ga sheinn aig cèilidhean san 20mh linn, ach an-diugh chan eil e ach air aithris air an clàr seo le Seonaidh Dhòmhnaill Eòin, ogha do bhràthair Catrìona, a bha pòsta aig Gilleasbuig Stiùbhairt, mac Iain Bhàin Stiùbhairt, agus a bha a' fuireach le Fionnghal gu deireadh a beatha (SA2001.117; CN 08-04-2011; Gowans 1992, 21 & 22). Tha e dualach ma-tà gur ann bho Chatrìona a dh'ionnsaich Seonaidh an t-òran seo, ach leis nach robh comas seinn aige chaidh am fonn a dhìth (MFN 14-02-2011).

Facail/fonn an òrain: Tha òran Tirisdeach leis an aon tiotal le Iain MacIlleathain, Bàrd Bhaile-Mhàrtainn, agus fear stèidhichte air leis a' bhana-bhàrd Màiri Mhòr nan Òran (NicPhearsain) às an t-Eilean Sgitheanach, 's na dhà air an cruthachadh san 19mh linn agus mu bhreacan a chunnaicear nan coimhearsnachd (Camshron 1932, 142 & 155; Meek 1998, 128-131). Feumaidh gun e dreach pearsanta den òran Tirisdeach a rinn Fionnghal an seo airson muinntir a' Bhaile Shear.

Cuspair: Moladh

Àm is adhbhar: Aig aon àm bha Iolaraigh a' coimhead airson buachaille, 's fhuair iad duine air an robh Ùisdean MacMhathain à taobh an Iar Uibhist a Tuath. Thog iad taigh dha an Iolaraigh far an robh a' Bhuaile.⁷⁴ Bha nighean aige air a robh Màiri agus bha i anabarrach math air figheadaireachd agus 's ann a dh'fhigh i breacan a bha dìreach eireachdail. Bha daoine às gach àite a' tighinn ga choimhead agus nam measg bha Fionnghal ni' Chaluim, 's i fuireach dìreach shuas pìos a rathad bhuaipe.⁷⁵ Chòrd am breacan rithe cho mòr 's gun do rinn Fionnghal òran mu dheidhinn cho luath 's a thill i dhachaigh, 's i ag ainmeachadh daoine a b' aithne dhi bhon eilean agus bhon Chlachan ann, mar gun robhte uile gus pìos dhen bhreacan fhaighinn (SA2001.117; LG 31-05-2011).⁷⁶

Bhon cho-theacsa, feumaidh gun do rinn Fionnghal an t-òran seo 's i a' fuireach sa Bhaile Shear, mar sin uaireigin eadar na 1830an agus 1891. Leis nach robh an cinneadh MacMhathain ro chumanta sa Bhaile Shear, thugar sùil air ais air craobh-teaghlaich Ùisdean MacMhathain, (seinneadair g),⁷⁷ agus thachair gun d' fhuair lorg air sin-seanair dha air an robh Ùisdean MacMhathain, a thàinig à Tigh a' Ghearraidh a dh'Iolaraigh, 's e clàraichte na bhuachaille aca air cunntas-sluaigh 1851 (MacAulay 05-05-

⁷⁴ (25)

⁷⁵ (21)

⁷⁶ (49)

⁷⁷ Faic t.d 47.

2011).⁷⁸ A bharrachd air an seo bha nighean aige air an robh Màiri a rugadh sa Bhaile Shear ann an 1844, mar sin, mas i a rinn am breacan, shaoileamaid nach bitheadh i comasach air fighe gu ceart gus an robh i na deugaire, mar sin às dèidh 1856 co-dhiù (MacAulay 05-05-2011).

5. Anna Hiortach: Bha Anna a' Phaidhleat oirre cuideachd, thoradh 's gur i nighean 'am Paidhleat', Iain mòr mac Chaluim, (bràthair athar a' bhana-bhàrd Mairead Nighean Ailein) (MacAmhlaidh 1995, xxxi; MacKillop 1998?, 10).⁷⁹ Bha Anna a' fuireach aig a' Chlachan, ann am Pàirce nan Cailleach,⁸⁰ far an robh taighean tughaidh cruinn còmhla airson cùram a thoirt do bhoireannach sam bith aig nach robh teaghlach airson coimhead às an dèidh (FN 14-06-2011).

6. Dòmhnall Stiùbhairt: Bha Stiùbhairtich a' fuireach shìos an Iolaraigh, mar sin 's dòcha gun robh e càirdeach do dh'Iain Ban Stiùbhairt. Feumaidh gun e poileasman a bh' ann.

7. 'polar-nish'(?): бага, (ach chan eilear cinnteach) (FN 14-06-2011).

7. Fàcnar: Gàidhealachadh den chinneadh Falkner. Bha Fàcnar a' fuireach aig a' Chlachan, ach le cinneadh mar Fàcnar shaoileamaid gur ann bho tìr-mòr a bha e. Bhitheadh e a' tighinn a thogail na màl (SA2001.117; FN 14-06-2011).

10. màl-pìobadh: бага a' phìob mhòr. Bhitheadh iad ga chòmhdachadh le pìos dhan bhreacan (MFN 13-06-2011).

10. Dòmhnall Ùisdean: 'S e pìobaire a bh' ann, 's mar sin, leis gun robh pìobaireachd a' ruith ann an teaghlach Ùisdean an d' Alta (MacDhòmhnaill) sa Bhaile Shear san 19mh, 's dòcha gun e a mhaic Dòmhnall a bha seo (SA2001.117; FN 14-06-2011).

15. Dòmhnall Tàilleir: Bha tàillear anns a h-uile baile, 's bha am fear seo an Iolaraigh, faisg air taigh Ruairidh MhicAoidh (FN 14-06-2011).⁸¹

⁷⁸ Faic PT.4; Faic PT.7

⁷⁹ Faic PT.6; Tha an dà thùs seo cuideachd a' mineachadh fàr-ainm 'am Paidhleat'.

⁸⁰ (47)

⁸¹ (27)

Teacsa 2 - “Òran le Fionnaghal Nì’ Chluain sa Bhaile Shear do Ghillemhicheil. Òran moladh airson Peigi Chuagach (?) *for smuggling to prison*”.⁸²

Tha mo cheist air a lasgair

Shiubhlas aotrum fraoch is machair

Se Carmichael tha mi canntuin

Gu math fad E fallain beò.

4

Gu ma fada fallain buan E

Bho’ na ghlac e placaid Chuagach

’S a chuir E dha’ n tigh fhuar i

Chan ann na truailidheachd (?) leis an òl,⁸³

8

⁸² Seo mar a nochd an tiotal ann an làmh-sgrìobhainn George Henderson, ach feumaidh gu bheil pìosan a dhìth, thoradh nach b’ e Peigi a bha Fionnaghal a’ moladh idir ach Alasdair MacGilleMhicheil.

⁸³ Tha ‘*One who goes with lies/witches (?)*’ a’ nochdadh san làmh-sgrìobhainn dìreach às dèidh an dàrna rann seo. ’S dòcha gun e mineachadh a tha seo air am facal ‘*placaid*’.

Tùs: LSS. GU.MS.Gen 1090/14 (49).

Seinneadair: Lorgadh an dà rann seo dhen òran ann an làmh-sgrìobhainn, ach cha robh fonn air a ghlèidheadh leis idir (GU.MS.Gen 1090/14 (49)). Chan eil an t-òran a' nochdadh ann an tùsan sam bith eile agus mar sin tha e air aithris leis an neach-rannsachaidh fhèin.

Cuspair: Moladh.

Àm is adhbhar: A rèir an lamh-sgrìobhainn, 's e òran molaidh a bha seo airson Alasdair MacGilleMhìcheil (GU.MS.Gen 1090/14 (49)). A bharrachd air a bhith a' cruinneachadh gheasan agus ùrnaighean timcheall na h-Eileanan san 19mh linn, bha e cuideachd na oifigear cusbainn, 's cumhachd aige duine sam bith a bha a' dèanamh uisge-beatha gu mì-laghail a chur dhan phrìosan (Mackechnie 1973, 375; MFN 13-06-2011). A rèir an dà rann seo, chuir e tè às a' Bhaile Shear air an robh Peigi Chuagach dhan phrìosan airson deoch làidir a dhèanamh neo breugan innse mu rudeigin. Chan eil deireadh an dàrna rann ach mì-shoilleir. Bha Fionnaghal ga mholadh air sgàth 's gun robh gràin aice air Peigi Chuagach (GU.MS.Gen 1090/14 (49)). Chan eil fios an ann ann am Beurla a chuir Fionnaghal crìoch air an dàrna rann seo neo an do thionndaidh am fear-cruinneachaidh fhèin gu e Beurla. Tha na notaichean a tha ga leantainn cuideachd ann am Beurla (GU.MS.Gen 1090/14 (49)).

Bha MacGilleMhìcheil an Uibhist eadar 1864 agus 1882 's mar sin feumaidh gun do chuir e Peigi dhan phrìosan san àm seo, 's bhitheadh Fionnaghal air an t-òran a dhèanamh goirid às a dhèidh (Stewart Ri thighinn, 3).

1. lasgair: fleasgach 's gaisgeach. Bha i a' moladh Alasdair an seo.

6. placaid Chuagach: far-ainm beumnach airson Peigi Chuagach, 's e a' ciallachadh reamhar. Chan eil cuimhne aig duine an-diugh air cò a bh' ann am Peigi Chuagach.

7. tigh fhuar: cealla prìosain (MFN 13-06-2011).

8. truailidheachd: coirbte neo grod.

3.2.2 Mairead Nighean Ailein, Mairead NicDhòmhnaill

(c.1839-1935).



Dealbh A: Mairead Nighean Ailein le co-ogha dhi.⁸⁴

B' e Mairead an t-seachdamh pàiste a-mach à ochdnar chloinne aig Ailean MacDhòmhnaill, Ailean Mhic Chaluim Mhic Ailein, agus a bhean Mòr, nighean Iain Mhuilich (An ancestry.com 2011; MacKillop 1998?, 10; O.B.D.M.R 1858-An-diugh).⁸⁵ Rugadh agus thogadh an teaghlach ann an Cladach Iolaraigh, 's làrach an dachaigh fhathast ri fhaicinn an-diugh sa chladach air taobh thall na fadhlach mu choinneamh Crois Moraig (AD 15-02-2011).⁸⁶

⁸⁴ Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath 'Mairead Nighean Ailein' ann am *Baleshare/Illeay Folder*, àireamh 1686.

⁸⁵ Faic PT.6

⁸⁶ (46)

Ged a b' e Mairead a' bhana-bhàrd a b' ainmeile na linn sa Bhaile Shear, 's a h-ainm fhathast air bilean an t-sluaigh, cha do mhair cus de h-eachdraidh neo de bàrdachd tro bheul-aithris chun an-diugh, 's a' mhòr-chuid dheth air siubhal le càirdean agus na seinneadairean mu dheireadh sa Bhaile Shear (RM 04-06-2011; MFN 29-11-2010). Gu fortanach ge-tà, nuair a bha na daoine fiosraichte seo comasach air an eòlas a sgaoileadh, chaidh beagan dheth fhoillseachadh an lùib leabhar air eachdraidh beatha mac a piuthar Màiri, an t-Urramach Ailean MacDhòmhnaill MacPhilip, agus cuideachd ann an cruinneachaidhean dithis bhàrd ainmeil an Uibhist, Dòmhnall Ruadh Chorùna agus Dòmhnall Ailein Dhòmhnaill na Banaich, 's iad le chèile nan oghaichean do Dhòmhnaill, bràthair Mairead (MacKillop 1998?, 10-11; MacAmhlaidh 1995, xxix; Macdonald 1999, xxiii & 23).⁸⁷

A rèir an dithis bhàrd seo, bha bàrdachd gu dlùth a' ruith nan teaghlach bhon t-seachdamh linn deug co-dhiù, 's iad a' creidsinn gur ann bhon Dall Mòr, Alasdair Mòr Mac Nèill Mhuilich (c.1700-c.1770), bàrd ainmeil sa Bhaile Shear san 17mh linn, a sgaoil gibht na bàrdachd gu dìreach a-nuas chun an sin-seanmhair, Mòr nighean Iain Mhuilich, màthair seanair an dithis bhàrd agus Mairead nighean Ailein fhèin (Macdonald 1999, xxiii, 57-58; Macdhòmhnaill 1895, 7-8).⁸⁸ 'S ann bho theaghlach a màthair mar sin a sgaoil a' ghibht gu Mairead, 's e cuideachd a' leantainn na piuthar Màiri, agus na bràthair Dòmhnall, seanair an dithis bhàrd, ged nach eil ròs air a' bhàrdachd acasan an-diugh (MacKillop 1998?, 11; MacAmhlaidh 1995, xxx).⁸⁹ Leis na chaidh a dhìth de dh'òrain Mhàiread fhèin cuideachd 's gun ach trì dhiubh againn an-diugh, feumaidh nach robh comas sgrìobhadh aig duine san teaghlach, 's Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill ag innse gun ann tro bhith gan seinn a chùimhne orra, 's i cuideachd gan sgaoileadh gu a h-ogha, Magaidh Bhoidhd (MFN 29-11-2010; AD 15-02-2011).⁹⁰

'S ann tro chuimhne Magaidh Bhoidhd a nochd dà òran le Mairead ann an cruinneachadh Dhòmhnaill Ruaidh Chorùna, còrr 's leth-cheud bliadhna às dèidh do Mhàiread siubhal. B' e sin an t-òran ainmeil aice, *'Ille Dhuinn 's Toil Leam thu* agus a' chiad cheathramhan dhen òran *Cuilean Dhòmhnaill Ruaidh* (MacAmhlaidh 1995, xxx). Chan eil fios air cuin a thòisich Mairead air an dàrna òran, ach a rèir notaichean an leabhair 's e Dòmhnall Ruadh fhèin a chuir crìoch air.⁹¹ Dh'innis Magaidh ge-tà, gun ann mus do phòs Mairead a rinn i an t-òran gaol *'Ille Dhuinn 'S Toil Leam thu*, airson dearbhadh gum b' fheàrr leatha cus an gille a bha i falbh leis aig an àm, Iain na Càrnaich, bràthair dhan

⁸⁷ Faic PT.6

⁸⁸ Faic PT.6; Tha am barrachd fiosrachadh mun Dall Mòr agus trì dàin leis ann an Macdhòmhnaill (1895, 7-8).

⁸⁹ Faic PT.6

⁹⁰ Faic t.d 112-114.

⁹¹ Facail an òrain ann am MacAmhlaidh (1995, 80).

bhàrd Aonghas na Càrnaich,⁹² ged a bha a pàrantan airson 's gum pòsadh i fear às na Hearadh aig an robh nòisean dhi agus airgead gu leòr.⁹³

A dh'aindeoin beachdan a pàrantan, phòs Mairead Iain ann an 1869 agus ghluais i sìos dhan Chàrnaich leis, far an robh i na bean-taighe, 's i tric a' cumail luadhan san taigh airson a h-òrain a sgaoileadh gu bannal (MFN 29-11-2010; MacAulay 05-05-2011).⁹⁴ Bha teaghlach aca còmhla, ach gu mì-fhortanach bhàsaich Ceit, an nighean aca, gu aithghearr còrr is bliadhna às dèidh dhan dàrna pàiste bhith aice, agus mar sin, 's ann a thog Mairead a h-ogha, Magaidh Bhoidhd, shìos sa Chàrnaich, 's i na màthair dhi gus an do chaochail Mairead aig aois 96 (SA2001.134; O.B.D.M.R 1858-An-diugh).

⁹² Faic PT.7

⁹³ Facail an òrain ann am MacAmhlaidh (1995, xxx); Ann an linn Mhairead agus roimhe, bha smachd aig pàrantan tarsainn air cò phòsadh an nighean aca (SA2001.138).

⁹⁴ (42)

Teacsa 3 - An tèid thu leam a rìbhinn mhaiseach.

An tèid thu leam a rìbhinn mhaiseach

An tèid thu leam a rìbhinn òg

Tiugainn leamsa thaigh na Càrnaich⁹⁵

'S chì thu sprèidh len àl mun chrò.

4

Chì thu m' athair ann 's mo mhàthair

'S Pàdraig an gille còir

Chì thu crodh 's tarbh 's àigeach,

'S pige làn a dh'ola ròin.

8

⁹⁵ (42)

Tùs: SA1968.280.

Seinneadair: Seonaidh MacIllEathain. Chan eil an seo ach pàirt dhen òran (SA1968.280).

Facail/fonn an òrain: Tha an aon fhonn, agus sèist car coltach ris an òran seo air òran Leòdhasach, *Eilean Leòdhais, Tìr nan Gaisgeach* le Alasdair M. MacNeacail a rugadh ann an 1870, 's am bàrd cuideachd a' moladh an eilean agus a' faighneachd do leanainn a dhol ann leis (Bliadhna nan Òran 2010b). Tha atharrachadh dhen òran seo cuideachd air a dhèanamh le bàrd Diùrach, Iain MacEachainn, 's e fhèin a' faighneachd dhan ghaol aige tighinn a Dhiùra còmhla ris (Tobar an Dualchais SA1968.081). Mar sin feumaidh gun e atharrachadh ionadail dhen òran thùsail a th' aig Mairead an seo cuideachd.

Cuspair: Gaol/Moladh àite.

Àm is adhbhar: 'S e òran gaol a tha seo gun teagamh, ach le bhith a' coimhead air facail an òrain 's e òran gaol tro shùilean fireannach a th' ann 's e a' bruidhinn ri '*ribhinn*'. Mothaichear cuideachd gu bheil Mairead ga chruthachadh le structar dualach do dh'òran gaol le fireannach, dìreach mar a rinn i airson '*Ille Dhuinn 's toil leam thu*', 's na fir òga mar sin na bu dualaiche ionnsachadh agus a sgaoileadh dhi.⁹⁶ Shaoileamaid mar sin, mas e Mairead a rinn an t-òran seo gu deimhinne, gun do rinn e mar gum b' e Iain, an duine aice, a bha a' bruidhinn rithe fhèin, 's e airson 's gun tigeadh i a dh'fhuireach leis sa Chàrnaich, far am bitheadh athair agus a mhàthair fhèin agus pailteas de bheathaichean. Feumaidh gun do rinn i an t-òran seo mus do phòs iad (MFN 14-02-2011).

3: Taigh Iain na Càrnaich.

4. chrò: cuidhe. Far am bitheadh iad a' cumail a' chruidh 's iad gam bleoghainn ann (MFN 14-02-2011).

6. Pàdraig: Pàdraig Beag. Fleasgach òg a bha na shearbchant aca shìos sa Chàrnaich aig toiseach an 20mh linn (MFN 14-02-2011).

7. àigeach: each fireann nach deach a spoth (MFN 14-02-2011).

8: Bhitheadh iad ag òl ola ròin a h-uile madainn shìos sa Chàrnaich air sgàth 's cho math 's a bha e dhut agus airson fuachd a chumail air falbh. Chumte ag òl an ola ròin gus an tigeadh an ola a-mach ron chraiceann aca. Bha fios aca an uair sin gun robh iad air gu leòr dheth a ghabhail (MFN 14-02-2011; CN 08-04-2011).

⁹⁶ Faic t.d 32.

3.2.3 Aonghas na Càrnaich, Aonghas Dòmhnallach

(1846-1934).

Rugadh agus thogadh Aonghas san t-seann dachaigh sa Chàrnaich an Cladach Iolaraidh,⁹⁷ agus b' e an t-siathamh pàiste a-mach à ochdnar chloinne aig Alasdair, mac Chaluim ic Ghilleasbuig ic Chaluim ic Dhòmhnail Bhàin, agus a bhean Catrìona, nighean Dhòmhnail MacCòrcadail aig an robh taigh-seinnse Chàirinis (PNT 15-02-2011; MacAulay 05-05-2011; Lawson 1998, 33). 'S ann an Càirinis a thogadh athair Aonghas cuideachd, 's dachaigh an teaghlaich air croit Ailig Sheonaidh, neo croit nurs Magaidh mar as aithnear an-diugh e (AD 15-02-2011).⁹⁸ Ach, nuair a phòs e Catrìona ann an 1830, fhuair athair Aonghas croit sa Chàrnaich dhaibh, gus beatha agus teaghlach a thòiseachadh còmhla, 's a' chlann aca mar sin air an aithneachadh le muinntir na coimhearsnachd, cha b' ann le sloinneadh fada an athair, ach bhon àite san do thogadh iad, a' Chàrnaich (AD 15-02-2011; MacAulay 05-05-2011).

Bho aois òg, bha Aonghas riamh ri croitearachd, 's e ag obair fearann athair gus an deach fhàgail aige fhèin, le taigh an teaghlaich sa Chàrnaich, nuair a chaochail athair ann an 1874 (MFN 29-11-2010; MacAulay 05-05-2011). Mar a dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnail, dh'fhàgadh dà chroit aig Aonghas, fear sa Chàrnaich agus fear eile an Iolaraidh,⁹⁹ (MFN 29-11-2010). 'S ann goirid às dèidh seo, ann an 1879, a phòs Aonghas Annabla, nighean Ruairidh Langais, 's bha sianar chloinne aca còmhla (PNT 15-02-2011; MacAulay 05-05-2011).¹⁰⁰ Ach, leis na bh' aig Aonghas do sprèidh agus do thalamh, dh'fheumadh e searbhantan fireann 's boireann fhasdadh tro na ràithean a bu trainge, dìreach mar a rinn athair (PNT 15-02-2011; MacAulay 05-05-2011). Lean Aonghas ri cleachdadh eile bh' aig athair agus b' e sin, trì mìle a choiseachd casruisgte gach madainn Sàbaid gu Eaglais Chàirinis, ged a bha Eaglais na h-Alba na b' fhaisge air shìos sa Bhaile Shear aig a' Chlachan Uaine.¹⁰¹ Bha Aonghas na èildear ge-tà, 's e a' togail fuinn ann cuideachd, 's a ghuth ceòlmhor ri chluinntinn tric aig cèlidhean an eilein cuideachd (AD 15-02-2011; RnG 1995).

Cha b' ann airson a chuid seinn a bha e aithnichte am measg muinntir a' Bhaile Shear ge-tà, ach airson a bhàrdachd, 's ged nach eilear cinnteach cò bhuaidhe a thug e ghibht, bha e ann gun teagamh 's bean a mhac, Mòrag Anna, ag innse dhan chlann aice fhèin gun tigeadh na facail dìreach thuige gun smaoineachadh, 's òran aige dèante ann an

⁹⁷ (44)

⁹⁸ (58)

⁹⁹ (26)

¹⁰⁰ Faic PT.7

¹⁰¹ (15); Faic PT.4

tiotan (PNT 15-02-2011). Mar a dh'innis Dòmhnall Dòmhnallach, rinn Aonghas an t-uabhas òrain nach deach an sgrìobhadh riamh, agus chùm e mòran dhiubh aige fhèin (RnG 1995). Chan eil fios cuin a thòisich e orra, ach tha e follaiseach bho Òran 4 gun robh e riutha mus do phòs e Annabla, 's Òran 7 a' soilleireachadh gun robh e fhathast gan dèanamh na sheann aois. Mu dheireadh, chaill Aonghas a chuimhne agus mar sin shiubhail na h-òrain nach do thog duine eile bhuidhe le inntinn fhèin (PNT 15-02-2011; AN 16-02-2011).

Teacsa 4 - Ò thugaibh an urram do phiuthar a' mhuilleir.

Sèist: Ò thugaibh an urram do phiuthar a' mhuilleir

Thugaibh dhi urram an àite

Mur h-aithne dhuibh uileag i phiuthar a' mhuilleir

'S nighean do dh'Alasdair Bàn i.

4

Gura mise bha aoibhneach an toiseach a' gheamhraidh

Nuair theann mi ri dhol air do shàilleabh

'S 'on thug iad thu Bhoighreigh¹⁰² 's nach caraich mi oidhch'

Ach nam shìneadh air sèithse na Càrnaich.

8

Sèist.

'S i caileag cho faoilidh 's a shuidh' air a h-aodach

Dà làimh a bha iongantach gu stàthach

Cha cheil mi air daoine gun tug mi mo ghaol dhi

'S cha tèid mi rim shaoghal às àicheadh.

12

Sèist.

Ma nì thu mo mhealladh nam dhùthaich gun leannan

'S mura dèanadh mo leannan ach m' fhàgail

Siubhlaidh mi Barraigh gu solair mi bean ann

'S mi cinnteach gum faighear son feàirdinn.

16

Sèist.

Cha sguirinn dhen òran gus an cuirinn an còrr air,

Tha mòran luchd-còir air gun àireamh,

Ghabhainn san taigh-òsta e, nam shuidh' aig a' bhòrd,

Mura b' e gum biodh Seòras gam chàineadh.

20

Sèist.

¹⁰² Faic PT.4

Tùs: UM 1963.

Seinneadair: Ùisdean MacMhathain, ogha do Aonghas fhèin. Tha e dualach gun ann bho a mhàthair, Ceit na Càrnaich, neo fiù 's bhon a bhith a' cluinntinn Aonghas fhèin ga sheinn na sheann aois, a thog Ùisdean an t-òran. Leis cho titheach 's a bha Aonghas air an òran, bhitheadh e fhathast ga sheinn faisg air deireadh a bheatha, ach cha robh e riamh airson 's gun cluinneadh a bhean e, air eagal 's gun cuireadh e dragh oirre. Mar sin 's ann ri Mòrag Anna, bean a mhac, a sheinneadh e an t-òran ann an taigh na Càrnaich (PNT 15-02-2011). Thog Mòrag Anna e facail air an fhacail, 's bhitheadh i tric ga sheinn ri a clann fhèin, 's cuimhne mar sin aig an nighean aice, Peigi na Càrnaich, gun robh rann a bharrachd ann, 's i smaoineachadh gun e a' chiad rann dhen òrain;

(b) Cha robh mise fileant' ann an Laideann neo Beurla

Gus gu b' urra dhomh **seamh** a thoirt dhàsan

'S ged sheall i dhomh 'n creutair na litrichean *sacred*

Cha b' aithne dhomh leughadh ach pàirt dhiubh (PNT 15-02-2011).¹⁰³

Cuspair: Gaol.

Àm is adhbhar: Chaidh an t-òran gaol seo a dhèanamh nuair a bha Aonghas na dhuine òg, fada mus do phòs e Annabla ann an 1879. Rinn e an t-òran airson Catriona NicDhòmhnaill, piuthar Chaluim Dhòmhnaill aig an robh muileann Dhubhasaraigh, 's gaol aige oirre (RnG 1995).¹⁰⁴ Gu mì-fhortanach dhàsan ge-tà, phòs ise fear eile, Seòras MacCoinnich aig an robh taigh-seinnse Chàirinis (RnG 1995).

A rèir Mairead NicAmhlaigh 's ann à Boighreigh a bha teaghlach a' mhuilleir, agus 's ann an sin a rugadh agus a thogadh Catriona. Nuair a fhuair a bràthair muileann Dhubhasaraigh, thàinig Catriona a-nall leis, gus taigh a chumail dha. 'S ann an uair sin a chuir Aonghas eòlas orra, agus a thuit e ann an gaoil leatha, 's iad a' falbh le chèile airson greiseag. Ach, feumaidh gun robh Catriona air eòlas a chur air Seòras MacCoinnich mus tàinig i a-nall a dh'Uibhist, thoradh nuair a thàinig e fhèin à Boighreigh a Chàirinis, goirid às dèidh dhi fhèin tighinn a-nall, dh'fhàg ise Aonghas agus thòisich i a' falbh le Seòras agus phòs iad 's gun Catriona ach òg. Nuair a bha a' chiad pàiste gu bhith aca còmhla, thill Catriona a Bhoighreigh, 's e na seann chleachdadh do na mnàthan tilleadh dhachaigh airson cuideachadh fhaighinn leis a' chiad pàiste aca (MN 21-06-2011). Feumaidh gun ann an uair sin a rinn Aonghas an t-òran.

¹⁰³ Tha leagaidhean a bharrachd dhen òran seo aig Seonaidh MacIllEathain air (SA1968.67), ach a rèir Peigi, tha e air na rannan a thogail ceàrr.

¹⁰⁴ (29)

'S ann à Allt Beithe a bha Seòras bho thùs, 's a theaghlach cianail beairteach. Chaidh e tro fhoghlam ann an Colaiste Fettes an Dùn Èideann far an do choinnich e ri balach a bha gus a bhith na Uachdaran an Uibhist a Tuath goirid às a dhèidh. 'S ann ri linn seo a thàinig Seòras a dh'Uibhist nuair a fhuair an Uachdaran obair dha na mhaighistirsgoile ann an Sgoil Bhoighreigh. Thàinig e an uair sin a-nall a Chàirinis nuair a chaidh taigh-seinnse Chàirinis suas air mall, agus ghabh e fhèin seachad e (MN 21-06-2011).¹⁰⁵

1.am muilear: Calum Dòmhnallach aig an robh muileann Dhubhasairigh (MFN 14-02-2011).

3. uileag = uile.

4. Alasdair Bàn: Dòmhnallach à Boighreigh (MFN 14-02-2011).

7. Boighreigh = Eilean Bhoraraigh (Faic PT.4).

8. sèithse: Facail eile airson beinge (PNT 15-02-2011).

9. faoilidh: fialaidh 's còir.

10. stàthach: math air obair (MFN 14-02-2011).

12: Ri cuimhne Peigi, bhitheadh a màthair, Mòrag Anna, ga sheinn '*S rim bheò cha tèid mi às àicheadh*', ach feumaidh gun e leagadh mearachdach a tha seo thoradh 's nach eil e a' cumail ri pàtran a' chomhardaidh (PNT 15-02-2011).

15. solair: lorg.

16. feàirdinn = fàirdean (PNT 15-02-2011).

(b) Tha Peigi na Càrnaich dhen bheachd gu bheil Aonghas a' bruidhinn mu dheidhinn litrichean a chuir Seòras gu piuthar a' mhuilleir an seo, ged nach urrainnear a bhith cinnteach (PNT 15-02-2011).

Seamh: a' ciallachadh nach robh Aonghas cho foghlamaichte ri Seòras agus mar sin cha b' urrainn dha deaghad a dhèanamh air neo strì ris san dòigh seo idir (PNT 15-02-2011).

¹⁰⁵ (56)

Teacsa 5 - Ò 's ann tha strann an ceann nan gillean.

Sèist: Ò 's ann tha strann an ceann nan gillean
 A' falbh h-uile h-oidhch' a gheamhraidh nigheanan
 Ruairidh 's MacLeòid 's 'ad deònach nan dithis,
 Bhith an-còmhnaidh an taigh Peigi Chaimbeul.¹⁰⁶ 4

Dòmhnall MacGitheagain, gillean na Càrnaich,
 Seirbheiseach eile bh' aig Eòin 's a nàbach,
 Cha chaidil iad oidhch' a' cur air teintean a smàl air,
 'S cha ghabh 'ad son tàmh ach a' bheinge. 8

Sèist.

'N àm èirigh sa mhadainn chan urrainn mi gluasad,
 Briogais 's drathais ri teine gam bruthainneadh.
 Brògan gan càradh 's na sàilean air fuasgladh
 Aig starsaichean cruaidh Peigi Chaimbeul. 12

Sèist.

An àm ri tighinn dhachaigh bidh feuchainn air luaths ann,
 Dòmhnall cho smearail 's bidh 'n deireadh air Ruairidh,
 Cha seall 'ad a dh'àite ach stràichd air shuaimse,
 'S na bhios 'on chruachan bidh steall às. 16

Sèist.

Dòmhnall na shìneadh an aodann na cruacheadh,
 Ruairidh cho dàna 's gun tàr e dhan bhuapal,
 Caoran na phòcaid 's ga sheòladh air shuaimse
 'S e an dòchas gum buail e air Mairead. 20

Sèist.

¹⁰⁶ (40)

'S fhurast' an aithneachadh tha 'ad cho suaicheant',
 Dh'aithnich am Barrach air Ailein na cluaiseadh,
 Gur ann ri *Wallace* as coltaiche Ruairidh,
 Nam biodh e cho cruaidh ris mar shaighdeir.

24

Sèist.

Ma thèid mi a dh'aithris far bi iad a' sùgradh,
 Bidh 'ad a' tàthaich air taighean Chorùna,¹⁰⁷
 Tha mi am barail mar mealladh nam dhùil mi,
 Gun toir 'ad droch cliù às ò Chaingis.

28

Sèist.

¹⁰⁷ (54)

Tùs: SA1966.86.

Seinneadair: Ùisdean MacMhathain.

Facail/fonn an òrain: A rèir Ceitidh na Càrnaich tha fonn car coltach air òran leis an ainm ‘Mnathan a’ Bhaile Seo’ (CNN 15-02-2011).

Cuspair: Àbhachdas

Àm is adhbhar: Feumaidh gun do rinn Aonghas an t-òran seo nuair a bha e gu math òg, air sgàth nan daoine a th’ air an ainmeachadh ann. Tha e mu dheidhinn nan gillean òga mun cuairt air ’s iad a’ dol a shuirghe (SA1966.86).

2. gheamhraidh: thathar dhen bheachd gun e facal coltach ri ‘geamhraidh’, ach a bha a’ ciallachadh suirghe, a bh’ ann bho thùs agus gun deach a thogail ceàrr tro bheul-aithris (MFN 14-02-2011).

3. Ruairidh: Ruairidh mac Nèill, (Dòmhnallach), athair Calum Ruairidh (MFN 14-02-2011).¹⁰⁸

3. MacLeòid: Aonghas Ruadh MacLeòid, a phòs piuthar do Ruairidh mac Nèill. Bha e a’ fuireach faisg air taigh Chaluim Ruairidh (AD 15-02-2011).

3. ’ad = iad.

4. Peigi Chaimbeul: Màthair Chaluim Ruairidh; cha b’ e an taigh aicese a bhitheadh ann ach taigh a h-athair (MFN 14-02-2011).¹⁰⁹

5. Dòmhnall MacGithagain: (MacKeegan) Bha e a’ fuireach shìos an Iolaraigh (AD 15-02-2011).¹¹⁰

5. Gilleann na Càrnaich: Bràithrean Aonghais fhèin.¹¹¹

6. Eòin ’s a nàbach: Bràthair a’ bhàird a bha a’ fuireach suas bhuaidhe, agus a’ bhàrd fhèin (MFN 14-02-2011).

7. teintean a smàl: a’ smàladh an teine airson ’s gum bitheadh e fhathast beò sa mhadainn (MFN 14-02-2011).

10. bruthainneadh: blàthachadh.

14. Dòmhnall: Faic nota 5 gu h-àrd.

¹⁰⁸ Faic t.d 46.

¹⁰⁹ (40)

¹¹⁰ (23)

¹¹¹ Faic PT.7

14. smearail: smiorail.

14. Ruairidh: Faic nota 3 gu h-àrd.

15. stràichd air shuaimse: a' coiseachd a dh'àite sam bith a' bhuaileadh nan ceann (MFN 14-02-2011).

16: Le bhith a' coiseachd nan ùtraidean neo a' grunnachadh na fadhlach bhitheadh an casan fliuch (MFN 14-02-2011).

17: Bha Dòmhnall na fhalach air cùl cruach mhòine.

18. bhuapal: stalaichean far am bitheadh an crodh air an cumail.

20. Mairead: Mairead nighean Ailein.

22. am Barrach: Uilleam Mac an Tòisich. Bhitheadh Uilleam timcheall air aois Aonghais fhèin agus 's e bàrd a bh' ann cuideachd (MFN 14-02-2011). A rèir leabhar a chaidh fhoillseachadh air eachdraidh Ghrèinetobht, chaidh am Barrach a-null a Bharraigh às a sin, ach le fiosrachadh Alasdair Dhòmhnallaich cha robh e an sin ach greiseag bheag, mus tàinig e dhan Bhaile Shear a dh'fhuireach, 's iad a' toirt am Barrach air ri linn seo (Comataidh Coimhearsnachd Baile Ghrèinetobht 2004, 54; AD 15-02-2011). Bha e sa Bhaile Shear airson cuid dhe bheatha, gus an do dh'fhàg e ann an 1899, nuair a bhristeadh suas Grèinetobht agus a fhuair e croit ann (UM 1970).¹¹²

22. Ailein na cluaiseadh: Chan eil fios cò a bha seo (MFN 14-02-2011).

23. Wallace: Uilleam Uallas.

28. Chaingis: Ainm a bh' aca airson an 28mh latha den Chèitein (MFN 14-02-2011).¹¹³

¹¹² Faic PT.4; Faic Comataidh Coimhearsnachd Baile Ghrèinetobht (2004, 125-129) airson na chaidh fhoillseachadh de dh'òrain a' Bharraich.

¹¹³ Tha am barrachd fiosrachadh mun latha seo ri fhaighinn ann an Black (2005, 555-556).

Teacsa 6 - Duan a' mhùgaid.

Sèist: Ì a ri hù dhomh mo ghùn tomaidh

Ì a ri hù dhomh mo ghùn tomaidh

Ì a ri hù dhomh mo ghùn tomaidh

'S mura tachd a' mhùgaid mi tha mi coma.

4

Ma thèid mi throm stòiridh gun dol mearachd

Chaidh mi thaigh Sheòrais¹¹⁴ a leigeil m' anail

Chuir iad ann a còrnair mi 'n oir an teine

'S bhon thug mi mo bheò às cha bhi mi gearan.

8

Sèist.

Thàinig Màiri Stiùbhairt a-staigh le ballan

'S chuir i snàth na drògaid ann gus a ghlanadh

Mhuthaich mi lem shròin gu robh i sileadh fala,

'S bha mi dol a neòil nuair a gheàrr e m' anail.

12

Sèist.

Bha mise ga *cùpadh* 's bu bheag an t-annas,

Gun dùin' thigh'nn dlùth dhomh ri leiginn m' aire,

'S nan innsinn a diùrrais gun robh mi barail

Gur i Màiri Stiùbhairt a mhùin sa bhallan.

16

Sèist.

¹¹⁴ (50)

Tùs: PNT 15-02-2011.

Seinneadair: 'S ann eadar cuimhne oghaichean Aonghas, Peigi na Càrnaich agus a bràthair Aonghas, a fhuaradh an t-òran seo 's e air aithris gu slàn le Peigi (PNT 15-02-2011). Ach, air sgàth 's nach e seinneadairean a th' anna, dh'ionnsaichear am fonn bho Aonghas agus chaidh a chlàradh leis an neach-rannsachaidh fhèin ga ghabhail.

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Bha Aonghas air a bhith am Pàirce Sheòrais a' cruinneachadh a' chruidh, 's nuair a chrom iad sìos chun na tràghad aig drochaid a' Chlachan chaidh e a thaigh Sheòrais a leigeil anail.¹¹⁵ Nuair a chaidh e a-staigh bha na boireannaich a' deisealachadh airson snàth na drògaid a chur ann am ballan làn mùn airson a ghlanadh. Thug iad air Aonghas suidhe sa chòrnair ri oir an teine, ach bha a' bhallan làn mùn dìreach ri thaobh. Leis cho blàth 's a bha e ri taobh an teine, 's cho dona 's a bha an t-fhàileadh a' fàs, theab Aonghas a dhol a neòil. Rinn e suas an duanag èibhinn seo mun droch shuidheachadh anns an robh e airson fealla-dhà agus spòrs. Nuair a fhuair Màiri Stiùbhairt a-mach mu dheidhinn theab i a spadadh (PNT 15-02-2011).

4. mùgaid: facail modhail airson mùn duine, bhitheadh 'maistir' aca air cuideachd (PNT 15-02-2011).

6. Sheòrais: Chan eil cuimhne aig duine an-diugh cò bh' ann an Seòras, ach tha an t-ainm 'pàirce Sheòrais' fhathast aithnichte am measg an t-sluaigh.

9. Màiri Stiùbhairt: bha i a' fuireach faisg air a' Chàrnaich (MFN 14-02-2011).¹¹⁶

9. ballan: barailte beag fiodh. Bhiodh iad a' cumail a' mhùgaid ann (CNN 15-02-2011).

10. drògaid: 's e measgachadh de chlàimh agus anart a bh' ann an snàth drògaid agus bhitheadh iad ga fhisge neo ga chur air beairt-fhisge (PNT 15-02-2011).

11. Mhùthaich: Shaoilte gun e 'mhothaich' a bu chòir a bhith an seo ach a rèir Peigi na Càrnaich chan e. Dh'innis a màthair dhi gun robh e a' ciallachadh gun do shuath e a shròin le làimh (PNT 15-02-2011).

13. cùpadh: Bhon a' Bheurla, a' ciallachadh gun robh làmh timcheall a shròin leis cho dona 's a bha an t-fhàileadh agus cuideachd air sgàth 's gun robh i a' sìleadh fala.

15. diùrrais: sgeul-rùin, rud dìomhair (PNT 15-02-2011).

¹¹⁵ (50)

¹¹⁶ (41)

Teacsa 7 - Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.

Sèist: Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd 'S ann leam fhìn as bòidheche, thig an còta dearg dhaibh Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.	3
Latha dhomh 's mi 'g àiteach, 's mi treabhadh sa Chàrnaich, Chunnaic mi air fàire, fear is deàrrsadh dearg às Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.	6
Thàinig leis a' phacaid, sàirdeant agus caiptean, Lem briogaisean tartan fo seacaidean dearga Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.	9
Chaidh iad thron an dùthaich a thaghadh na fiùrain, Bidh sinn trom gan ionndrainn 'n àm a' bhrùchd ga fheamnadh, Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.	12
Dh'fhàg cuid ac' am pàistean, 's na mnathan ga rànaich, Gun duine nì an t-àiteach 's na fàrdaichean cearbach, Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.	15
Nuair dhìreas iad am bearradh, Leòdhasaich is Hearaich Uibhistich is Barraich, 's maraichean nan garbh chrìoch Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd	18
Muilich agus Ìlich, Sàlaich is Cinn-tìrich Chuir na ruaig gu dìleas mìle fear na marachain, Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.	21
'S ann leam bu bhrèagha an sealladh, na fir òg air bearradh Len cuid cloidhntean geala mar na spealan arbhair Dh'fhalbh na gillean grinn fon cuid armachd.	24

'S ma gheibh sibh mo dhùrachd, tillidh sibh d' ar dùthaich

'S glèidhidh sibh an cliù, a bha bho thùs aig Alba.

26

Sèist.

Tùs: UM 1963.

Seinneadair: Ùisdean MacMhathain.¹¹⁷

Facail/fonn an òrain: Chaidh òran glè choltach ris a dhèanamh le Dòmhnall Ruadh Chorùna cuideachd faisg air an aon àm, agus anns *The MacDonald Collections of Gaelic Poetry* (1911), fon tiotal *Le Bean Lusgintir, 's na Hearradh* tha òran aig a bheil an aon sèist cha mhòr 's e cuideachd mu dheidhinn gillean òg a falbh gu cogadh (MacAmhlaidh 1995, 36-38; Macdonald & Macdonald 1911, 180).

Cuspair: Cogadh/Moladh.

Àm is adhbhar: Rinn Aonghas an t-òran seo 's e na bhodach, nuair a bha gillean a' Bhaile Shear, agus na h-eileanan air fad, air an togail an àm a' Chiad Chogaidh (RnG 1995).

7-8: Èideadh an t-sàirdeant agus a' Chaiptean a thàinig a thogail nan gillean òga dhan chogadh (MFN 14-02-2011).

10. fiùrain: gaisgich.

11. a' bhrùchd ga fheamnadh: a' gluasad feamainn bhon chladach/ga chleachdadh na thodhar. Às dèidh stoirm, thigeadh an t-uabhas feamainn air tìr agus leis gun robh e cho math dhan talamh, rachte sìos le each is cairt 's bheirte deannan dhachaigh. Chuirte e an uair sin ann tòir dubh, toll mòr san talamh, agus dh'fhagte e an sin airson a' gheamhraidh, airson 's gun grodadh e. Bhitheadh e deiseil an uair sin airson a chur air bàrr a bhithe a' cur as t-earrach (PNT 15-02-2011).

17. nan garbh chrìoch: facal eile airson Gàidhealtachd na h-Alba (MacAonghais, 11-06-2011).

19. Sàlaich: muinntir Cinn t-Sàile.

23. cloidhntean: Thathar dhen bheachd gun e 'cloidhean' a tha seo agus gun e feart dualchainnt a tha fàgail 'n ' agus 't' air fhuaimneachadh na mheasg (MFN 14-02-2011).

¹¹⁷ Tha leagadh dhen òran seo air an seinn le Seonaidh MacIllEathain air (SA1968.67).

3.2.4 Ruairidh MacAoidh, Bàrd Iolaraigh

(1872 – 1949).



Dealbh B: Ruairidh MacAoidh agus Mòrag, nighean a bhràthair Ailig, an Iolaraigh ann an 1938
(Dealbh bho T. Anderson).

Thathar uabhasach fortanach gun deach cruinneachadh de dh'òrain agus dàin Ruairidh fhoillseachadh fo dheasachadh Eachann MhicDhùghaill ann an 1938 (MacDhùghaill 1938, ii-iii). Chan eil ach fìor bheagan de dh'eachdraidh Ruairidh air innse sa chruinneachadh aig MacDhùghaill ge-tà, 's a bharrachd air an sin, cha deach an dà òran a b' ainmeile aige fhoillseachadh ann na bu mhotha, 's mar sin, tha am fiosrachadh seo agus an dà òran air an

gabhail a-steach sa chruinneachadh seo cuideachd gus bàrdachd agus bàird an eilein a' riochdachadh cho fìrinneach 's a ghabhas.¹¹⁸

B' ann ann an Gearraidh Choc an Torrain ann am Paibeil an Uibhist a Tuath¹¹⁹ a rugadh Ruairidh ann an taigh an teaghlach, agus b' e am pàiste a bu shine a-mach à sianar chloinne aig Alasdair mac Ruairidh mhic Eachainn, (an Saighdear Ruadh), agus a' bhean Anna nic Iain mhic Nèill (NicAmhlaigh) (MNA 05-05-2011; Black 1999, 724). A rèir nighean bràthar Ruairidh, Mòrag NicAoidh Anderson, ghluais an teaghlach dhan Cheann Àrd an Cladach Iolaraigh nuair a bha Ruairidh na dhuine òg (MNA 05-05-2011).¹²⁰ Ann an 1898 ghluais iad gu Eilean Bhoragaigh air mòr-fhearann Iolaraigh, 's bha iad an sin gus an do rinn iad còmhnaidh ceart shìos an Iolaraigh ann an 1904 (Black 1999, 724; MNA 05-05-2011).¹²¹

Mar a dh'innis Eachainn MacDhùghaill, bha Ruairidh trì bliadhna deug nuair a thòisich e air òrain (MacDhùghaill 1938, Roimh-ràdh). Bha gibht na bàrdachd a' ruith na theaghlach 's e aig athair agus piuthar athar, Anna, agus aig Ailig, bràthair Ruairidh cuideachd, ged nach eil ròs air bàrdachd an triùir seo an-diugh (Black 1999, 724; UM 22-11-1999). Cha robh guth seinn aig Ruairidh mar a bh' aig Ailig, ach mhair a chuid bhàrdachd air sgàth 's gun robh e gan sgrìobhadh sìos cho luath 's a dhèanadh e iad suas na cheann, agus e gan sgaoileadh tro bheul-aithris gu seinneadairean an eilein mar Ùisdean Sheumais MacMhathain, 's iad mar sin air an cumail beò aig cèilidhean an eilein (UM 22-11-1999; MFN 29-11-2010).

B' e Ruairidh am prìomh bhàrd sa Bhaile Shear san 20mh linn, 's ged a bha e air tòiseachadh air òrain fhada mus tàinig e a dh'Iolaraigh, sgaoil e na bh' aige agus rinn e feadhainn ùr airson muinntir an eilein, 's fhuair e cliù air a shon 's iad a' toirt an fhar-ainm 'Bàrd Iolaraigh' air (MFN 29-11-2010). Bha e follaiseach riamh gun robh Ruairidh coma ach a bhith a' sgrìobhadh agus ri bàrdachd, thoradh, ged a bha e dona le sac, dhèanadh e a dhìcheall 's leisgeul sam bith gus faighinn à obair a' chroit, 's dh'fhàg seo muinntir a' Bhaile Shear dhen bheachd gun robh e leisg agus gum bu chòir dha a bhith ag obair mar iad fhèin (MFN 29-11-2010; MNA 05-05-2011). A dh'aindeoin sin ge-tà, bha e ag obair greis aig a' Cheilp an Loch Euphort¹²² agus bha e cuideachd treis ri obair aotrom sna Cameron Highlanders sa chiad chogadh (MacDonald 1999, 2; DD 23-11-1999). Nuair a bhàsaich athair ann an 1926, ghabh Ruairidh os làimh obair athair na chlàireach do bhàillidh oighreachd Uibhist a Tuath, 's e a' dol timcheall an eilein agus tìr-mòr Uibhist a

¹¹⁸ Chaidh ceithir òrain neo-fhoillsichte eile leis a chruinneachadh, ach air sgàth cunntas-facail an tràchdais cha tèid ach an ainmeachadh le eachdraidh a' bhàird.

¹¹⁹ Faic PT.4

¹²⁰ (30)

¹²¹ Faic PT.4; (28)

¹²² Faic PT.4

Tuath a' cruinneachadh a' mhàil dha agus a' cur eòlas air muinntir an eilein agus diofar sgìrean, 's iad an uair sin tric a' nochdadh na bhàrdachd mholaidh (DD 23-11-1999; Black 1999, 724). Ged a b' e duine èibhinn agus deiseil a bh' ann, b' e òrain molaidd agus gaol do nigheanan as cumanta dha, 's a h-uile tè riamh mas fhìor na leannan aige, ged nach do phòs e riamh (UM 22-11-1999; MFN 29-11-2010).¹²³

Bha taobh eile air Ruairidh ge-tà; ged nach cuala duine riamh fianais dheth sa chèilidh, bha e cuideachd ri aoirean agus òrain droch chàineadh air cuid de mhuinntir an eilein (MFN 29-11-2010). Am measg clàran Sgoil Eòlais na h-Alba lorgadh aoir a rinn e air a' bhàrd Aonghas na Càrnaich, 's iad a rèir coltais air tuiteam a-mach air a chèile (SA1969.91). Dhearbh Raghnaill Mac a' Phiocair nach robh càirdeas uabhasach dlùth eadar an dithis riamh, ach bha iad le chèile a' faighinn air adhart le gach bàird eile dhen eilean (RM 04-06-2011).

¹²³Rinn Ruairidh trì òrain gaoil eile do bhoireannaich, nach eil a' nochdadh sa chruinneachadh, 's b' iad sin; a) 'Thoir mo Shoiridh Chaol Loch Aills' - airson nighean a choinnich e sa Chaol turas, 's i air faighneachd dha òran a dhèanamh dhi (air SA1969.96); b) 'Faodaidh càch bhith bruidhinn air a h-uile tè' - òran gaoil airson Màiri Anna Raghnaill 'ic Alasdair Òig a bha a' fuireach an Croismoraig (air SA1969.110); agus c) 'A Mhairead òg is bòidhche fiamh' - òran gaoil airson Magaidh Lachlainn à Càirinis a b' àbhaist a bhith na tidsear sa Bhaile Shear, (air SA1968.217).

Teacsa 8 - Ionndrainn Phaibeil.

Sèist: Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh
Thèid mi sgrìob do Phaibeil¹²⁴ ged is fhada bhuam e
Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh. 3

Saoil nach mi bha brònach, air feasgar a' bhòn-raoir
'S mi faicinn tìr m' òige, fon chòmhdach bu dual dhi
Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh. 6

Chì mi mar a b' àbhaist, Sanndaraidh 's Creag Hàsdain¹²⁵
Len cuid leòidean àlainn, bhitheadh na bàird a' luaidh orr'
Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh. 9

Tobhtag a Mineadh, b' anns leam bhith ga dhireadh
B' aotrom gheàrrainn sìnteag, nuair a dhirinn suas e
Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh. 12

Fearann torach tarbhach, eadar sliabh is fairge
Machraichean fo sheamraig, is garbhlaichean fo luachair
Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh. 15

Tìr nam mnathan bàidheil, bheireadh biadh don ànrach
Sna fir chòire làidir, a thug gràin don tuasaid
Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh. 18

Tìr nan òighean banail, aig gach luadh is banais
Cha bhiodh aon dhiubh falu, gun leannan ri gualain 20

Sèist.

¹²⁴ Faic PT.4

¹²⁵ Faic PT.4

Tùs: SA1966.86.

Seinneadair: Ùisdean MacMhathain. Dh'ionnsaich Ùisdean an t-òran seo bhon bhàrd fhèin agus b' e an aon duine a bha riamh ga sheinn na linn (CN 08-04-2011).

Cuspair: Cìanalas / Moladh Àite.

Àm is adhbhar: Rinn Ruairidh suas an t-òran seo goirid às dèidh dha theaghlach gluasad bho Phaibeil 's e na dhuine òg, 's e ag ionndrainn an t-seann dachaigh aige. Chan eil fios an ann nuair a ghluais e a dh'Iolaraigh a rinn e an t-òran seo neo an robh e air A' Cheann Àrd neo air Eilean Bhoragaigh nuair a rinn e e, oir chìthear sealladh math den t-seann dachaigh aige bho na trì àitichean. Tron chianalas a bh' air, tha e a' moladh diofar àitichean ann am Paibeil san òran (MFN 14-02-2011).

5: faicinn nan seann taighean dìreach mar a bha iad nuair a dh'fhàg e (MFN 14-02-2011).

7. mar a b' àbhaist: 's e '*mar a b' àill leam*' a theagasg Ùisdean dhan neach-rannsachaidh fhèin nuair a bha i òg.

8. leòidean: bruthaichean / taobhan nam beanntan (MFN 14-02-2011).

11. sìnteag: leum bheag le toileachas (MFN 14-02-2011).

14. garbhlaichean fo luachair: fearann creagach gun cus fear, faisg air a' chladach (MFN 14-02-2011).

16. ànrach: coigreach (MFN 14-02-2011).

17. tuasaid: sabaid, aimhreit (MFN 14-02-2011).

20. falu = falaamh.

Teacsa 9 - Òran Ciorstaidh Ruadh.

Sèist: Bithibh sunndach seo an t-àm
 Òran ùr 's togu fonn
 Cridheil, òrdail, ceòl 's danns'
 Aig Bliadhn' Ùir 's aig àm na Callaig
 Bithibh sunndach seo an t-àm.

5

Innte fèin a nighean chòir,
 Leannan gaoil nan gilleann òga,
 'S ioma' fear tha oirr' an tòir
 Eadar Àrd a Ròin 's na Ceallan.¹²⁶
 Bithibh sunndach seo an t-àm.

10

Fhuair i an cuideachadh a b' fheàrr,
 Bho chlann-nighean òg an àite,
 Magaidh Flòraidh Dhòmhnaill Bhàin,
 Ann am pàirt nighean Chaluim.
 Bithibh sunndach seo an t-àm.

15

Cuailean dualach dàthte dlùth
 'S e air dhath an òir go chùl
 Ceangailt' ann an glasan dùinte
 Deàrrsadh na do shùil 's gad dhalladh.
 Bithibh sunndach seo an t-àm.

20

Do throigh chumte dlùth am bròig
 B' fheàrr gu danns' air ùrlar bhòrd,
 'S nuair bhiodh a' chruit-chiùil air dòigh,
 A' cur òigridh òg nan teannaibh.
 Bithibh sunndach seo an t-àm.

25

Air a' chroit a bha thu riamh,
 Air a' spaid ro mhath do ghnìomh

¹²⁶ Faic PT.4

Chruaicheadh tu mhòine air an t-sliabh
'S dhèanadh tu cliathadh tro gearrain.
Bithibh sunndach seo an t-àm.

30

Beannachd leat a nighean chòir,
Gu math fada bhios tu beò,
'S tu cumail an taighe air dòigh,
'S a' riaghladh clann òg a' Bhaile.
Sèist.

35

Tùs: MFN 29-11-2010.

Seinneadair: B' aithne dhan a h-uile duine air an eilein an t-òran seo, thoradh 's gum bithte uile ga sheinn air oidhche na Bliadhn' Ùire. 'S ann airson na Bliadhn' Ùire a rinn Ruairidh e, 's Ciorstaidh riamh aig cridhe an ama sin dhen bhliadhna (MFN 14-02-2011). 'S ann bho chuimhne Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill a fhuaradh facail agus fonn an òrain seo, 's e air a sheinn leis an rannsaiche fhèin (MFN 14-02-2011).

Cuspair: Moladh/ Òran Bliadhn' Ùir.

Àm is adhbhar: Chaidh an t-òran seo a dhèanamh timcheall air 1948, às dèidh do Chiorstaidh Ruadh fhèin faighneachd do Ruairidh òran a dhèanamh dhi. A rèir Magaidh Flòraidh, bha Ciorstaidh mu 55 neo 56 mun àm seo (MFN 14-02-2011).

Tìotal: Ciorstaidh Ruadh: Rugadh Ciorstaidh timcheall air deireadh an 19mh linn agus b' e fìor bhoireannach eirmseach a bh' innte ri eòlas Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill. Bha i a' fuireach leatha fhèin ann an taigh an teaghlaich, 's mar sin dh'fheumadh i fhèin obair an taighe agus a' chroit a dhèanamh, 's i tric am measg nam fear ag àiteach talamh agus ag obair a cheart cho cruaidh riutha.¹²⁷ Bha Ciorstaidh cuideachd ainmeil airson na h-oidhirp a dhèanadh i le taigh fosgailte, 's a dachaigh aithnichte na taigh-cèilidh an eilein, cha b' ann a-mhàin aig a' Bhliadhn' Ùir ach tron bhliadhna air fad. Chuireadh stad air spòrs nan cèilidhean aice ge-tà nuair a ghluais a piuthar as sine, Bellac, dhachaigh ann am meadhan nan 1950an, 's i gu tur an aghaidh cèilidhean a bhith san taigh. Bhàsaich Ciorstaidh fhèin ann an 1958 (MFN 14-02-2011).

2. togu = togaibh.

4. Callaig: an t-seann Bhliadhn' Ùir, an 12mh latha den Fhaoilleach (MFN 14-02-2011).

3-4: B' ann an taigh Ciorstaidh Ruadh a bhitheadh partaidh mhòr gach oidhche na Bliadhn' Ùire.

7-8: Mas fhìor gun robh an leithid de leannain aig Ciorstaidh, 's gun robh an leithid a' falbh leatha (MFN 14-02-2011).

11-12: Bhitheadh clann-nighean an eilein an-còmhnaidh a' cuideachadh Ciorstaidh a' dèanamh biadh agus tì airson a' phàrtaidh mhòir. Bhitheadh iad a' toirt bèicearachd leotha dhan taigh, 's bhitheadh a h-uile duine riamh a' cur leth-chrùn ann an soitheach airson

¹²⁷ (17)

Ciorstaidh aig na cèilidhean, airson an cosgais a bha romhpa a' dèanamh tì dhan a h-uile duine (MFN 29-11-2010).

13: Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, an tè-bratha.

14. nighean Chalum: Catrìona nighean Calum Ghilleasbuig Nèill, bean Eàirdsidh Bheisdein (MFN 29-11-2010).

16-17: A' moladh falt Chiorstaidh, b' e falt bàn-ruadh a bh' oirre 's dath an òir air (MFN 29-11-2010).

17. gò = gu.

18: Bhitheadh *clips* mhòr aig Ciorstaidh na falt airson a chumail ceangailte (MFN 29-11-2010).

21. throigh: ceann na coise (MFN 29-11-2010).

22. ùrlar bhòrd: ùrlar fiodh (MFN 29-11-2010).

23. a' chruit-chiùil: a' *mhelodian* (MFN 14-02-2011).

24: Cho luath 's a thòisicheadh an ceòl, chuireadh Ciorstaidh an òigridh air an casan agus thòisicheadh air dannsa (MFN 14-02-2011).

26-29: Bha Ciorstaidh Ruadh riamh a' dèanamh obair an fhearainn i fhèin 's gun duine eile na teaghlach airson a dhèanamh. Bhitheadh i a' cartach na bàthach leis a' spaid (MFN 14-02-2011).

28. t-sliabh: raon, mòinteach. 'S ann aig Beinn Langais a bhitheadh iad a' buain na mònadh (SA2001.134).¹²⁸

29: Dhùineadh Ciorstaidh na sreathan às dèidh an treabhaidh airson an t-sìol a chumail san talamh agus a dhèanamh còmhnaidh a-rithist (MFN 14-02-2011).

34: Bha Ciorstaidh a' toirt biadh agus àite airson coinneachadh agus dannsa do dh'òigridh an eilein tro na cèilidhean aice (MFN 14-02-2011).

¹²⁸ Faic PT.4.

3.2.5 Aonghas Ghilleasbuig Dhonnchaidh, Aonghas Iain Robasdan

(c.1875 – c.1945/6).

Rugadh agus thogadh Aonghas ann an taigh an teaghlaich sa Bhaile Shear¹²⁹ agus b' e mac Ghilleasbuig 'ic Dhonnchaidh 'ic Alasdair, agus a bhean Mòr, nighean Eòin Bhàin MacCoinnich, a bha a' fuireach an ath-dhorais dhaibh (RM 04-06-2011; MacAulay 05-05-2011). Chan eil fios cò bhuidhe a thug Aonghas gibht na bàrdachd. Nuair a bha e òg, bhàsaich athair, 's ghluais bràthair màthar Aonghas, Gilleasbuig, dhan taigh còmhla riutha, 's bha e an sin le Aonghas gu deireadh a bheatha (RM 04-06-2011). 'S ann bho Ghilleasbuig a thàinig eirmseachd Aonghas; tàlant eile a bha ga fhàgail aithnichte am measg muinntir an eilein, 's e air fhisge a-steach na bhàrdachd cuideachd (MFN 29-11-2010).

'S ann an Sgoil a' Bhaile Shear a fhuair Aonghas foghlam aig deireadh an 19mh linn, 's mar sin shaoileamaid nach bitheadh comas aige air a bhàrdachd a sgrìobhadh thoradh 's nach bitheadh Gàidhlig ga theagasg ann, ach bha guth seinn aige (RM 04-06-2011). Ged a bha e cus na bu thapaiddh san sgoil na pàiste eile, cha robh cùisean an-còmhnaidh furasta dha. Aon latha san sgoil bha iad a-muigh a gearradh leumannan, 's chuir esan fear seachad air chàich 's bhuail a shàil air clach nach robh ri fhaicinn. Cha d' fhuair e leighis ceart agus mar sin dh'fhàgadh cuagach e, 's dh'fheumadh e bataichean airson a chuideachadh a' coiseachd (RD 1963; RM 04-06-2011).

Ach a dh'aindeoin sin, cha do chuir seo stad air Aonghas astar a choisèachd gu cèilidhean, mar a chìthear bho Òran 10 agus 11/12, neo beagan obair a dhèanamh do Ghilleasbuig air a' chroit, agus cha bu mhotha na sin a chiall e gibht na bàrdachd (SA1969.110; MFN 29-11-2010). Ged nach eil fios cuin dìreach a thòisich Aonghas air òrain feumaidh, bho cho-theacsa Òran 10, gun robh e air tòiseachadh orra 's e na bhalach. Gu mì-fhortanach cha do phòs Aonghas 's mar sin cha robh teaghlach aige dha sgaoileadh e a bhàrdachd (RM 04-06-2011). A bharrachd air an seo, dh'innis seann nàbaidh dha, Ragnall Mac a' Phiocair, gun e duine modhail a bh' ann nach robh mòr às fhèin air chor sam bith, 's cha bu mhotha na sin a bhitheadh e ag èigheach a chuid òrain timcheall an eilein, bhitheadh e gan gabhail aig cèilidhean gus an sgaoileadh gu na balaich òga ceart gu leòr, ach chum e tòrr dhiubh aige fhèin cuideachd (RM 04-06-2011). Bhitheadh muinntir an eilein cuideachd ag ràdh gun e Aonghas Ghilleasbuig Dhonnchaidh a thòisich cus de dh'òrain a dheagh chàraid, Ruairidh MhacAoidh, 's e fhèin a' cur crìoch orra. Ach mar a

¹²⁹ (38)

dh'innis Calum Ruairidh,¹³⁰ chaidh cuid a dh'òrain slàn aig Aonghas, an leithid *Òran an Aithreachais*, fhoillseachadh ann an leabhar Ruairidh cuideachd, fon chreideas gun e Ruairidh fhèin a rinn iad (UM 22-11-1999; SA1969.110).¹³¹

¹³⁰ Faic t.d 45.

¹³¹ Airson facail an òrain faic MacDhùghaill (1938, 67-69).

Teacsa 10 - Duan Callaig.

'S e nochd 'n oidhche mu dheireadh dhan bhliadhna,

'S bha i riamh na h-Oidhche Challaig.

Smaointich mi on bha gaoth an Iar ann,

Gun dèidhinn sìos a thaigh a' Bharraich,¹³²

4

Feuch bho sheotal de bhòstain,

'S tha rud beag dhòmhs' ann am falach,

Dhe do chinnidh Mac an Tòisich

'S nì e crònan dol dhan ghlainidh.

8

¹³² (6)

Tùs: SA1969.110.

Seinneadair: Calum Ruairidh ic Nèill.¹³³ Chan eil aige an seo ach aon cheathramh dhan duan thùsail (SA1969.110).

Cuspair: A' Bhliadhn' Ùir/ Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Rinn Aonghas an duan seo 's e a' dol air Challaig turas a thaigh a' Bharraich, 's e airson deagh fhortan a thoirt dha sa Bhliadhn' Ùir (RD 1963).¹³⁴ Leis gu bheil am Barrach air ainmeachadh ann, 's gun e sa Bhaile Shear gu 1899, tha seo na dhearbhadh nach robh Aonghas Iain ach òg nuair a rinn e an Duain Callaig. Bha Aonghas an dòchas gun togadh na gillea a b' òige na e fhèin, a bha a' falbh air Challaig, an duanag seo bhuaidhe airson aithris sna taighean air feadh an eilein (SA1969.110).

3: Bha a ghaoth fàbharach dha airson coiseachd ann 's e cuagach (RD 1963).

4. deidhinn = tèidinn.

4. Am Barrach: faic Òran 5 nota loidhne 22.

5. Sheotal de bhòstain: bogsa beag an ceann ciste airson an airgead is eile a chumail (MFN 14-02-2011).

7. Mac an Tòisich: 's e seo a chanadh iad ris an uisge bheatha (SA1969.110).

8. Crònna: fuaim uabhasach ìosal. Leis cho beag 's a bha aca dhan uisge beatha cha robh mòran a' dol dhan ghloine (MFN 14-02-2011).

8. glainidh = 'gloine'.

¹³³ Faic t.d 45.

¹³⁴ Faic t.d 34.

Teacsa 11/12 - 'S ann a-raoir a rinn mi' n dàn seo.¹³⁵

Sèist: 'S ann a-raoir a rinn mi 'n dàn seo
 'S ann a-raoir a rinn mi 'n dàn seo
 'S ann a-raoir a rinn mi 'n t-òran
 Mun an t-stròrn nuair chaidh a làn air
 'S ann a-raoir a rinn mi 'n dàn seo. 5

Oidhche Mhàirt 's a Rìgh gum b' fhuar i
 Sneachd is reothadh 's gaoth a tuath ann
 Smaoinich Donnchadh dhol air chuairt
 'S e air a bhruthainneadh an taigh Màiri
 'S ann a-raoir a rinn mi 'n dàn seo. 10

Nuair a ràinig sinn an stròrn¹³⁶
 Gu robh mhuir fairis air a' còpadh
 Thathainn Donnchadh dhol na 'Phònaidh'
 Bha e deònach air mo bhàthadh
 'S ann a-raoir a rinn mi' n dàn seo. 15

"Cha chuir mise dhìom mo bhriogais
 'S e rud e nach dèan mi idir
 Gabhaidh mi gu bun an leigidh¹³⁷
 Ged nach ruiginn chun a-màireach"
 'S ann a-raoir a rinn mi' n dàn seo. 20

'S nuair a ràinig sinn an leigeadh¹³⁸
 Chuir Donnchadh Eàirdsidh dheth a bhriogais
 'S leis a' ghliog a bha na mhionach
 Chuimhnich e dhomh giog' Eòin Thàilleir
 'S ann a-raoir a rinn mi' n dàn seo. 25

¹³⁵ Tha an teacsa seo a' tighinn fo dà àireamh air sgàth 's nach deach rann a h-aon a sheinn air clàr 11 agus mar sin sheinn an neach-rannsachaidh fhèin e air clàr 12.

¹³⁶ (33)

¹³⁷ (35)

¹³⁸ (35)

'S nuair a' ràinig sinn taigh Chalum¹³⁹

Chaidh am fuachd a chur dhinn gu thalamh

Cha robh guth air an t-seòl mhara

Leis cho faramach 's a bha sinn

'S ann a-raoir a rinn mi' n dàn seo.

30

Sèist.

¹³⁹ (34) - Bhitheadh iad gan garadh fhèin an seo.

Tùs: SA1972.24.

Seinneadair: 'S e Ùisdean MacMhathain an aon duine a bhitheadh a' seinn an òrain seo sa Bhaile Shear, mar sin feumaidh gun do dh'ionnsaich e bho Aonghas fhèin e (SA1972.24). Gu fortanach sgaoil Ùisdean an t-òran seo tro bheul-aithris chun an neach-rannsachaidh 's i uabhasach òg, 's mar sin, dh'aithnichear gun do dhiochuimhnich e a' chiad rann air clàr 11, 's tha i fhèin mar sin ga sheinn air clàr 12, gus an òran a ghlèidheadh gu slàn.

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Mar a dh'innseadh do dh'Ùisdean MacMhathain, bha Aonghas òg nuair a rinn e an t-òran seo, 's e fhèin 's co-ogha dha a' dol a choimhead air clann-nighean a bh' air chuairt sa bhaile. Ach bha bàgh mòr eatarra agus an taigh anns an robh a' chlann nighean, agus bha stròim tarsainn amhaich a' bhàigh. Bha seo a' ciallachadh nam biodh duine aig an stròim mus biodh e leteach lionadh gheibheadh tu null air, ach ma bha an struth air leum cha leigeadh tu a leas coimhead air. An oidhche bha seo dh'fhalbh iadsan agus dh'fheuch iad ris an stròim fhaighinn agus nuair a' ràinig iad e cha dèanadh iad an gnothach idir. Bha am fear a bha còmhla ri Aonghas airson a bhriogais a chur dheth 's Aonghas a thoirt a-null air a mhuin, ach cha chluinneadh Aonghas guth dhen seo, 's cha mhòr na sin a chuireadh e fhèin dheth a bhriogais, bha an oidhche fuar. B' fheàrr leis cumail suas gu àird a' bhàigh agus bha sin pìos mòr air falbh, ach mu dheireadh dh'aontaich iad sin a dhèanamh (SA1972.24).

8. Donnchadh: Donnchadh Eàirdsidh, co-ogha do Aonghais fhèin, air taobh athair a bha an càirdeas. 'S e an aon Donnchadh a th' anns na h-ainmean, ainm an seanair (MFN 14-02-2011).

9. bhruthainneadh: blàthachadh (MFN 14-02-2011).

9. Màiri: Chan eil fios aig duine cò bha seo.

18. leigidh/leigeadh: drochaid bheag a bh' aca tarsaing far a bheil an Loch Mòr a' tighinn a-nuas gu ceann taigh Nèill Chaluim (MFN 14-02-2011).¹⁴⁰

24. giog': seòrsa de chairt-eich airson na daoine cudromach a thoirt bho àite gu àite (MFN 14-02-2011).¹⁴¹

24. Eòin Thàilleir: Eòin MacDhòmhnaill 's e tàilleir a bh' ann an Dubhasaraigh.¹⁴² 'S e esan a bhitheadh a' toirt na daoine mòr timcheall an eilean (MFN 14-02-2011).

¹⁴⁰ (35)

¹⁴¹ Faic PT.3(x).

26. Calum: Calum Caimbeul, seanair Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill (MFN 14-02-2011).

28. 'S e '*Cha robh for air an t-seòl mhara*' a dh'ionnsaich Ùisdean dhòmhsa tro bheul-aithris 's mi òg, mar sin 's e leagadh a tha seo.

28. seòl mhara: an làn (MFN 14-02-2011).

29. faramach: toilichte (MFN 14-02-2011).

Teacs 13 - Hò ro rium tha mi gad ionndrainn.

Hò ro rium tha mi gad ionndrainn

Fhir a b' àbhaist a bhith gam stiùireadh

Chaill na h-òganaich an cùrsa

'S ann air Sùnamul a ghlaidh 'ad.

4

Chuir 'ad mi air oitir thràghad

'Ad le chèile ga mo shàthadh

Mhill 'ad mo chliathaich len sàilean

'S thug 'ad na tàirnean às an raibhead (?)

8

Ach nam bithinnse mar a b' àbhaist

Fear gam stiùireadh siùil bhith làn rium

Ruiginn 'Gob na Maoile Baine'¹⁴³

'S thillinn sàbhailte gu Seumas.

12

¹⁴³ (9)

Tùs: LS NicMhathain, c.1994. Chaidh an duan agus an co-theacsa a' sgrìobhadh sìos bho chuimhne Ùisdein MhicMhathain. 'S e seo a' chiad uair a chaidh a thoirt seachad do dhuine tro sgrìobhadh.

Seinneadair: Air sgàth 's nach do mhair an dàn seo ach tro làmh-sgrìobhainn, tha e air aithris leis an neach-rannsachaidh.

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Bhiodh Aonghas na dhuine òg nuair a rinn e an rann seo, thoradh 's gun robh Gilleasbuig Caimbeul mun aon aois ris agus bha esan gun phòsadh nuair a rinn e seo. Tha e mu dheidhinn turas a rinn Gilleasbuig Caimbeul¹⁴⁴ agus caraid eile dha, 's iad a' dol a shuirghe le geòla Sheumais Bhàin MhicMhathain, tarsainn na fadhlach gu Beinn na Fadhlà.¹⁴⁵ Mar a thachair, bha iad a' dèanamh air an Uachdar, ach 's ann air Sùnamul a dh'amaid iad. Dh'fhàg iad a' gheòla ann a shin, agus rinneadh an rann mar gum b' e a' gheòla a bha a' bruidhinn (LS NicMhathain c.1994).

4. ghlaoidh: a' dh'amaid iad.

4. 'ad = iad.

6. shàthadh: ga slaodadh.

7: Bhitheadh iad a' breabadh a' gheòla gus a faighinn dhan uisge.

8. raibhead: (?) Pàirt dhen gheòla gu h-ìosal, neo bhon Bheurla '*rivet*' (MacAonghais 11-06-2011).

12. Seumas: Seumas Bàn MacMhathain, athair Ùisdein MhicMhathain. 'S ann le Seumas a bha a' gheòla 's e na iasgair. Bha esan a' fuireach sna h-Àrdaibh sa Bhaile Shear, 's bha e fhèin math air seinn (MFN 14-02-2011).¹⁴⁶

¹⁴⁴ Bràthair màthar Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill. Bha a bhean às an Uachdar am Beinn na Fadhlà (MFN 29-11-2010).

¹⁴⁵ Faic PT.4

¹⁴⁶ (36)

Teacsa 14 - Seice Ruairidh 's a' ham.

Seice Ruairidh bheir i fuaim,
 Seice Ruairidh bheir i strann,
 Seice Ruairidh bheir i fuaim,
 Nuair a ghualar leis a' *ham* (?)

4

Rinn e sineadh air a' chluasaig,
 Rud na h-uachdar leig e strann,
 Dhùin e shùilean, 's dhùin e chluaisean,
 'S shaoilinn bhuam nach robh e ann.

8

Tùs: SA1968.67.

Seinneadair: Seonaidh MacIllEathain. Bha am port seo air cuimhne cha mhòr gach duine sa Bhaile Shear, sean agus òg, leis cho èibhinn agus cho furasta a bha e a thogail (MFN 29-11-2010).

Facail/fonn an òrain: 'S e dreach ionadail den phort thùsail 'Seice Ruairidh' a tha seo, 's an aon fhonn agus cha mhòr an aon sèist air na dhà.

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Bhitheadh Aonghas beagan na bu shine nuair a rinn e an t-òran seo, ged a bha e fhathast meadhanach òg. Bha e fhèin agus Ruairidh MacAoidh, bàrd Iolaraigh, nan deagh chàraidean, 's bhitheadh iad an-còmhnaidh a' beàrradaireachd air a chèile tro bhàrdachd airson spòrs, 's ann mar sin a rinnear suas am port seo (MFN 29-11-2010).

Bu thoil le Ruairidh a dhol a-null a Chàirinis chun an taigh-seinnse,¹⁴⁷ 's uisge beatha cho math aca. An oidhche bha seo, dh'fhàg e tuilleadh 's fada e gus an fhadhail a ghlacadh aig an àite àbhaisteach agus mar sin 's ann a bha aige ri dhol tarsaing air àite nach deach e riamh roimhe. Co-dhiù fhuair e tarsaing agus 's ann a rinn e air taigh Aonghais Ghilleasbuig. Nuair a fhuair e a thaigh Aonghais bha e air a shàrachadh agus mar sin chaidh e na shìneadh air a' bheinge. Bha slisean *ham* aig Aonghas a-staigh agus 's ann a thoisich e gam bruich air an teine do Ruairidh. Ach, thòisich a *ham* ri stradadh air an teine agus 's ann a thòisich na stradagan ri Ruairidh a bhualadh mun aodann. Dhùisg seo e agus cha robh e ro thoilichte, 's rinn Aonghas am port an uair sin (RD 1963; SA1968.67).

4. ghualar: Bithidh muinntir Uibhist a Tuath a' cleachdadh am facal 'gual' seo airson losgadh bho uisge neo toit, neo sruthach sam bith eile. Ach cleachdaidh iad am facal 'losgadh' nuair a thèid do losgadh le biadh fhèin, rud cruaidh, neo leis a' ghrèin.

¹⁴⁷ (56).

3.2.6 Ruairidh na Càrnaich, Ruairidh Dòmhnallach (1883-1970).



Dealbh C: Ruairidh ann an 1962 (Dealbh bho G. NicDhòmhnaill).

Rugadh 's thogadh Ruairidh 's a pheathraichean san t-seann dachaigh sa Chàrnaich,¹⁴⁸ gus an do thog Ruairidh fhèin taigh geal dhan teaghlach ann an 1904, le cuideachadh bho fir eile sa choimhearsnachd (PNT 15-02-2011).¹⁴⁹ Air sgàth 's gum b' e an aon mhac aig a' bhàrd Aonghas na Càrnaich agus a bhean Annabla, 's ann thuige a dh'fhàgadh taigh ùr an teaghlaich agus croitean athair nuair a chaochail e ann an 1934 (PNT 15-02-2011).¹⁵⁰ 'S ann an Sgoil Chàirinis a fhuair Ruairidh foghlam tro mheadhan na Beurla, 's seo ga fhàgail gun comas Gàidhlig a leughadh neo sgrìobhadh (PNT 15-02-2011).¹⁵¹ Ach bho aois uabhasach òg, fhuair e oideachadh ann an Gàidhlig gu làitheil tro bheul-aithris, ann an

¹⁴⁸ (44)

¹⁴⁹ (45); Faic PT.3(m).

¹⁵⁰ Faic PT.7

¹⁵¹ (55)

iomadach sgil agus cuspair, eadar an dachaigh agus a' chroit sa Chàrnaich. B' e an oideachadh mì-fhoirmeil seo a b' fheumaile dha, thoradh 's gun ann bho athair a dh'ionnsaich e bheò-shlaint na chroitear, agus eòlas mionaideach ann am beathaichean, 's cliù aig Ruairidh na lighiche-sprèidh am measg muinntir an eilein air a shàilleabh (PNT 15-02-2011; CN 08-04-2011). 'S beag an t-iongnadh mar sin gum b' ann an lùib bheathaichean a bha Ruairidh ag obair nuair a bha e sna Lovat Scouts tro na cogaidhean mòra, 's e os cionn a bhith a' toirt eich a-null a dh'Èirinn airson trèanadh (PNT 15-02-2011).

'S ann eadar an dà Chogadh Mhòr a phòs Ruairidh Mòrag Anna, nighean Alasdair Ruairidh à Caolas Phaibeil, ann an 1929 (PNT 15-02-2011). Às dèidh dhaibh pòsadh, ghluais Mòrag Anna sìos dhan taigh ùr sa Chàrnaich agus b' ann an sin a thogadh an triùir bhalach agus ceathrar nighnean aca fhèin (PNT 15-02-2011). Sa chòig bliadhna a bha Mòrag Anna a' fuireach le athair Ruairidh, mus do chaochail e, fhuair i eòlas dhen oideachadh a fhuair Ruairidh bhuidhe tro bheul-aithris san dachaigh 's e a' fàs suas, agus bho mhuinntir an eilein a thadhladh orra, 's an t-seann dachaigh agus an taigh ùr riamh nan taighean cèilidh (PNT 15-02-2011).¹⁵² Bha Ruairidh mar sin air a chuariteachadh le bàrdachd bho leanabas, agus 's ann bho athair a fhuair e a' ghibht, 's an nighean aige, Peigi, ag innse gun tigeadh òrain thuige san aon dòigh ri athair, gu saor-thoileach, 's fear aige dèante ann an tiotan (PNT 15-02-2011). Leis gun robh athair agus a mhàthair le chèile a' seinn, chan eil fhios cò bhuidhe a fhuair Ruairidh a' ghibht seo, ach 's ann bho athair a dh'ionnsaich e tòrr dha na h-òrain a sheinneadh e aig cèilidhean, 's gun Ruairidh tric a' gabhail òrain fhèin taobh a-muigh an dachaigh (PNT 15-02-2011). B' e seo as coireach 's gun do chailleadh cus de dh'òrain Ruairidh agus nach deach an sgaoileadh gu seinneadairean an eilein, thoradh ged a bha iad aig Mòrag Anna facal air an fhacal, cha robh seinn nan clann fhèin, 's mar sin chan eil iad slàn air cuimhne gin dhiubh an-diugh (PNT 15-02-2011). Ach bho na trì òrain a mhair eadar cuimhne na cloinne, tha e follaiseach gun e duine a cheart cho eirmseach ri athair a bh' ann an Ruairidh, agus duine a cheart cho làn geasalanachd.

Tron sgrùdadh a rinneadh roimhe air stòiridhean os-nàdarra sa Bhaile Shear shoilleirichear gun robh Ruairidh a' creidsinn san droch shùil, an dà-shealladh agus taibhsean, ged nach eil fios an robh an cumhachd os-nàdarra aige fhèin (NicLeòid 2010, 19-20 & 26). Ach lean an geasalanachd seo na òrain, 's Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill ag innse, an oidhche nach bitheadh Mòrag Anna timcheall airson pàiste a chur na chadal le tàladh, dhèanadh Ruairidh fhèin suas òrain bheaga mar dàn 16 airson a chlann a dhìon san aon dòigh (MFN

¹⁵² Faic t.d 39.

14-02-2011). Dh'innis Peigi, gun do thaisbean Aonghas na Càrnaich a ghèill do gheasalanachd do Ruairidh 's e òg, nuair a chuir e stad air bhon a bhith a' cluich a' phìob mhòr, 's e gabhail ri na chuala e aig bàird nan linntean roimhe: nach robh còir do phìobaire agus bàrd a bhith san aon àrd-doras. Ghabh Ruairidh ris 's thòisich e air an fhidheall (PNT 15-02-2011).¹⁵³

¹⁵³ Cha do chòrd a' phìob-mhòr ri cuid a bhàird san 18mh linn mar Iain MacCodrum à Paibeil an Uibhist a Tuath, thoradh 's nach robh guth a' bhàird air a chluinntinn tron ionnstramaid seo (Dickson 2009, 107-108).

Teacsa 15 - Òran a' Rìge.

Sèist: Mar tha mi cho muladach
 Mun tàmailt a dh'fhuiling mi
 'S an dìth bu mhòr 's gum b' fheàrr leam
 Am bàs gam thoirt buileach leis
 Mar tha mi cho muladach.

5

Chuir 'ad mi air fòrladh
 A-mach air chuairt don mhòintich
 'S ann thionndaidh e gu dòlas
 Gu bròn agus mulad dhomh,
 Mar tha mi cho muladach.

10

Innsidh mi gu lèir dhuibh
 Mar ghlac iad mi san fhèithidh
 'S e Ailean rinn an t-euchd'
 Agus Seumas ga chumail ris
 Mar tha mi cho muladach.

15

'S tric a bha mi sùgradh
 A-muigh mu cheann na h-ùtraid
 'S bhon nach dèan mi chùis dhaibh
 'S e am bùidsear as urra dhomh,
 Mar tha mi cho muladach.

20

.....

.....

.....

.....

Feuch a-neist a Ruairidh
 Nach innis thu dhaibh mun cuairt e
 Ma chluinneas Dòmhnall Ruadh e
 Gu luaidh e na luinneig mi,
Seist.

25

Tùs: CNN 15-02-2011.

Seinneadair: 'S ann bho chuimhne Ceiteag na Càrnaich, nighean Ruairidh a fhuaradh na facail, 's dh'ionnsaichear am fonn bhon a mhac, Aonghas. Tha e air a sheinn leis an neach-rannsachaidh.

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Chaidh an t-òran seo a dhèanamh timcheall air na 1930an neo 40an. 'S e droch bheathach a bh' anns an rige aig Ruairidh 's bhitheadh e an-còmhnaidh a' dol an lùib chaoraich, 's leis na gabhadh a spoth gu ceart nuair a bha e na uan, bha e a' fàgail uain às a dhèidh. Fhuair e an lùib caoraich Ailein agus Seumas Ghilleasbuig turas 's e aca a-muigh an Loch Euphort, 's rinn e cron sgriosail. Cho luath 's a thill an rige dhan Càrnaich, spoth Ruairidh gu ceart e, gus stad a chur air. Anns an òran tha e a' coireachadh Ailean airson a spoth ach 's e e fhèin a rinn '*an t-euchd*'. Rinn Ruairidh suas an t-òran mar gum b' e an rige fhèin a bha a' bruidhinn mun tàmailt 's mun mhulad a bh' air bhon a spothadh e (PNT 15-02-2011).

Rige: Reithe a bha air a leth spoth. Dhèanadh e fhathast reitheachais (CNN 15-02-2011).

2. Mun tàmailt: a bhith air a spoth.

6. 'ad = iad.

6-7: Chaidh an rige am measg caoraich Seumas Ghilleasbuig agus Ailean Aonghais 'ic Eòin, mar a thathar a' mineachadh gu h-àrd (CNN 15-02-2011).

8. dòlas: bròn (CNN 15-02-2011).

12. fhèithidh: bogach sa mhòinteach (CNN 15-02-2011).

13. Ailean: Ailean Aonghais 'ic Eòin, athair Alasdair Ailein an Loch Euphort (CNN 15-02-2011).¹⁵⁴ Bha Ailean pòsta aig Mòrag Alasdair Ruaidh, piuthar do Mhòrag Anna bean Ruairidh na Càrnaich (AN 16-02-2011).

13. an t-euchd: an eucoir. 'S e Ailean mas fhìor a spoth e (CNN 15-02-2011).

14. Seumas: Seumas Ghilleasbuig / Seumas a' Chidhe. Bha e pòsta aig Peigi Alasdair Ruaidh, piuthar eile do Mhòrag Anna bean Ruairidh na Càrnaich (AN 16-02-2011).

18-19: Bhon a chaidh a spoth chan eil feum air airson an reitheachais a-nis, 's cha tèid ach a mharbhadh airson a chuid feòil (PNT 15-02-2011).

¹⁵⁴ Faic PT.4

21. a-neist = a-nis.

21. Ruairidh: Ruairidh na Càrnaich.

23. Dòmhnall Ruadh: am bàrd Dòmhnall Ruadh Chorùna. Bha e fhèin agus Ruairidh nan deagh chàirdean (CNN 15-02-2011).¹⁵⁵

¹⁵⁵ Bhitheadh Dòmhnall Ruadh cuideachd ag ainmeachadh Ruairidh na òrain airson spòrs, faic ‘Òran a’ Ghuana’ ann an MacAmhlaidh (1995, 70).

Teacsa 16 - Duanag Dhan Chlann.

Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh
 Thèid mi sgrìob do Phaibeil¹⁵⁶ ged 's fhada bhuam e
 Tha mi falbh air thuras 's mulad air mo bhualadh. 3

Nuair a dh'fhalbhas na Faoilich, thèid sinn dhan a' Chaolas¹⁵⁷
 Bidh *granny* gu faoileach, faighneachd ghaol bheil fuachd ort. 5

Bidh *granny* gu dòigheil, dèanu èileadh dhomhsa
 'S nuair a gheibh i air dòigh e, bidh e bòidheach cuallach. 7

Thèid Aonghas dhan bhùthaidh, 's bheir e thugainn ùbhlan
 'S thèid sinn air a chùlu, 's bùraidh sinn 'ad bhuidhe. 9

¹⁵⁶ Faic PT.4

¹⁵⁷ Faic PT.4

Tùs: MFN 29-11-2010.

Seinneadair: Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill. Nuair a bha Magaidh Flòraidh ceithir bliadhna deug, mu 1936, bha Mòrag Anna, bean Ruairidh, air falbh san ospadal 's i trom le Peigi, 's Ruairidh mar sin air fhàgail a-staigh a' coimhead ris an dithis nighean as sine, Oighrig agus Anna. Leis cho trang 's a bha e a' feamadh agus ag obair a' chroit, b' fheudar dha faighneachd do Mhagaidh Flòraidh tighinn 's coimhead ris a' chloinn air a' Chàrnaich. Bha Magaidh Flòraidh aige shìos sa Chàrnaich airson sia seachdainean agus 's ann an uair sin a chuala i Ruairidh ag aithris an dàn seo dhan chloinn 's iad a' dol a chadal. Bhitheadh e ga ràdh riutha tric agus mar sin thog i fhèin e facal air an fhacal (MFN 14-02-2011). Cha d' fhuairadh cothrom Magaidh Flòraidh fhèin a chlàradh ga aithris gu slàn, agus mar sin tha e air aithris leis an neach-rannsachaidh fhèin, dìreach mar a thog i e bho Mhagaidh Flòraidh.

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Rinn Ruairidh an rann seo suas mìosan mus do rugadh Peigi na Càrnaich ann an 1937. Bhitheadh e a' dèanamh rannan beaga agus tàlaidhean mar seo suas airson an cadal a thoirt air a' chloinn 's iad a' dol dhan leabaidh agus cuideachd airson an dìon bho droch spiorad nan sìthichean (PNT 15-02-2011).¹⁵⁸

1-3: 'S e sèist Òran 8 le Ruairidh MacAoidh a tha seo, 's tha an còrr dhan duanag aig Ruairidh a' cumail dìleas ri meadrachd nan rannan aig Òran 8 cuideachd. Thòisich Ruairidh an duanag leis, cha b' ann a-mhàin airson cothrom a thoirt dhan chloinn seinn còmhla ris, 's muinntir a' Bhaile Shear, sean agus òg, uile cho eòlach air an t-òran seo, ach cuideachd, air sgàth 's gur ann à Caolas Phàibeil a bha a bhean, Mòrag Anna. Bha e freagarrach mar sin Paibeil ainmeachadh 's bràthair Mòrag Anna, Aonghas, agus a màthair, seanmhair na cloinne, fhathast a' fuireach thall an sin, 's Ruairidh ag innse dhan chlann gun d' rachadh iad a choimhead orra (MFN 14-02-2011).

4. Faolich = Faoiltich. An cola-deug mu dheireadh den Fhaoilleach, (crioch a' gheamhraidh), agus a' chiad chola-deug den Ghearrain, (toiseach an earraich) (MFN 14-02-2011).

5. granny: Oighrig NicDhùghaill, mathair bean Ruairidh na Càrnaich (MFN 14-02-2011).

5. faoileach: toilichte, coibhneil (MFN 14-02-2011).

6. Dèanu = dèanamh.

¹⁵⁸ Faic t.d 33.

7. cuallach: crìochnaichte, deiseil (MFN 14-02-2011).

12. Aonghas: bràthair Mòrag Anna. Bha e fhèin a' fuireach sa Chaolas (MFN 14-02-2011).¹⁵⁹

14. chùlu = chùlaibh.

15: bùraidh: goididh (MFN 14-02-2011).

15: 'ad = iad.

¹⁵⁹ Faic PT.4

Teacsa 17 - Òran a' Bhàta.

Sèist: Thug mi 'n oidhche raoir sa bhàta
 Thug mi 'n oidhche raoir sa bhàta
 Thug mi 'n oidhche raoir nam èiginn
 'S theab na h-Euphortaich mo bhàthadh. 4

Gur e Seumas a bha stiùireadh
 'S thog e cùrsa mar a b' àbhaist
 'S bha na marannan cho dùthail
 'S nach cumadh na siùil an làn dhuinn 8

Sèist.

Bha MacGuaire aig uchd a dhìchill
 Ris an innleachd bh' air ar fàgail
 Cha ghluaiseadh i am pliutan cruadhach
 A chuireadh le fuaim ron t-sàl i. 12

Sèist.

'S ann a thubhairt Seumas 's e cho dàna
 Ga' thu mìle geall a' chàirdean
 Bidh iad gar n-iarraidh leis na sgrìobain
 'S gheibh iad Eòin Shìm aig an Àigeach.¹⁶⁰ 16

Sèist.

.....

.....

Thug e mo bhriogais ùr na stròicean
 'S cha robh òirleach dhi mum mhasan. 20

Sèist.

¹⁶⁰ (52)

Ged tha mi na mo dhuine

Cha robh mi eòlach ann am bàta,

.....

.....

24

Sèist.

Tùs: CNN 15-02-2011.

Seinneadair: Fhuaradh facail an òrain seo bho Ceitidh na Càrnaich, às dèidh dhi fhèin agus Aonghas, a bràthair, tighinn còmhla gus cuimhneachadh air cho math 's a b' urrainn dhaibh. Cha b' e seinneadairean a bh' annta fhèin, ach chluinneadh iad an athair ga ghabhail tric. Fhuaradh fonn an òrain bho Aonghas, 's tha e air a sheinn leis an neach-rannsachaidh (CNN 15-02-2011; AD 17-02-2011).

Fonn/facail an òrain: Tha Aonghas dhen bheachd gun robh òran ann am Barraigh air an robh an aon fonn (AD 17-02-2011). Tha am fonn seo glè fhaisg air an fhonn a th' air 'Latha Inbhir Lòchaidh' cuideachd (Gillies 2005, 161). A bharrachd air an seo, shaoilte gu bheil facail na sèist stèidhichte air an òran-shuirghe 'Mhaighdeannan na h-Àirigh' (Gillies 2005, 478-479).

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Rinn Ruairidh an t-òran seo anns na 1940an, às dèidh dha a dhol a-mach a Loch Euphort ann am bàta Sheumais Ghilleasbuig a dh'iasgach le grunn d fhir à Loch Euphort.¹⁶¹ Nuair a bha iad a-muigh sa bhàta, 's e Eòin h-Ìm bha coimhead ris an innleachd, ach lìon e i le uisge an àite peatrail agus mar sin stad i agus cha robh dòigh aca air a tòiseachadh a-rithist airson faighinn dhachaigh. Am measg seo uile thàinig droch shìde agus theabar am bàthadh. Rinn Ruairidh suas an t-òran tro shùilean fhèin 's e a' dèanamh spòrs às an droch suidheachadh seo (PNT 15-02-2011).

4. na h-Euphortaich: an fheadhainn à Loch Euphort a bha sa bhàta còmhla ris (PNT 15-02-2011).¹⁶²

5. Seumas: Faic òran 15, nota loidhne 14.

7. dùthail: mar as àbhaist (PNT 15-02-2011).

8: Cha lionadh a' ghaoth na siùil airson am bàta a ghluasad (PNT 15-02-2011).

9. MacGuair: Eòin h-Ìm, an duine aig Magaidh Bhoidhd. Bha e a' fuireach an Loch Euphort (PNT 15-02-2011).

10. innleachd: einnsean a' bhàta (CNN 15-02-2011).

11. pliutan cruadhach: propeileir a' bhàta (CNN 15-02-2011).

12: A ghluaisleadh am bàta tron mhuir (CNN 15-02-2011).

¹⁶¹ Faic PT.3(y).

¹⁶² Faic PT.4

13: Bha Seumas air a bhith aig muir ron an sin agus mar sin bha eòlas aigesan air bàtaichean (PNT 15-02-2011).

14: ‘Cuiridh mi mìle geall’.

15. sgrìobain: ràcan a bhitheadh air bàtaichean. Bha e dhen bheachd gun tigeadh am bàthadh agus gun lorgadh iad air ùrlar a’ mhuir (PNT 15-02-2011).

17-18: Cha robh cuimhne air na loidhnichean seo.

19. stròicean: luideagan (PNT 15-02-2011).

19-20: ’S e àibhseachadh a tha seo aig Ruairidh airson àbhachdas, ’s e dhen bheachd gun glacadh an sgrìobain na bhriogais, ’s gun sracadh e bho thoinn e, nuair a bhithte a’ togail a chorp às a’ mhuir (PNT 15-02-2011).

23-24: Cha robh cuimhne air na loidhnichean seo.

3.2.7 Magaidh Bhoidhd, (Magaidh NicGuaire)

(1907-1994).



Dealbh D: Magaidh aig banais Mòrag Ùisdean agus Alasdair Ailein ann an 1971 (Dealbh bho M. NicIII Eathain).

Rugadh Magaidh san Àrd Mhòir an Càirinis, agus b' i nighean Ghilleasbuig mac Choinnich Boidhd agus a bhean Ceit, nighean Iain na Càrnaich 's a' bhana-bhàrd Mairead nighean Ailein (SA2001.134).¹⁶³ Nuair a bha Magaidh dìreach bliadhna 's ochd mìosan a dh'aois chaochail a màthair, 's leis gun robh a h-athair air fhàgail le dà phàiste òg, chaidh Magaidh a togail le piuthar a màthar agus a seanmhair, am bana-bhàrd Mairead nighean Ailein, shìos sa Chàrnaich, fhad 's a dh'fhuirich a bràthair na bu shine còmhla ri athair, ann an taigh cèile piuthar athar, Seonaidh Mhic Alasdair (SA2001.134).¹⁶⁴

B' ann an Sgoil Chàirinis a fhuair Magaidh foghlam tro mheadhan na Beurla, ged a fhuair i oideachadh na bu phrìseile ann an Gàidhlig tro bheul-aithris, 's i air a cuairteachadh riamh le òrain, eadar cuid a seanmhair, bràthair a seanair, Aonghas na Càrnaich, a bha a' fuireach an ath-doras dhi, agus a mhac Ruairidh, 's a cuimhne mar sin air a thrèanadh gus an glèidheadh facal air an fhacal (MFN 14-02-2011).¹⁶⁵ Chluinneadh i cuideachd òrain nam ban aig na luadhan a chumadh Mairead san taigh aca 's i òg, 's Magaidh fhèin a' cumail luadhan sa Chàrnaich às dèidh dha seanmhair siubhal, gu ruige na 1960an (MFN 29-11-2010). 'S ann bho chuideachd Mhairead a fhuair Magaidh gibht na bàrdachd, 's an dearbh alt dhen ghibht cuideachd air a sgaoileadh chun a' cho-ogha a bu shine aice, Dòmhnall Ruadh Chorùna (MacAmhlaidh 1995, xxix-xxx).¹⁶⁶ Bha meas mòr aig Dòmhnall Ruadh do Mhagaidh agus 's ann thuice a rachadh e, leis a h-uile òran a dhèanadh e, 's e gan sgaoileadh thuice 's fios aige cho math 's a bha a cuimhne (MacAmhlaidh 1995, xxvii; MFN 14-02-2011).

A dh'aindeoin nan ochd geamhraidhean a chuir Magaidh seachad ag obair ann an taigh-òsta am Port Rìgh, b' ann sa Chàrnaich a bha i airson a' mhòr-chuid de beatha a' cumail taigh agus 's ri obair croite, fiù 's às dèidh do Mhairead siubhal, 's taigh an teaghlaich 's croit Iain na Càrnaich an uair sin aig a mhac, Ailean (SA2001.134). Cha do phòs Ailean riamh 's mar sin b' e Magaidh a chùim taigh dha (AN 16-02-2011). Fiù 's nuair a phòs Magaidh Eòin h-Ìm, (MacGuaire), à Loch Euphort ann an 1940, dh'fhuirich i sa Chàrnaich còmhla ri Ailean air sgàth 's nach robh i a' faighinn air adhart le màthair Eòin, a bha a' fuireach còmhla ris an Loch Euphort (AN 16-02-2011; MN 07-04-2011). B' ann an uair sin a dh'fhosgail Magaidh bùtha aig ceann taigh na Càrnaich airson muinntir a' Bhaile Shear 's a' mhòr-fhearainn a fhrithealadh, 's bùtha eile aig Eòin, a cèile, an Loch Euphort an uair sin cuideachd (SA2001.134).¹⁶⁷ Chan eil na iongnadh ann ma-tà, gun deach an taigh 's a' chroit fhàgail aig Magaidh nuair a chaochail Ailean ann an 1956, 's i

¹⁶³ (57); Faic PT.6

¹⁶⁴ (42)

¹⁶⁵ (44)

¹⁶⁶ Faic PT.6; Airson eachdraidh Dhòmhnall Ruadh faic MacAmhlaidh (1995, xiv-xv).

¹⁶⁷ Faic PT.3(o).

na h-aonar an sin gus an do ghluais i a Loch Euphort ann an 1967, nuair a bhàsaich màthair Eòin (MN 07-04-2011; AN 16-02-2011).

A rèir Dàn 18 bha Magaidh ri bàrdachd co-dhiù na meadhan aoise sa Chàrnaich, 's Dàn 19 na fhianais gun robh i fhathast ris às dèidh dhi gluasad a Loch Euphort. Shiubhail an t-uabhas de bhàrdachd leatha fhèin ge-tà, oir 's nach robh teaghlach aice dha sgaoileadh i iad, neo guth seinn airson ceòl a chur ri a bàrdachd, 's na seinneadairean fireannaich na bu bhuailteach òran ionnsachadh agus a sheinn aig cèilidh, an àite dàn aithris, 's e cus na b' fhasa bàrdachd a chuimhneachadh nuair a bha e ri ceòl (MFN 14-02-2011).¹⁶⁸ Cha bu mhotha na sin a fhuair i fhèin riamh cothrom na dàin aice aithris 's an sgaoileadh aig cèilidhean an eilein, 's gun ach boireannaich le guth math seinn air am brosnachadh corra uair le na fir, 's iad a' siùleachadh òran bhuapa gach turas (MFN 14-02-2011). Mura b' e gun do chlàr Aonghas Eòin Dòmhnallach agus a bhràthair Uilleam Dàin 18 agus 19 bho Mhagaidh fhèin, cha bhitheadh sgath de bhàrdachd Magaidh air maireachdainn chun an latha an-diugh (SA1968.207).

¹⁶⁸ Faic t.d 147.

Teacsa 18 - An tèid thu leam dhan Chàrnaich.

An tèid thu leam dhan Chàrnaich, ¹⁶⁹ Null gu tìr mo ghràidh, 'S an tèid thu leam do ghleann mo ghaoil, An tìr san deachaidh m' àrach.	4
Chì thu bhuat an Clachan às, ¹⁷⁰ Langaïs 's an Ceann àrd às, ¹⁷¹ Chì thu mullach Phaibeil, ¹⁷² Agus Iolaraigh ¹⁷³ an àigh às.	8
Chì thu crodh 's caoraich ann, Air raontan anns gach àite, 'S na laoigh bheag a' ruith 's a' ruagail, Ma thig a-nuas dhan Chàrnaich.	12
Chì thu tràigh 's machaire, 'S an eala gheal a' snàmh ann Chì thu fraoch 's luachair' ann, 'S na gruagaichean às àille.	16
'S iomadh rud a chì thu ann, Mus till thu far na Càrnaich	20

¹⁶⁹ (42)

¹⁷⁰ (49)

¹⁷¹ (30); Faic PT.4

¹⁷² Faic PT.4

¹⁷³ Faic PT.4

Tùs: SA1968.207.

Seinneadair: Magaidh Bhoidhd, a' bhana-bhàrd fhèin. Gu mì-fhortanach, chaidh deireadh an dàin seo a ghearradh air an aon chlàr a tha ri fhaighinn dheth ann an SEA, agus mar sin chan eil fios cia mheud rann eile a bh' ann, neo air an dà loidhne mu dheireadh dhen chòigeamh rann (SA1968.207).

Cuspair: Gaol/ Moladh Àite.

Àm is adhbhar: Feumaidh gun do rinn Magaidh suas an t-òran gaol seo às dèidh dhi Eòin a phòsadh, 's i a' fuireach sa Chàrnaich, 's i a' faighneachd dhàsan gluasad dhan Chàrnaich còmhla rithe (MFN 14-02-2011). Tha e follaiseach gun robh buaidh aig òrain a seanmhair oirre an seo thoradh 's gu bheil i fhèin a' cleachdadh structar dualach do bhàrd airson an t-òran gaol seo, dìreach mar a chleachd Mairead na h-òrain, *'Ille Dhuinn 's toil leam thu'* agus Òran 3.¹⁷⁴

3-4: Taigh Iain na Càrnaich.¹⁷⁵

19-20: Chaidh an dà loidhne seo a ghearradh air clàr SEA.

¹⁷⁴ Faic t.d 32.

¹⁷⁵ (42)

Teacsa 19 - Am Peatan Uain.

A-raoir an t-àm bhith cadal dhomh
 Bha 'n t-astar 's e cho fada leam
 Cha d' leig an t-eagal dhachaigh mi
 A choimhead air mo chàirdean. 4

Is mise bha gu cràiteach
 Nam laighe air cnoc gun mhàthair
 Gun duine dha mo chàirdean
 Mar a b' àbhaist 's na tulaich seo. 8

Bha Simon 's e cho tùrsach
 Gam shireadh anns na cùiltean
 'S Magaidh 's deòir na sùilean
 Gam chaoineadh aig gach tràth. 12

Ach nuair ràinig mise dhachaigh 'ad
 Siud far an robh an toileachadh,
 Thubhairt Magaidh 's i ag amharc orm:
 "Fàilt' ortsa a ghràidhean". 16

Thàinig Simon leis a' chàr
 Is thog e mi gu bàidheil,
 Ag ràdh: "Thig leamsa an-dràsta
 Dhan àit' san do rugadh tu". 20

Nuair ràinig mise an t-àite
 Thug Flòraidh bainne blàth dhomh,
 Is thubhairt i le gàire:
 "Feuch nach fhàg thu tuilleadh sinn". 24

Chunnaic Agnes san dol seachad sinn
 Is smèid i oirnn le toileachadh,
 'S i ag ràdh: "Thèid mi choimhead ort
 A dh'fhaicinn ciamar a tha thu". 28

Thachair Uilleam leis a' bhan rinn
 Is stad e greis a labhairt rium,
 Is dh'fhàiltich e gu toilicht' mi
 Air ais dhan àit' a dh'fhàg mi. 32

Ach bha mise làrna-mhàireach
 Cho critheanach 's cho cràiteach,
 Ach thug Seonaidh mar a b' àbhaist
 Leis an t-snathaid cabhair dhomh. 36

Thàinig Mòrag làrna-mhàireach
 A dh'fhaighneachd ciamar a bha mi,
 "Chan eil a ghaoil ach cràiteach
 On ràinig mi an tulach seo". 40

Thubhairt Magaidh: "Tha e nàr dhut
 Bhith gearan air an t-àit' seo,
 Nach iomadh là a dh'fhàiltich
 'S a thug sinn blàths is furan dhut. 44

Mas e ar toil a rèiste
 Carson nach dèan sinn rèite,
 Is geallaidh mis' nach tèid mi
 Rim bheò air falbh on ionad seo. 48

Tùs: LS aig an Urramach Iain Mac a' Ghobhainn, (c.1972).

Seinneadair: Leis gun ann bho làmh-sgrìobhainn a fhuaradh an dàn seo, tha e air aithris leis an neach-rannsachaidh fhèin.

Cuspair: Àbhachdas.

Àm is adhbhar: Bha Magaidh cianail titheach air na h-uain agus na caoraich aice. Mar sin feumaidh gun deach aonan dhiubh air chall nuair a rinn i an dàn seo mar gum b' e an t-uan fhèin a bha a' bruidhinn (MFN 29-11-2010). Tha an stoidhle seo coltach ri Òran 15 le co-ogha dha màthair, Ruairidh na Càrnaich, 's e a' soilleireachadh 's dòcha a' bhuaidh a bh' aig òrain fhèin air Magaidh cuideachd.¹⁷⁶ Tha i ag ainmeachadh muinntir Loch Euphort san dàn airson àbhachdas. Bha Magaidh a' fuireach an Loch Euphort nuair a rinn i an dàn, mar sin feumaidh gur ann uaireigin eadar 1967 agus 1994 a chaidh a dhèanamh (MFN 29-11-2010; MN 07-04-2011).

5. cràiteach = cràidhteach (MFN 29-11-2010).

9. Simon: Sìm Dòmhnallach. B' e mac piuthar Eòin h-Ìm, an duine aig Magaidh. Chaidh Simon a thogail ann an taigh Eòin h-Ìm, 's bhitheadh e ga chuideachadh leis a' bhùtha agus air a' chroit, leis nach robh teaghlach aca fhèin idir (CN 08-04-2011).¹⁷⁷

11. Magaidh: A' bhana-bhàrd fhèin. 'S ann leatha a bha am peatan uain.

13: Air ais gu taigh Magaidh agus an duine aice Eòin h-Ìm, an Loch Euphort (MFN 29-11-2010).

22. Flòraidh: Flòraidh h-Ìm, (NicDhòmhnaill). B' e co-ogha do dh'Eòin h-Ìm a bh' innte, 's bha i a' fuireach dìreach shuas an rathad bho Mhagaidh is Eòin (CN 08-04-2011).

25. Agnes: Bean do bhràthair Eòin h-Ìm, Dòmhnall Eòin. 'S ann à Ìle a bha Agnes (CN 08-04-2011).

29. Uilleam: Uilleam Choinnich, (Moireasdan). Bha e cuideachd a' fuireach faisg air Magaidh is Eòin (CN 08-04-2011).

35. Seonaidh: Seonaidh Mhurchaidh, Seonaidh Dòmhnallach. Bha e mar lighiche sprèidh do mhuinntir Loch Euphort (CN 08-04-2011).

¹⁷⁶ B' e cleas gu math àbhaisteach a bha seo am measg bàrdachd thraideasanta an 20mh linn, 's chithear eisimpleir eile dheth ann an cruinneachadh Dhòmhnaill Ruaidh Chorùna, ann an 'Òran na Làire', faic MacAmhaidh (1995, 130-131).

¹⁷⁷ Faic PT.3(z).

36. snàthad cabhair: stàth-steallaich airson am fuachd a thoirt bhon uan (MFN 29-11-2010).

37: Mòrag: Mòrag Ùisdean, (tè-bratha), bean Alasdair Ailein (MacIllEathain). B' i nighean do phiuthar Eòin h-Ìm (CN 08-04-2011).

3.2.8 Eàirdsidh Aonghais Ghilleasbuig, Eàirdsidh MacAmhlaigh (1909 – 1978).



Dealbh E: Eàirdsidh ann an 1966 (Dealbh bho U. Domhnallach).

Rugadh agus thogadh Eàirdsidh air machaire Iolaraigh sa Bhaile Shear agus b' e an dàrna pàiste a bu shine a-mach à seachdnar de theaghlach aig Aonghas 'ic Ghilleabuig 'ic Aonghais 'ic Eòin 'ic Aonghais MacAmhlaigh agus a bhean, Seonag Dhòmhnaill 'ic Eòin (NicDhòmhnaill) (FN 30-11-2010). B' e gobha a bha na athair 's bha a' cheàrdaich aige aig taigh an teaghlaich,¹⁷⁸ 's mar sin, nuair nach bitheadh Eàirdsidh ri beagan saoirsneachd bhitheadh e ga chuideachadh a' cruidheadh eich bho air feadh an eilein agus pàirtean de dh'Uibhist a Tuath (FN 30-11-2010). Leis cho eisimileach 's a bhathar air eich airson obair fearainn agus comhdhail san 19mh linn agus toiseach an 20mh linn, thigeadh fir bho cho

¹⁷⁸ (4); Faic PT.3(q).

fad ri Loch Euphort, Càirinis agus na Cladaichean gu ceàrdaich Aonghais len cuid eich, 's chuireadh iad seachad cuid mhath dhe latha an sin a' seanchaidh agus ag innse naidheachd bhon sgìrean fhèin ri muinntir an eilein a thachradh riutha ann (MFN 29-11-2010). 'S iomadh stòiridh mar sin a chuala Eàirdsidh san t-suidheachadh seo 's e a' fàs suas, 's athair fhèin na sheanchaidh air leth ainmeil sa Bhaile Shear aig deireadh an 19mh linn agus fìor thoiseach an 20mh linn cuideachd (FN 30-11-2010). Chan eil iongnadh ann ma-tà, bhon oideachadh phrìseil seo a fhuair Eairdsidh tro bheul-aithris aig an taigh, gum b' e an sgeulaiche a b' ainmeile sa Bhaile Shear san 20mh linn (FN 30-11-2010).

Bha Eàirdsidh a cheart cho eirmseach ri athair, 's chumadh e gaire air aodainn an luchd-èisteachd aig na cèilidhean (MFN 29-11-2010). Ach, cha robh comas seinn a' ruith na theaghlach, 's b' e seo a bu choireach nach robh fuinn riamh air an cur air dàin Eàirdsidh (MFN 29-11-2010). A bharrachd air an seo, chan eil fios cò bhuidhe a thug Eàirdsidh gibht na bàrdachd, thoradh 's nach robh e gu follaiseach na theaghlach, ach thigeadh na rannan gu Eàirdsidh gu nàdarra agus a rèir Uilleim Dòmhnallaich, cha bu mhotha na sin a bha feum aca air fonn, thoradh nuair a bhitheadh Eàirdsidh gan aithris bha iad cha mhòr mar òran co-dhiù (FN 14-06-2011; UD 16-02-2011).

Ged a bha comas aig Eàirdsidh sgrìobhadh ann an Gàidhlig, chùm e gach duanag agus dàn air a chuimhne, ach Dàn 21 a chaidh a dhèanamh airson a leughadh 's cha b' ann airson aithris (UD 16-02-2011). 'S ann ri linn seo a shiubhail a' mhòr-chuid de dhàin leis fhèin nuair a bhàsaich e (MFN 29-11-2010; UD 16-02-2011). Chan eil sin ri ràdh ge-tà nach bitheadh Eàirdsidh gan aithris aig na cèilidhean neo fiù gan toirt seachad. Mar a dh'innis Uilleam Dòmhnallach, dh'fhaighneachd Eàirdsidh dha a dhol sìos dhan mhachaire thuige gus na ceithir dàin mu dheireadh a bha e air a dhèanamh a chlàradh, dìreach cola-deug mus do chaochail e. Thathar air leth fortanach gun do ghabh Uilleam ri miann a' bhàird, thoradh as aonais clàran Uilleim, cha bhitheadh gin de dhàin Eàirdsidh beò an-diugh (UD 16-02-2011).

Teacsa 20 - Am Brot a Rinn MacSuain.

Carson a bhitheas mi fo sprochd a-nochd 's an oidhche fuar, 'S gu leòr a bheireadh fortan air a' bhrot a rinn MacSuain. 'S a bheireadh mòran notaichean air poit dhe dhèanamh suas Nach dèan còcaire tha cosnadh ann an Taigh a' Bhota Ruaidh. ¹⁷⁹	4
Bha Ceit air tighinn on ospadal 's mar sin tha cor an t-sluaigh. Bha 'n oidhche nochd gu fois dhi bhith suidhe socair suas, Thug cuibheall an fhortain an roth le rath mun cuairt 'S thàinig beannachdan an dotair air a' bhrot a rinn MacSuain.	8
Bha tuineap ann is uinneanan, bha currain ann is càl 'S iad uileag a' dol còmhla ris a' chuid dhen fheòil a b' fheàrr. 'S nuair chaidh a roinn air truinnsearan gu robh gach nì gu d' chàil 'S cha robh e soirbh a riarachadh 's gach aon ag iarraidh spàin.	12
Bha Seonaidh Dhòmhnail Eòin ann, an seanchaidh gu bhàrr 'S bha Eàirdsidh an Dòmhnallaich 's e deònach dhol gu phàirt 'S bha Ragnall Ruadh san Uachdar ann 's fo ghualainn an t-each bàn Nach fheumadh srian neo diollaid sìos an Grianan neo Mhaoil' Bhàin. ¹⁸⁰	16
'S bha Seumas an Counsalair 's e gabhail fhonn ris fhèin, 'S bha Aonghas Chaluim Bheisdein ann, bu sheasmhach e na bheus; Bha Eàirdsidh agus Pàdraig ann mar chàch gu dà uair dheug, 'S thug Ceitidh às a' <i>pharlour</i> dhaibh na chuir am bàrd air ghleus.	20
Bha cuideachd ann bha aithnichte 's bha barraichte 's gach càs Bha fear dhiubh sin mo charaide Dòmhnall Ailein air Creig Àrd ¹⁸¹ Dh'fhaighneachd e 'Bheil cuimhne agad Anna Phaidhleat 's an ceàrd Cigein 's Màiri Chnòtaidh às a' chòbla sa mhuir làn.	24
Soraidh slàn san dealachadh 's gach beannachd le MacSuain,	

¹⁷⁹ Faic PT.4

¹⁸⁰ (11) & (8)

¹⁸¹ (30)

Sonas, sìth na dhachaigh leis gach là bhith fallain buan.

'S gealladh a th' air fhàgail dhuinn gu bràth nach caill e dhuais

A lùigeas deoch do chàch ge b' e mhàin an t-uisge fuar.

Tùs: LS bho Uilleam Dòmhnallach, (1978).

Seinneadair: Bha Uilleam Dòmhnallach air tàr-sgrìobhainn a dhèanamh dhen òran seo às dèidh dha na facail a' chlàradh bhon bhàrd fhèin ann an 1978, ach bha an clàr fhèin am measg na clàran a chaidh a dhìth air Uilleam (UD 16-02-2011). Tha an dàn mar sin air aithris leis an neach-rannsachaidh fhèin.

Cuspair: Moladh / Àbhachdas.

Àm is adbhair: A rèir nighean a phiuthar, Flòraidh NicMhathain, rinn Eàirdsidh suas an dàn seo oidhche na Bliadhn' Ùire ann an 1975/6, 's e am measg buidheann de nàbaidhean agus càirdean dhen sgìre, a bha a' dol timcheall a' bhaile air chèilidh le botal 's iad a' tadhal air Seumas agus Ceitidh san taigh-sgoile air a' chuairt seo (FN 14-06-2011; UD 16-02-2011). A rèir mar a tha an dàn fhèin ag ràdh bha bean Seumas MacSuain, Ceitidh, dìreach air tilleadh às an ospadal agus bha Seumas air brot a dhèanamh. Bha am brot seo mas fhìor cho fìor mhath 's gun robh a nàbaidhean fhèin agus fiù 's an dotair ga mholadh 's iad ag iarraidh pàirt dheth, 's Eàirdsidh ag ainmeachadh muinntir a' bhaile san dàn airson àbhachdas. Cha deach an dàn ach aithris aon turas a-mhàin aig a' chèilidh seo an taigh Sheumais an oidhche sin (UD 16-02-2011).

2. MacSuain: Seumas MacSuain a bha pòsta aig Ceit Dhòmhnail Ailein, (faic nota loidhne 5).

3. notaichean: Bhon Bheurla, a' ciallachadh airgead.

4. Tigh a' Bhota Ruaidh: Taigh mòr an iarla Seumas Granville, an Grìminis an Uibhist a Tuath. B' ann leis a bha oighreachd Uibhist a Tuath agus b' e co-ogha dhan bhanrigh a bh' ann, thoradh 's gun e peathraichean a bha na mhàthair-se agus a' bhanrigh bheag. 'S e duine beairteach a bh' ann, 's bha searbhantan aige san taigh mhòr agus còcairean cuideachd (CN 08-04-2011).

5. Ceit: Ceitidh Dhòmhnail Ailein. Bha i a' teagasg ann an Sgoil a' Bhaile Shear eadar 1968 agus 1983, nuair a dhùin e, agus b' i a' bhana-mhaighstir sgoile cuideachd san ùine seo (Baleshare School Log Book 9/8/1976-1/7/1983). Bha i fhèin 's an duine aice Seumas MacSuain a' fuireach san taigh-sgoile leis an triùir chloinne aca, fhad 's a bha i a' teagasg ann (UD 16-02-2011).¹⁸²

10. uileag = uile.

¹⁸² (13); Faic PT.3(aa).

11. d' chàil: do mhiann (MFN 29-11-2010).

13. Seonaidh Dhòmhnaill Eòin: Seonaidh MacAmhlaigh (1921-1990), co-ogha do dh'Eàirdsidh fhèin. Bha e a' fuireach air a' mhachaire airson a' mhòr-chuid dhe bheatha (FN 30-11-2010).¹⁸³ Bha e ainmeil na sheanchaidh, agus b' e duine cho fiosraichte 's a bha riamh sa Bhaile Shear (MFN 29-11-2010).

14. Eàirdsidh an Dòmhnallaich: Eàirdsidh Aonghas Chalum Bheisdein (1958-2011) (CN 08-04-2011). Bha e a' fuireach an Loch-Mòr, dìreach mu choinneamh na sgoil agus an taigh-sgoile (MFN 29-11-2010).¹⁸⁴ Cha bhitheadh Eàirdsaidh ach na dhuine òg nuair a chaidh an dàn seo a dhèanamh ach bha e fhathast deònach tadhal air Seumas airson a phàirt dhen bhrot (MFN 29-11-2010).

15. Ragnall Ruadh: Ragnall MacAonghais a tha a' fuireach sa Ghrianan fhathast.¹⁸⁵ 'S ann san Uachdar am Beinn na Fadhl a thogadh e (UD 16-02-2011).

15. an t-each bàn: 'S e seòrsa de dh'uisge beatha a bha seo, '*White Horse Whiskey*' (UD 16-02-2011).

15-16: Ged as e uisge beatha a bh' anns "an t-each bàn", tha Eàirdsidh a' cluich leis na facail an seo airson àbhachdas 's e a' toirt ciall litireil dhan each bàn cuideachd. Eadar an 18mh linn 's toiseach an 20mh linn bhitheadh odaidhean, rèisean eich, aca sa Bhaile Shear air machaire Iochdamais.¹⁸⁶ 'S e seo as coireach 's gu bheil e ag ainmeachadh uidheamachd nan each agus àitichean air machaire Iochdamais an seo cuideachd airson fealla-dhà, 's fios aig an luchd-èisteachd gun e an t-uisge beatha a bha e a' ciallachadh bho thùs (UD 16-02-2011; MacDonald 1971, 18).

17. Seumas: Seumas Robasdan, mac do Chalum Ghilleasbuig Nèill.¹⁸⁷

18. Aonghas Chaluim Bheisdein: athair Eàirdsidh, (Faic nota loidhne 14). B' ann leis a bha taigh Loch-Mòr 's mar sin b' e nàbaidh a bh' ann do Sheumais MacSuain is Ceitidh cuideachd (UD 16-02-2011).

19. Eàirdsidh: Faic nota loidhne 14.

19. Pàdraig: Pàdraig MacMhathain a tha pòsta aig Flòraidh NicMhathain, (an tè-bratha). Tha iad a' fuireach dìreach shuas bhon taigh-sgoile (FN 30-11-2010).¹⁸⁸

¹⁸³ (3); Faic PT.3(ac).

¹⁸⁴ (12)

¹⁸⁵ (10)

¹⁸⁶ (7)

¹⁸⁷ (34)

¹⁸⁸ (16)

20: Thug Ceitidh suas am brot dhaibh bhon *Pharlour*. Feumaidh gu bheil Eàirdsidh a' cleachdadh am facal *Parlour* an seo airson an taigh-sgoile a choltachadh ri Taigh a' Bhota Ruaidh, ged nach bitheadh Ceitidh ach air a thoirt bhon chidsin.¹⁸⁹ 'S e e fhèin a th' anns 'a' bhàrd' a tha e ag ainmeachadh (UD 16-02-2011).

21. càs: èiginn (MFN 29-11-2010).

22. Dòmhnall Ailein: Dòmhnall Ailein Eòin Bhig (Dòmhnallach), athair Ceitidh NicSuain (UD 16-02-2011).

23. Anna Phaidhleat: Faic Dàn 1, nota loidhne 5.

23-24: Bha cèaird a' fuireach ann an cuaraidh a' Chlachain aig deireadh an 19mh / toiseach an 20mh linn,¹⁹⁰ 's bha Cìgein agus Màiri Chnòtaidh a' fuireach ann am Pàirce nan Cailleach (UD 16-02-2011).¹⁹¹

24. chòbla: geòla bheag (MFN 29-11-2010).

28. lùigeas: a mhiannaicheas (MFN 29-11-2010).

¹⁸⁹ Bhitheadh cuid a' bhàird a' cleachdadh facail Beurla nam bàrdachd mar seo airson fealla-dhà cf. 'Òran a *Bhirthday Party*' le Dòmhnall Iain Dhonnchaidh ann an Innes (1998, 170-174).

¹⁹⁰ (51)

¹⁹¹ (47)

Teacsa 21 - Trì rannan a' freagairt rannan Dhòmhnaill.

Cha aithne dhòmhsa a' taing, A thoirt san ' am mar bu chòr dhomh S' mo theanga buileach mall.	
Cur rann a freagairt Dhòmhnaill,	4
Cha' neil do theist a'n diugh air chall S' iomadh clann a leughas òg i Eadar Ghaidheal agus Ghall, S' tirean thall nan' roinn-Eòrpa.	8
Nuair leugh mì pàirt do' d chruas do'd 'chàs Ardaich e mo spèis dhut Cur na blàs ri uchd a' bhais A' smàladh luchd na éucoir, So dhut mo làmh le sìth is gràdh, Le bannan blàth nach treig sinn. S' nuair thachras bàird an' tìr na' m Bàrd Gun òl sinn slàinte a' chéile	12 16
Se tlachd is miadh thug orm cur sìos Gu Dòmhnall Iain Dhonnchaidh, S bhi tinn na slàn na saibhlean làn Cha àicheadhainnsa m' ainm ort, S mi Earrdsaidh Macamhladh Ga chur a' n cainnt nan seanmhar, San Iolaraidh, an Uidhist-a-tuath, Chaidh m' àrach suas nam leanban.	20 24

Tùs: LSS Eàirdsidh MacAmhlaigh (1977) a fhuaradh bho Uilleam Dòmhnallach.

Seinneadair: Fhuaradh na rannan seo air an sgrìobhadh ann an làmh-sgrìobhainn a' bhàird fhèin, bho Uilleam Dòmhnallach. B' e seo an aon dàn a sgrìobh Eàirdsidh sìos riamh agus thug e leth-bhreac dheth do dh'Uilleam goirid mus do bhàsaich e (UD 16-02-2011).¹⁹²

Cuspair: Moladh/ Càirdeas.

Àm is adhbhar: Sgrìobh Eàirdsidh na trì rannan seo nam freagairt do litir agus rannan bàrdachd a chuir am bàrd Dòmhnall Iain Dhonnchaidh à Uibhist a Deas thuige ann an 1977. Anns na 1970an, bhitheadh cèilidhean mòra aca ann am Baile Mhanaich, far am bitheadh muinntir Uibhist 's Beinn na Fhadhla 's na bàird ionadail nam measg, mar an dithis bhàird seo, a' coinneachadh gus an cuid bàrdachd agus òrain a sheinn neo aithris agus an ùine a chur seachad (UD 16-02-2011). Mar a tha litir Dhòmhnail ag innse, chòrd na rannan bàrdachd a dh'aithris Eàirdsidh aig aonan de na cèilidhean seo ann an 1977 ris cho mòr 's gun do sgrìobh e fhèin trì rannan mar fhreagairt dhuibh. B' ann às dèidh dha litir Dhòmhnail fhaighinn a sgrìobh Eàirdsidh fhèin na trì rannan seo nam freagairt air ais thuige, 's e a' moladh a' bhàird agus a chuid bàrdachd agus ag innse cho mòr 's a tha e a' coimhead air adhart ri fhaicinn a-rithist (UD 16-02-2011). Ged nach eil sgeul an-diugh air an litir a chuir Eàirdsidh gu Dòmhnall leis na rannan seo, thathar air leth fortanach gun tug Eàirdsidh fhèin litir Dhòmhnail thuige mus do bhàsaich e fhèin.¹⁹³

5-12: Chaidh *Fo Sgàil a' Swastika*, leabhar a tha na chunntas pearsanta air an ùine aig Dòmhnall Iain Dhonnchaidh san dàrna cogadh, fhoillseachadh ann an 1974 (MacDhòmhnail 2000).

9. càs: èiginn, sàrachadh.

¹⁹² Faic PT.8 airson Dàn 21 ann an làmh-sgrìobhainn a' bhàird fhèin.

¹⁹³ Faic PT.9 & 10 airson an litir agus na rannan bàrdachd thùsail a chuir Dòmhnall Iain Dhonnchaidh gu Eàirdsidh ann an 1977, gus a mholadh. Cha deach iad seo fhoillseachadh am measg cruinneachadh bàrdachd Dhòmhnail Iain Dhonnchaidh, ach nochd dàn molaidh a rinn e do bhàrd eile den Bhaile Shear, Dòmhnall Ruadh Chorùna, sa chruinneachadh aige, faic Innes (1998, 262-265).

Teacsa 22 - Sgoil a' Bhaile Shear – Ceud Bliadhna – 1977.

Nam bruidhneadh clachan a' bhalla
 'S a h-eachdraidh aithris do dhaoine,
 'S gun tionndadh gach duilleag air ais
 Nach crìon 's nach seac le aois;
 Air teaghlaichean òg agus lag
 Dilleachdain bheaga agus mhaoth,
 A sheas co-ionnan ri chèile
 Gan teagasg gu lèir mar aon.

8

Bha tràth sa mhadainn ri tilleadh
 Gu minig a' sileadh nan deur,
 Airtnealach trom a bha 'n aigne
 Suidhe le бага agus sglèat.
 Gun deach àireamh bhliadhnaichean seachad
 Fo theagasgan fallain le rian,
 Gun do thionndaidh iad cùl ris an doras
 A dh'fhosgail dhaibh onair is ciall.

16

Dh'èirich 'ad suas gu inbhe
 'S shoirbhich leotha 'n iomadach ceàrn,
 Ministearan faiceallach diadhaidh,
 Tidsèaran lìonadh am pàirt.
 Tuathanaich fèidh agus cìobairean
 Nursaichean rìomhach fo bhlàth,
 Luchd-seinn a ghleusadh a' phìob
 Chan fhacas 'na linn i gun bhàrd.

24

'S bha 'ad air thoiseach 's gach gaisge
 Gun eagal no taise roimh chàs,
 Ri faicinn na rìoghachd 'na h-èiginn
 Ri èigheach cogaidh no blàir.
 Thuit dhiubh an cogadh a' Cheusair
 'S thug *Hitler* a bheum leis a' bhàs,
 Bha cuid ann an Cogadh nam Boers

Tha crìon fon fhòid san *Transvaal*.

32

Ach buaidh le na tha beò 's a' tachairt
 An aitreabh gineal nan àl
 A tharraingeas an cuimhne le tlachd
 Gu cleachdadh cuideachd an gràidh,
 Ach sìth do na dh'fhalbh 's a th' aig fois
 A-nochd ann an cadal a' bhàis,
 'S a dh'fhàg cho cliùiteach a h-eachdraidh
 Nach dubhar a maise gu bràth.

40

Tùs: Dòmhnallach 1984, 219-220.

Seinneadair: Chlàr Uilleam Dòmhnallach Eàirdsidh fhèin ag aithris an dàn seo ann an 1978 (UD 16-02-2011). Nochd e an uair sin ann an alt a sgrìobh Uilleam air bàrdachd Eàirdsidh airson *Gairm* ann an 1984, 's b' ann tron sgrìobhadh a mhair e chun an latha an-diugh, oir 's gun deach clàran Uilleam a dhìth, 's cha bu mhotha na sin a mhair e air cuimhne seinneadairean an eilein, 's gun iad ga aithris (UD 16-02-2011; Dòmhnallach 1984, 219-220). Tha an dàn mar sin air aithris leis an neach-rannsachaidh fhèin.

Cuspair: Moladh/ Tachartas Ionadail.

Àm is adhbhar: Rinn Eàirdsidh an dàn seo airson cèilidh sònraichte a chaidh a chumail ann an Sgoil a' Bhaile Shear air an 2mh latha den Dùbhlachd 1977, airson a' cheudamh bliadhna dhen sgoil a chomharrachadh (AN 16-02-2011; FN 14-06-2011).¹⁹⁴ Chaidh an oidhche a chur air dòigh leis a' mhnaoi-teagaisg, Ceitidh NicSuain, le cuideachadh bho mhuinntir an eilein, 's fiathachadh air a thoirt do na b' urrainnear a lorg de sheann sgoilearan na sgoile.¹⁹⁵ Chruinnich suas ri dà cheud dhiubh san sgoil fhèin an oidhche sin airson an cèilidh ainmeil seo, far an robh cur-seachad na h-oidhche air a lìbhrigeadh eadar na sgoilearan fhèin agus iomadh seann sgoilear, bho òigridh gu bodaich (Gun ainm 1978, 4). Lìbhrig Eàirdsidh an dàn seo dhan luchd-èisteachd an oidhche seo gus cuimhneachan a bharrachd a dhùsgadh annta fhèin, 's facail an dàin a' buntainn ri gach fear dhiubh agus an teaghlaichean, 's e "a' toirt iomraidh air eachdraidh na sgoile agus nan sgoilearan a dh'èirich gu inbhe air feadh an t-saoghail an dèidh toiseach an fhoghlaim fhaighinn ann an Sgoil a' Bhaile Shear" (Gun ainm 1978, 4; AN 16-02-2011). B' e seo an aon turas a chaidh an dàn aithris air beulaibh muinntir a' Bhaile Shear, 's e a' dol às an cuimhne às dèidh dhan tachartas crìochnachadh (MFN 14-02-2011).

5-8: Bha bochdainn bitheanta sna teaghlaichean sa Bhaile Shear, 's caitheamh beatha throm aca, gu h-àraidh aig deireadh an 19mh linn agus a' chiad leth dhan 20mh linn. Ach a dh'aindeoin sin, fhuair gach pàiste an aon oideachadh 's an ionnsachadh priseil san sgoil (UD 16-02-2011).

10-11: tric a' caoineadh. Cha robh na sgoilearan airson a bhith san sgoil (UD 16-02-2011).

15-16: B' e am foghlam a fhuair iad san ionad seo a dheasaich tòrr dhiubh airson na beatha a bha rompa nuair a dh'fhàg iad an sgoil (UD 16-02-2011).

¹⁹⁴ (14); Faic PT.3(b).

¹⁹⁵ Faic PT.3(ab).

17: 'ad = iad.

26. chàs: èiginn, duilgheadas, sàrachadh (MFN 29-11-2010).

29-32: Chaidh an t-uabhas fir òg bhon eilean a shabaid sna cogaidhean mòra, 's chaill tòrr dhiubh am beatha 's iad an sin (MFN 29-11-2010).

33-34: Tha am bàrd a' toirt beannachd dha na seann sgoilearan tha beò an-diugh, 's iad fhathast a' coinneachadh ann an taighean an sinnsearan (MFN 29-11-2010).

Teacsa 23 - Marbhrann do Lena NicAmhlaigh a chaochail anns a' Bhaile Shear san Dùbhlachd 1977.

Nuair dh'fhàg thu Lena tìr nam beò,
 'S thug Dia do ghlòir thu suas,
 'S ann falamh, fàs tha d' àite dhòmhs'
 Nach fhaic mi 'n còrr dhe d' chuairt.
 'S ann goirid, geàrr tha blàth an ròis,
 'S gach lus as bòidhche snuadh,
 'S ar beatha atà mar bhlàth an fheòir
 Neo sgeul ò bheòil an t-sluaigh.

8

Carson nach tàinig sgeul nar cluais
 Nuair bha thu bhuainn a' falbh;
 Ach cò aig tha fios ach thus' tha shuas,
 Air tìm is uair ar gairm.
 'S dh'èist an ùrnaigh chuir i suas,
 An taice buaidh nan salm,
 Mun d' dhùin i sùil sa chadal bhuan
 Sàmhach, fuar is balbh.

16

Mar ghadaiche tha teachd san oidhch',
 Tha saighdean geur a' bhàis,
 An gath tha lot gach àl is linn
 Nach bac 's nach till ar làmh.
 Nì dachaigh bhlàth 'na làraich luim,
 Le còinneach innte a' fàs;
 Far nach cluinn gu bràth na fuinn
 Air teaghlach cruinn mar bha.

24

Cò 'ad tha 'n trusgan fada geal,
 'S cia às tha teachd an cuairt:
 'S iad seo a nigh iad fhèin gu tur
 Gun uisge ach fuil an uain.
 Tre ghràs a shaoradh glan gun ghò,
 Tre thrioblaid mhòr thug buaidh

Air caoidh is àmhghair, cràdh is leòn

Air bàs is bròn is uaigh.

32

Tha thu ma-tà an comadh gràidh

An àros Rìgh nan Dùl;

'S tu sgeadaicht' anns an deise as fheàrr

A' feitheamh Là na Cùirt.

Tha mise an seo gun tig an là

'S an càirear mi ri d' chùl,

Oir tha e leams' na thalamh blàth

Far bheil thu ghràidh fon ùir.

40

Tùs: Dòmhnallach 1984, 220-221.

Seinneadair: Fhuairadh facail an dàin seo cuideachd bhon alt a sgrìobh Uilleam Dòmhnallach ann an *Gairm* (1984) (Dòmhnallach 1984, 220-221). Tha e mar sin air aithris leis an neach-rannsachaidh fhèin.

Cuspair: Marbhrann.

Àm is adhbhar: Rinn Eàirdsidh am marbhrann seo dha phiuthar, Lena NicAmhlaigh, màthair an tè-bratha, Flòraidh NicMhathain, goirid às dèidh dhi bàsachadh gu aithghearr an Iolaraidh air an 13mh latha den Dùbhlachd 1977 (FN 14-06-2011). Leis nach do phòs Eàirdsidh riamh, bha e uabhasach faisg air Lena agus tha e follaiseach bhon dàn cho brùite 's a bha a chridhe 's i air siubhal. Tha cuid de mhuinntir an eilein dhen bheachd gu bheil deireadh an dàin cuideachd a' soilleireachadh gun robh faireachadh aig a' bhàrd nach bitheadh e fada gus an tigeadh am bàs air fhèin. Chan eil fios am faca e fhèin manadh dhen seo, neo ciamar dìreach a bha fios aige air, ach chaochail Eàirdsidh dìreach cola-deug às dèidh dha an dàn seo aithris do dh'Uilleam Dòmhnallach (UD 16-02-2011).

Cha deach an dàn seo aithris ach aon turas le Eàirdsidh fhèin, aig tiodhlacadh Lena. Ach, a rèir Flòraidh NicMhathain chuir an t-Urramach Ruairidh Moireasdan, a bha na mhinistear ann an Eaglais a' Chlachain¹⁹⁶ eadar 1974 agus 1981, fonn ris an dàn seo agus sheinn e do dh'Eàirdsidh fhèin e nuair a bha e air leabaidh a' bhàis sa Ghiblean 1978. Tha e coltach gun do bhàsaich Eàirdsidh dìreach làthaichean às dèidh seo, 's chan eil fios an-diugh air am fonn (FN 14-06-2011).

5. blàth an ròis: a' samhlachadh beatha (FN 14-06-2011).

14-16: Bhàsaich Lena na cadal, às dèidh dhith ùrnaigh na h-oidheche a ràdh. B' e a cridhe a thug am bàs dhi (FN 14-06-2011).

17. gadaiche: mèirleach (MFN 29-11-2010). Faic an Tiomnadh Nuadh: 1 Tessal 5:2 is eile.

21-24: Sealladh dhan sgrios a nì bàs ann an teaghlach (MFN 29-11-2010).

25. trusgan fada geal: an anart-bàis (MFN 29-11-2010).

25-32: Tha seo a' buntainn ri Leabhar an Taisbeanaidh 7:13-15. 'S iadsan a chumas dìleas do Dhia tro chràdh 's dheuchainn, 's gheibh iad gu Nèamh.

29. gò: breug neo cron (MFN 29-11-2010).

¹⁹⁶ PT.4; Faic PT.3(e).

34-35: A' bruidhinn gu dìreach ri Lena 's i ann an Nèamh (MFN 29-11-2010).

Teacsa 24 - Do Shiùsaidh NicIllEathain air dhi a dhreuchd a leigeil dhith – Giblean 1978.

Chan eil e furasta dhomh innse
 Na modhannan tha fillte,
 Neo an dealachadh le rìomh do mo bhanacharaid
 Gun aithreachas neo dìteadh
 Air barantas na firinn
 Am barail a nì sìmplidh mo sheanachas. 6

Toirt sealladh air ar cùlaibh
 Air lathaichean bha cùbhraidh,
 A shealbhaich an dùthaich fo seirbhis
 Barraichte ann an cunntais
 Aithnichte ann am bùthaidh
 'S ann a bha Siùsaidh NicFhearghais. 12

'S a dh'aindeoin dè na caochlaidh
 A thachras ri daoine,
 Gu leòr nach bi saor o bhith searbh dhiubh.
 Ged a thuiteadh gach aon oirre,
 An dòigh nach bu chaomh leinn,
 Chan fhacas a h-aodann is fearg air. 18

Taitneach na sgèimhidh,
 Banail na beusaidh,
 Is tlachdmhor na h-èideadh 's na dealbhaidh.
 Gun sgrùdadh gun sgreangaidh,
 Gun lùbadh gun mheangaidh,
 Gun àrdan gun aimhreit gun fharmaid. 24

Is fhada bhios cuimhne
 Air na h-òrain a sheinn i,
 An Gàidhlig le loinn a chuir ainm dhi.
 'S le muinntir na tìre

An coitheanal na sgìre,
 Bu bhinn a' cur fonn air an t-salm i. 30

Cha chunntais do mheòirean
 Na dh'iarr i ri pòsadh,
 Cha b' ann airson stòras neo airgead.
 Ach tlachdmhor na bòidhchead,
 'S faiceall na còmhradh,
 A h-eòlas, 's a h-òrain 's a seanachas. 36

Choisinn i an t-òigfhear
 A roghnaich i phòsadh,
 Leathannach òg bhusan dearga
 Chaidh àrach an Càirinis,
 Lùbadh nam bàgh,
 A dh'fhàg i na màthair 's na seanmhair. 42

Gun robh buadhan is feartan,
 Mun Chlachan ga leantainn,
 Fo fhasgadh nan glas bheannan gorma.
 Neo ma dh'fhaoidte ga faicinn,
 'S a làithean ga mealtainn
 'S a dachaigh air machraichean seamraig. 48

Tùs: Dòmhnallach 1984, 221-222.

Seinneadair: Fhuaradh facail an dàin seo bho alt Uilleim Dhòmhnallaich ann an *Gairm* (1984) cuideachd. Tha e mar sin air aithris leis an neach-rannsachaidh fhèin.

Cuspair: Moladh

Àm is adhbhar: Rinn Eàirdsidh an dàn molaidh seo airson aithris aig tachartas a bh' aca ann an talla Chàirinis¹⁹⁷ sa Ghiblean 1978, airson taing a thoirt do Shiùsaidh às dèidh dhi a dreuchd a leigeil dhìth na bana-mharsanta ann am bùth a' Chlachain, airson nam bliadhnaichean a chosg i a' frithealadh seirbhis air leth cudromach sa choimhearsnachd agus gus soilleireachadh cho mòr 's a bhitheadh i air a h-ionndrainn sa bhùthaidh (UD 16-02-2011).¹⁹⁸ Tha e soilleir bho fhacail an dàin gun robh Eàirdsidh fhèin a' saoil sinn an t-uabhas dhith 's tha e coltach gun robh e fhèin ann an gaoil leatha agus gun do dh'fhaighneachd e dhith a phòsadh nuair a bha e òg (CN 08-04-2011).

3. rìomh: facal eile airson grìogag. Tha Eàirdsidh a' moladh Siùsaidh an seo 's e a' cur cuideam air cho cudromach 's a bha i sa choimhearsnachd (AN 16-02-2011).

7-12: B' ann le Siùsaidh NicFhearghais, nighean Alasdair Rob, a bha bùth a' Chlachain eadar 1948 agus 1978. B' e marsanta a bha na h-athair roimhe 's thug ise seachad a' bhùth nuair a leig esan a dhreuchd dheth. Bha Siùsaidh mar sin a' frithealadh na coimhearsnachd agus muinntir a' Bhaile Shear air cùlaibh cuntair sa bhùthaidh (AN 16-02-2011).

19. sgèimhidh: bòidhchead (MFN 29-11-2010).

20: Bha i cianail modhail, 's cha robh i mòr aiste fhèin idir (MFN 29-11-2010).

22. sgreangaidh: (?) Chan fìos air ciall am facail seo.

23. mheangaidh: lochd (MFN 29-11-2010).

22-24: Bha Siùsaidh cho modhail 's nach canadh i facal dona mu dhuine (MFN 29-11-2010).

25-30: Bha Siùsaidh ainmeil math air seinn, 's bhitheadh i cuideachd air a cluinntinn san eaglais a' seinn gu na salm (MFN 29-11-2010).

37-42: Phòs Siùsaidh Calum MacIllEathain à Càirinis an Uibhist a Tuath ann an 1927. Bha aon nighean aca, Seasaidh (CN 08-04-2011).

¹⁹⁷ (53)

¹⁹⁸ Faic PT.3(ad) & (ae).

47. mealtainn: toileachadh (MFN 29-11-2010).

48: Bha Siùsaidh a' fuireach ri oir a' Chladaich Chumhaing, far a bheil tràigh (MFN 29-11-2010).¹⁹⁹

¹⁹⁹ (48)

3.2.9 Gun Urra

(c.1870/80an – 1908).

Chan eil fios cò a' bhana-bhàrd rinn Òran 25/26, ach bho na daoine a th' air ainmeachadh ann, feumaidh gun deach a dhèanamh eadar deireadh an 19mh linn agus fìor thoiseach an 20mh linn (MFN 14-02-2011).

Teacsa 25/26 - Tha m' Fhearann Saidhbhir Ò Dha²⁰⁰

Sèist: Tha m' fhearann saidhbhir ò dha,

Hùth ru bhò na b' àill leam e

Tha m' fhearann saidhbhir ò dha.

3

Tha m' fhearann saidhbhir ann an Grianraig

Cumail crìoch ri Arasaig,

Tha m' fhearann saidhbhir ò dhà.

6

Tha m' fhearann saidhbhir socair còmhnaidh,

Aig Rob Mòr an Càirinis²⁰¹

Tha m' fhearann saidhbhir ò dha.

9

Tha m' fhearann saidhbhir làn do stòras,

Nam biodh Dòmhnall Bàn agam²⁰²

Tha m' fhearann saidhbhir ò dha.

12

Saoileam gur e clachan siùcair,

Bhiodh a' dùnadh ghàrraidhean,

Tha m' fhearann saidhbhir ò dha.

15

Shaoileam gur e poll 's eabar

A bhiodh (an?) Eige go d' ràini' sinn.

Sèist.

²⁰⁰ Tha an òran fo dà àireamh thoradh 's gu bheil e air a sheinn ann an dà dhiofar dhòigh air a' chlàr.

²⁰¹ (59)

²⁰² (20)

Tùs: MFN 14-02-2011.

Seinneadair: Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill. Thog Magaidh Flòraidh na rannan seo bhon bhòrd-luaidh, 's a peathraichean, Lachac agus Agnes, tric ga sheinn aig luadhan sa Bhaile Shear sa chiad leth dhen 20mh linn. Ach, air clàr 25 tha i ga sheinn mar a bhitheadh i dèanamh 's i ri obair eile timcheall an taighe. Mar sin, tha clàr 26 air a sheinn leis an neach-rannsachaidh aig an astar a bhithe ga sheinn airson luadh (MFN 14-02-2011).²⁰³

Facail/fonn an òrain: Tha òran luaidh leis an aon tiotal, 's fonn car coltach ris, air a sheinn le Julie Fowlis air a clàr *Uam* (Fowlis 2011, clàr 3). Feumaidh mar sin, gun e atharrachadh ionadail den òran thùsail a th' anns an fhear seo.

Cuspair: Gaol.²⁰⁴

Àm is adhbhar: A rèir Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill 's e òran gaol a th' ann, 's tha am 'fearann saidhbhir' a' samhlachadh gaol a' bhana-bhàird. 'S e Uibhistich, agus gu dearbha fear de mhuinntir a' Bhaile Shear, a th' ann an aonan de na fir seo, ach tha àitichean bho thìr-mòr air an ainmeachadh ann cuideachd. Ged nach deach co-theacsa an òrain riamh innse timcheall a' bhòrd-luaidh, tha Magaidh Flòraidh dhen bheachd gun ann às a' Bhaile Shear neo a' mhòr-fhearainn a bha a' bhana-bhàrd, 's gun e seo as coireach 's gun do mhair an t-òran am measg boireannaich an eilein cho fada (MFN 14-02-2011). Bhitheadh na boireannaich cuideachd ga sheinn 's iad ri obair an taighe agus còcaireachd.²⁰⁵ Tha an t-uabhas mhì-chinnt am measg teacsa an òrain seo ge-tà, 's gun fhìos carson a tha i ag ainmeachadh àitichean cho fad air falbh bhon Bhaile Shear.

2. saidhbhir: torach, math dheth (MFN 14-02-2011).

2. na b' àill leam e: nan còrdadh e rithe. Ach, 's dòcha gum bu chòir dha ràdh, '*nam b' àill leibh e*', gus bruidhinn gu dìreach ris a gaol, 's e a' nochdadh mar seo san t-atharrachadh dhen òran air clàr Julie Fowlis (MFN 14-02-2011; Fowlis 2011, clàr 3).

4-5: 'S cinnteach nach bitheadh fearann aig boireannach sam bith eadar Grianais agus Arasaig sa Ghàidhealtachd, mar sin faodaidh gun robh gaol aice air duine uasal mar ceann-cinnidh a bha os cionn an oighreachd seo, neo gun e seo pàirt dhen òran thùsail, a bha 's dòcha air a dhèanamh le nighean uasal (MFN 14-02-2011). 'S dòcha cuideachd gun deach a chumail san atharrachadh ionadail seo dhen òran air sgàth 's gun robh am bana-bhàrd air falbh a Ghrianais 's an Arasaig a dh'obair. Dh'fhàg an t-uabhas chlann-nighean am Baile

²⁰³ Faic t.d 32.

²⁰⁴ Faic t.d 32; tha structar an òrain mar òran luaidh dualach do dh'òran gaol le boireannach.

²⁰⁵ Faic t.d 32.

Sear aig deireadh an 19mh agus toiseach an 20mh linn, 's iad a' dèanamh air taobh Ghlaschu airson altraim ionnsachadh neo obair ann an taighean-mòra nan daoine uasal (MFN 14-02-2011). Ach leis an uimhir mhì-chinnt 's dòcha cuideachd gu bheil na loidhnichean seo a' riochdachadh am farsaingeachd do dh'aitichean anns an deach fir air an robh gaol aice.

8. Rob Mòr: Rob Fearghasdan, athair Niall Rob an Càirinis. Rugadh Rob timcheall air na 1860/70an (MFN 14-02-2011).²⁰⁶

11. Dòmhnall Bàn: Dòmhnall MacAmhlaigh, (1872-1954), athair Magaidh Flòraidh NicDòmhnail. Phòs e màthair Magaidh Flòraidh, Ciorstaidh Chaimbeul, ann an 1908, 's mar sin shaoileamaid gun deach an t-òran seo a dhèanamh mus do phòs e, mas e esan gu dearbha a th' anns an Dòmhnall Bàn seo (MFN 14-02-2011).²⁰⁷

16: Cha robh e torach idir.

17: Feumaidh gun e 'bhitheadh an Eige' neo 'bhitheadh aige' a bha an seo bho thùs, 's gun deach a thogail ceàrr.

17. Eige: Eilean Eige, 's dòcha gun robh seo aige air oighreachd cuideachd, neo 's dòcha gun e 'aige' a bu chòir a bhith ann.

17. go d' ràini = gu d' ràinig.

²⁰⁶ (59)

²⁰⁷ Tha Dòmhnall Bàn eile air ainmeachadh anns an leagadh dhen òran seo a bhitheas Julie Fowlis a' seinn air a clàr *Uam*, ach chan eil fios cò e (Fowlis 2011, clàr 3).

4 Caibideil a Ceithir.

4.1 Gibht na bàrdachd agus modhan-dèanamh.

“Is leis a’ Bhàrd a theanga fhèin” (Nicolson 1951, 262).

Ged nach eil sa chruinneachadh san tràchdas seo ach criomag de na chaidh a dhèanamh de dh’òrain agus dàin le bàird agus bana-bhàird an eilein thairis air an 19mh agus an 20mh linn, tha e fhathast a’ soilleireachadh na dh’àraich eilean cho beag ris a’ Bhaile Shear de bhàird agus bhana-bhàird aithnichte san ùine seo, agus an seòrsa bàrdachd a bha iad ris.²⁰⁸ ’S e amas a’ chaibideil seo ma-tà, sealladh a thoirt air an dreuchd a bh’ aig rannaichean an eilein sa choimhearsnachd thairis air an dà linn tro sgrùdadh air cuspairean agus co-theacsa an cuid bhàrdachd. Soilleirichidh seo cuideachd an adhbhar a bh’ aig an cuid òrain agus dàin sa choimhearsnachd. A bharrachd air an seo, mìnichear na h-atharrachaidhean a thàinig air amasan agus dreuchd nam bàrd agus bana-bhàrd thairis air an dà linn agus a’ bhuaidh a bh’ aig seo air dreuchd nan òran agus dàn fhèin sa Bhaile Shear. Ach airson seo uile a dhèanamh gu soirbheachail, feumar tuigse fhaighinn an toiseach air tùs comas nam bàrd ’s nam bana-bhàrd air òran neo dàn a chur ri chèile, agus mar a bha e ag obrachadh nam beatha làitheil.

A rèir Flòraidh NicMhathain, agus mar a tha eachdraidh nam bàrd ’s bana-bhàrd sa chruinneachadh fhèin a’ soilleireachadh, bha muinntir a’ Bhaile Shear a’ creidsinn gun e gibht dhùthchasach a bha sa chomas seo air rannan neo òrain a chruthachadh, agus gum bitheadh e mar sin a’ ruith ann an cuid a theaghlaichean an eilein, dìreach mar a bha gibht an t-seinn neo an cumhachd os-nàdarra (FN 30-11-2010). Cha ghabhadh ionnsachadh bho dhuine gu duine neo tro oideachadh sam bith, ’s am bàrd Dòmhnall Ailein Dhòmhnall na Banaich ag ràdh san 20mh linn, *“chan eil de dh’fhoghlam air an t-saoghal a dhèanadh duine na bhàrd”* (Macdonald 1999, 58). Mar Dhòmhnall Ailein, chanadh muinntir a’ Bhaile Shear gur ann san fhuil a sgaoil a’ ghibht seo, bho shinnsear aig an robh a’ ghibht a-nuas gu leanabh ùr, ’s gun roghainn mar sin aig a’ phàiste fhèin mun teanga sgileil seo leis an deach a bhreith (Macdonald 1999, 58; MFN 11-08-2011). Cha bu mhotha na sin a bha dòigh ann air innse cò am pàiste neo an ginealach anns an leanadh a’ ghibht, thoradh mar a

²⁰⁸ Dh’fhaodadh gun robh am barrachd bàird agus bana-bhàird aithnichte ann aig toiseach an 19mh linn, ach chan eil ròs orra an-diugh.

chithear ann an craobh-teaghlaich 1 agus 2, cha leanadh e anns gach pàiste dhen teaghlach, 's bhitheadh a' ghibht uaireannan a' leum ginealaich slàn cuideachd.²⁰⁹

Bhon an àm a rugadh bàrd neo bana-bhàrd sam bith ge-tà, 's ann leis fhèin a bha a' ghibht agus an dleastanas 's an t-urram a thigeadh leis, gu deireadh a bheatha (MFN 11-08-2011). Ach, mar a dh'innis na bàird Iain MacNeacail agus Dòmhnail Iain Dhonnchaidh, nuair a bha iadsan nan deugairean a' dèanamh suas rannan 's òrain nan cinn, cha do thuig iad riamh gun e gibht air leth a bha seo anntasan; bha dùil acasan gun robh an comas seo gu nàdarra aig a h-uile duine, 's Dòmhnall Iain Dhonnchaidh ag ràdh; "...*tha mi cinnteach gu robh mi suas ri, faisg air fichead bliadhna mun do rinn mi mach, a rèir 's mar a bhiodh iad a' bruidhinn rium, nach dèanadh iadsan sìon dhe siud agus gun dèanainn-sa' e,*" (Dòmhnallach 1996, 100; McKean 1996, 111). Bha iomadh bàrd agus bana-bhàrd òg dhen aon bheachd air sàilleabh 's nach b' aithne dhaibh beatha as aonais a' ghibht 's e air fhighe nam beatha làitheil (McKean 1996, 114; MFN 11-08-2011). Cha bu mhotha na seo a dh'fheumadh iad cus smaoineachadh neo oidhirp a dhèanamh gus òran neo dàn a chur ri chèile, thoradh 's nach robh cothrom neo smachd aca thairis air mar a bha a' ghibht aca ag obair bho latha gu latha co-dhiù. Bhitheadh loidhnichean agus rannan a' bualadh nan inntinn uaireannan, gun iarraidh neo fiù 's gun fhiost dhaibh, gu h-àraidh nuair a bhithe trang ag obair neo a' coiseachd (McKean 1996, 114 & 118; Dòmhnallach 1996, 99). 'S ann dìreach mar seo a chuala Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill bàird agus bana-bhàird a linnse a' mineachadh cumhachd a' ghibht, 's i ag ràdh:

"Cha robh studigeadh neo smaoineachadh mòr sam bith aca ri dhèanamh, bhitheadh na ceathramhan dìreach a' tighinn thuca. Bhitheadh iad 's dòcha rin obair làitheil neo air chuairt 's thigeadh loidhnichean thuca beag air bheag, 's fhad 's a chumadh iad ris a' ghnìomh 's dòcha gun tigeadh am barrachd gun teanga, 's bhitheadh ceathramhan òrain aca dèanta ann an tiotan"(MFN 14-02-2011).

Air uairean, thigeadh loidhnichean gu feadhainn cuideachd 's iad nan sìneadh san leabaidh neo nan cadal, 's dhùisgadh iad le ceathramhan slàn air an teanga (MFN 14-02-2011; Innes 1998, xvii). Ach mar a dh'innseadh do Mhagaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, ged a thigeadh corra òran neo dàn goirid thuca sa mhionaid, mar a bu trice 's ann mean air mhean, agus 's dòcha fiù 's eadar na suidheachaidhean seo, a thigeadh iad chun a' mhòrchuid dhiubh sa Bhaile Shear, 's Iain MacGilleSeathanaich ag innse gun ann mar seo a bu chumanta a thigeadh iad gu bàird an Ceap Breatainn san 20mh linn cuideachd (MFN 11-08-2011; Shaw 2000, 45). Mar sin, dh'fhaodadh gun toireadh òran eadar uair, latha slàn, neo fiù 's beagan làthaichean airson a chur ri chèile, thoradh 's nach b' urrainnear cabhag a

²⁰⁹ Faic PT.6 agus PT.7

chur air a' ghibht, neo na facail dìreach a spionnadh bhon inntinn (MFN 11-08-2011; McKean 1996, 116). Mar a dh'innis McKean na sgrùdadh fhèin, nuair nach tigeadh na facail gu bàrd sa bhad, dh'fheumte dìreach cumail orra gu àbhaisteach nam beatha làitheil, thoradh gun fhor dhaibh fhèin, bha na suidheachaidhean fàbharach seo a' ceadachadh dhaibh smaoineachadh fo-mhothachadh mun chuspair neo tachartas a bhrosnaich iad sa chiad àite, gus gun tigeadh an smuaintean gu buil mu dheireadh, 's bhitheadh na rannan aca air an teanga (McKean 1996, 116-117; MFN 14-02-2011).

Cho luath 's a thigeadh na rannan uile còmhla mar seo agus nuair a bhitheadh am bàrd fhèin riarachtaichte leotha, ri cuimhne Mhagaidh Flòraidh NicDhòmhnaill 's ann an uair sin, nan togradhte, a chuireadh bàird le comas seinn fonn ris a' bhàrdachd aca fhèin, 's fios aca gun cumte cuimhne na b' fheàrr air nan gabhadh a sheinn, gus am faighte cothrom a sgaoileadh ri luchd-èisteachd (MFN 11-08-2011). A rèir Magaidh Flòraidh, dh'fheumadh am fonn buille nam facal agus ruitheam 's meadrachd na bhàrdachd a fhreagairt, 's mar sin, nam freagradh fonn ainmeil sam bith neo fonn òran aithnichte, dh'ath-chleachdadh iad e sa mhionaid airson an òrain aca fhèin (MFN 11-08-2011). Le fianais Bill Innes, bha seo na chleachdadh cumanta am measg bàird Uibhist a Deas, agus a rèir Ó Madagáin a bha e a cheart cho bitheanta thall an Èirinn cuideachd (MFN 11-08-2011; Innes 1998, xiv-xv; Ó Madagáin 1985, 158). Tha e follaiseach bho chruinneachadh an tràchdais, gun do rinn bàird an eilein seo iomadach uair, 's fuinn cumanta air Òrain 3, 5, 7, 14, 17 agus 25. Ach, mura bitheadh fonn freagarrach ri fhaighinn, dhèanadh am bàrd fhèin fear suas le ghuth, dìreach mar a rinneadh airson Òrain 4, 6, 8, 9, 11/12 agus 15 (MFN 11-08-2011).

Dha na bàird agus bana-bhàird aig nach robh comas seinn ro mhath ge-tà, mar Eàirdsidh MacAmhlaigh, cha robh cus roghainn acasan ach dàin a chruthachadh, nas lugha 's nam feuchadh iad fhèin ri fonn a chur riutha, dìreach mar a rinn Ruairidh MacAoidh le ghuth lapach airson Òrain 8 agus 9 (MFN 11-08-2011). Mar a bu trice ge-tà, nuair a sgaoilte an cuid bàrdachd gu seinneadairean an eilein, chuireadh iadsan fonn riutha, dìreach mar a thachair le Dàn 23 (MFN 14-02-2011).

Bha gibht na bàrdachd agus cuimhne gheur mar sin riatanach airson òran neo dàn a chur ri chèile, ach fhathast mar a dh'ainmichear na bu tràithe tro sgrùdadh McKean, agus mar a dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, dh'fheumadh bàrd a bhith air a bhrosnachadh le rudeigin an toiseach, airson smuain neo beachd a dhùsgadh na inntinn air an steidhicheadh e bhàrdachd (McKean 1996, 117; MFN 11-08-2011).²¹⁰ A rèir Magaidh Flòraidh bha bàird a' Bhaile Shear tric air am brosnachadh tro fhaireachdainn pearsanta, beachd làidir, tachartas, còmhraidh neo neach a thogadh an aire (MFN 11-08-2011).

²¹⁰ Faic t.d 147.

Shaoileamaid mar sin, nach bitheadh òrain agus dàin bàird 's bana-bhàird an eilein ach a' riochdachadh am beachdan agus faireachdainnean fhèin, ach, mar a dh'innis Magaidh Flòraidh an seo, bha iarrtasan airson òran, tachartasan agus na chuala iad bho dhaoine timcheall orra cuideachd gam brosnachadh (MFN 11-08-2011).

4.2 Dreuchd nam bàrd agus bana-bhàrd air an eilean

A rèir Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill cha robh dreuchd oifigeil aig bàrd sam bith sa choimhearsnachd gus an taisbeanadh e no i a' ghibht, 's iad an uair sin aithnichte am measg muinntir an eilein airson an tàlant (11-08-2011). Nuair a thachradh seo, thigeadh atharrachadh air amasan agus adhbhar an òrain agus dàin, 's an cuid bàrdachd a-nis ri cur-seachad agus togail a thoirt dhan t-sluagh agus an luchd-èisteachd, 's iad a' faighinn àite sònraichte sa chèilidh agus san àite-obrach (MFN 11-08-2011). Ach, bha e fhathast an urra dhaibh fhèin cò dha na h-òrain agus dàin aca a sgaoileadh iad sna suidheachaidhean seo, 's roghainn aca na thogradh iad a chumail aca fhèin (MFN 29-11-2010). Aig an ìre-se feumar soilleireachadh, ged a bha an triùir bhana-bhàrd sa chruinneachadh aithnichte airson an tàlant, bha iad air an cumail sìos gu mòr sa choimhearsnachd, 's mar sin cha d' fhuair iad an aon chliù neo cus cothroman airson am bàrdachd a sgaoileadh sa chèilidh, an coimeas ris na bàird sa chruinneachadh (MFN 14-02-2011). Ach a dh'aindeoin sin, fhuair iad cothrom cuid dhiubh a sgaoileadh san àite-obrach (MFN 14-02-2011).

A rèir Magaidh Flòraidh, mar phàirt dhan dhreuchd oifigeil seo, a' frithealadh muinntir an eilein le bàrdachd, bha aig bàird agus bana-bhàird an eilein cuideachd ri bhith nan luchd-labhairt dhan choimhearsnachd tron òrain agus dàin; tro bhith a' riochdachadh chan ann a-mhàin am beachdan fhèin air cùisean ionadail, ach prìomh thachartasan, beatha, faireachdainnean agus beachdan cumanta na coimhearsnachd cuideachd, 's iad air am brosnachadh mu na cuspairean seo bho na chluinneadh iad aig muinntir an eilein neo na chitheadh iad len sùilean fhèin (MFN 11-08-2011). Gheibheadh an luchd-èisteachd mar sin am barrachd tlachd agus togail bhon bhàrdachd, 's iad ga thuigsinn agus a' dèanamh ceangail leis na faireachdainnean agus beachdan ann, 's cuid dha na h-òrain agus dàin fiù 's gam fiosrachadh aig amannan, air an naidheachd ionadail as ùire (MFN 11-08-2011). Eadar sgrùdadh Thomas McKean, Iain MhicGilleSheathanaich, agus Breandán Ó Madagáin, tha e follaiseach gun robh an dreuchd seo aig bàird 's bana-bhàird san Eilean Sgitheanach, an Ceap Breatainn agus an Èirinn cuideachd, 's bha na

comainn-shòisealta a bha iad a' frithealadh a' cur luach air gach fear is tè dhiubh air a shàilleabh (McKean 1996, 97; Shaw 2000, 42; Ó Madagáin 1985, 176).

Thairis air an 19mh agus an 20mh linn, fhuair na bàird 's bana-bàird aithnichte dhen Bhaile Shear a cheart uimhir cliù agus taing bhon chomann-sòisealta a bha iad fhèin a' frithealadh. Leis cho ionadail 's a tha cuspairean nan òran agus dàn sa chruinneachadh, shaoileamaid gum b' e coimhearsnachd an eilein a-mhàin a bhithe a' frithealadh leis a' bhàrdachd seo, 's Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill ag ràdh; *“cha tuigeadh mòran taobh a-muigh coimhearsnachd a' Bhaile Shear, brìgh nan òrain neo dàn a bhitheadh na bàird is bana-bhàird a' sgaoileadh thugainne, ach thuigeadh sinne a h-uile facal, 's bha sin cho eòlach air na daoine agus na h-àitichean a bh' air an ainmeachadh annta”* (11-08-2011).

Bhon sgrùdadh a tha Iain Aonghais Dòmhnallach air dèanamh air dualchas bhàrdachd Ghàidhlig, tha e a' riochdachadh òrain agus dàn mar seo fon bhuidheann 'bàrdachd ionadail', 's e ag innse gun e bàird nach robh, mar a bu trice, ach aithnichte am measg an nàbachd fhèin airson an tàlant, a bhitheadh ga chruthachadh gu làitheil airson muinntir na choimhearsnachd aca fhrithealadh (Macdonald 1999, 36-48). Mar a dh'innis Magaidh Flòraidh, gu ruige 1961, bha crìochan cumhang air coimhearsnachd a' Bhaile Shear, air sgàth cho eisimeileach 's a bhathar air an làn airson siubhal agus cho dileas 's a bhathar rin cultar, 's mar sin cha shiùbhladh iad bhon eilean neo a' mhòr-fhearann ach ainneamh (MFN 29-11-2010).²¹¹ Bha seo a' ciallachadh, mus tàinig leudachadh air crìochan na choimhearsnachd seo nuair a thogadh an cabhsair ann an 1961, nach robh a' mhòr-chuid de bhàird an eilein aithnichte taobh a-muigh a' Bhaile Shear, ach, Dòmhnall Ruadh Chorùna, a bha a' frithealadh Gàidheal air feadh Alba, agus Ruairidh MhacAoidh, a bha a' frithealadh Gàidheal Ghlaschu, 's gu h-àraidh Comann Uibhist agus Barraigh le òrain, 's an dithis aca mar sin a' faighinn cliù 's urram bhuapa seo cuideachd (MFN 11-08-2011; MacDhùghaill 1938, 63-65). Feumar soilleireachadh ge-tà, nach eilear ach a' sgrùdadh nan òran agus dàn a tha a' nochdadh ann an cruinneachadh an tràchdais, 's chan e gach dàn a rinn na bàird agus bana-bhàird seo dhen eilean. Mar sin, gun a bhith a' cunntais Dàn 19 agus 21, thoradh 's gun robh iad seo a' frithealadh dhaoine ann an coimhearsnachdan eile às dèidh 1961, 's e bàrdachd ionadail a th' anns gach dàn eile sa chruinneachadh, fiù 's òrain Ruairidh MhicAoidh, 's mar sin cha bhitheadh iad ach a' frithealadh, agus air an làn tuigsinn, le muinntir a' Bhaile Shear fhèin. 'S ann airson an adhbhair seo ma-tà, nach deach cus dhiubh a' sgaoileadh taobh a-muigh nàbachd an eilein agus nach d' fhuair bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear cliù agus urram air an son, ach bho mhuinntir an eilein fhèin (MFN 11-08-2011).

²¹¹ Faic t.d 24.

Cha d' fhuair na bàird riamh pàigheadh airson na rinn iad dhan choimhearsnachd ach, mar a dh'innis Magaidh Flòraidh, gheibheadh iad 's dòcha botal uisge-bheatha neo biadh nam freagradh iad iarrtas airson òran bho dhuine sa choimhearsnachd, mar a rinn Ruairidh MhacAoidh le Òran 9 (MFN 14-02-2011). B' e am pàigheadh a b' fheàrr agus an t-urram a bu mhotha a b' urrainn do mhuinntir an eilein sealltainn do bhàrd, b' e nan gabhte ri òran neo dàn a rinn e dhaibh; tro bhith a' bruidhinn mu dheidhinn agus a' cumail cuimhne air, neo na b' fheàrr buileach, tro bhith ga ionnsachadh airson a chumail beò agus a sgaoileadh (MFN 11-08-2011).

Mar a thathar air sealltainn san rannsachadh seo, b' ann tro bheul-aithris a mhair co-theacsa gach òran agus dàn sa chruinneachadh, agus cuid de na teacsaichean 's fuinn cuideachd. Tha seo a' soilleireachadh an urraim a thug muinntir a' Bhaile Shear dhaibh, agus cuideachd, cho math 's a choilean na bàird agus bana-bhàird fhèin an dreuchd air an eilean, 's cuid den òrain a' frithealadh ginealaich choimhearsnachdan fada às dèidh dhaibh fhèin siubhal (MFN 14-02-2011). Gus sealladh fhaighinn air mar a choilean iad an dreuchd seo sa choimhearsnachd gu soirbheachail, bheirear sùil luath air cuspairean nan òran agus dàn sa chruinneachadh, air sgàth 's gum b' iad na h-òrain 's dàn seo a roghnaich na bàird fhèin a sgaoileadh (MFN 11-08-2011). Airson an sgrùdadh thèid na h-òrain agus dàn a roinn ann am buidhnean a rèir am prìomh chuspairean, le stiùireadh bhon chatalog a chruthaich an sgoileir James Ross air na prìomh chuspairean a tha rin lorg am measg bàrdachd Ghàidhlig na h-Alba, gus soilleireachadh mar a fhreagair agus a fhrithheil bàrdachd air iomadh cuspair buntainn ris a' choimhearsnachd, muinntir an eilein ann an iomadach dòigh (Ross 1957, 96).

Leis cho doirbh 's a bha beatha muinntir a' Bhaile Shear thairis air an 19mh agus a' chiad leth dhen 20mh linn, 's crionadh fearainn, eilthireachd agus fiù 's na Cogaidhean mòra gan sàrachadh, chan eil iongnadh sam bith ann, gun e òrain is dàn làn àbhachdas as cumanta sa chruinneachadh, 's iad mar dhòigh air duilgheadasan a chur às an cuimhne. A rèir Magaidh Flòraidh, 's iad a bu chumanta a bh' air an sgaoileadh thuca sa chèilidh cuideachd, gu h-àraidh le na bàird (MFN 11-08-2011). Bha na h-òrain seo nam freagairt air tachartasan ionadail èibhinn, 's iad mar sin nan cur-seachad mòr dhan luchd-èisteachd, fhad 's a bha iad gam fiosrachadh mu na diofar thachartasan seo cuideachd (MFN 14-02-2011). Bha cuid mu thachartasan pearsanta dhan bhàrd fhèin, mar Òrain 6, 11/12, 17, 's am bàrd a' libhrigeadh gach pìos dhan tachartas mar stòiridh, tro ghuth fhèin, 's seo a' soilleireachadh gun deach an cur ri chèile dhan luchd-èisteachd, 's seist air na h-òrain airson 's gun tigeadh iad a-steach dhan àbhachdas seo cuideachd (MFN 14-02-2011). Mar a chithear bho na trì òrain seo, bhithte a' cur ris na thachair dhaibh cuideachd, agus a' fanaid orra fhèin agus duine sam bith ionadail eile a bha an lùib an tachartais, airson spòrs

agus gàire a thoirt air an luchd-èisteachd (MFN 14-02-2011). Chìthear gun cleachdte guth rud neo beathach cuideachd airson tachartas ionadail èibhinn a libhrigeadh agus an amasan a choileanadh san aon dòigh, 's Dàn 13 tro ghuth bàta, Òran 15 tro ghuth rige agus Dàn 19 tro shùilean uan. Bha bàrdachd eirmseach eile ann ge-tà, mar Òran 5 agus Dàn 20, a bha a' riochdachadh tachartas mòr, anns an robh am bàrd fhèin agus grunn de eile de mhuinntir na coimhearsnachd an sàs. Tro shealladh eirmseach, libhrigte beachdan cumanta sa choimhearsnachd gus am b' urrainn do mhuinntir an eilein ceangal ris agus cur-seachad mhòr fhaighinn às, fhad 's a bha am bàrd a' coileanadh a dhreuchd mar neach-labhairt dha nàbachd (MFN 11-08-2011). Bha seo cuideachd soilleir ann an teacsaichean 10 agus 16, a chaidh an dèanamh gu sònraichte airson clann 's deugairean an eilein a fhrithealadh le cur-seachad (MFN 14-02-2011). Bha òrain agus dàin eirmseach mar sin a' frithealadh gach aois den choimhearsnachd le cur-seachad agus toileachas, fhad 's a bha sealladh dhen nàbachd agus am beachdan cumanta air an riochdachadh annta cuideachd.

Mar a dh'innis Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, fhuairte a cheart uimhir togail agus spòrs bho Òran 14; piollachan de dh'òran a chaidh a chur ri chèile bho bearraidearachd eadar dithis bhàird an eilein (MFN 14-02-2011). A rèir catalog James Ross, bha òran le co-theacsa dhe leithid na aoir, ach le sùil air facail an òrain, tha e follaiseach gum b' e fanaid èibhinn a th' ann air Ruairidh MhacAoidh, thoradh 's nach eil e a' cur sìos air neo ga dhamanadh air dhòigh sam bith (Ross 1957, 119-120). B' e seo as coireach 's gun do chòrd e cho math ri muinntir an eilein, 's e na fhreagairt cho math air an tachartas èibhinn, 's e mar sin na fhìor chur-seachad dhaibh uile nuair a rachadh aithris dhaibh sa chèilidh (MFN 14-02-2011). Ach, a rèir Magaidh Flòraidh, dh'fhaodadh bearraidearachd eadar na bàird leantainn gu aoir, 's ged nach eil gin sa chruinneachadh fhèin, tha fìanais ann gun do rinn Ruairidh MacAoidh fear air Aonghas na Càrnaich, 's iad air a dhol a-mach air a chèile.²¹² Mar a dh'innis i ge-tà, chan fhaigheadh na bàird cus urram airson òran dhe leithid, 's gun duine measail air òran a bha a' cur sìos air cuideigin nan nàbachd fhèin (MFN 11-08-2011). Na eisimpleir ionadail dhen seo, nuair a chuala màthair Dhòmhnaill Ruaidh Chorùna mun ghibht aige chuir i bòidean air, nach dèanadh e aoir neo droch rann ri mhaireann, 's chum e dìleas ris an seo fad a bheatha (MacAmhlaidh 1995, xxiv).

A dh'aindeoin seo ge-tà, bha òrain gaoil tric am measg na sgaoileadh bàird chun an luchd-èisteachd sa chèilidh neo san àite-obrach. Mar a shaoileamaid, bha iad seo uile pearsanta nan nàdar, 's mar sin chan ann a-mhàin gun do choilean am bàrd neo a' bhana-bhàrd iarrtasan fhèin air fhaireachdainnean làidir a thaisbeanadh, bha e neo i cuideachd a'

²¹² Faic t.d 80.

frithealadh na coimhearsnachd le naidheachd ionadail, 's gaol a' bhàird neo bhana-bhàird mar a bu trice bhon choimhearsnachd fhèin neo aithnichte nam measg (MFN 11-08-2011). Mar a chìthear ann an Òrain 4 agus 25, bha sèist orra airson 's gun tigeadh an luchd-èisteachd a-steach, 's Òran 4 fiù 's a' bruidhinn gu dìreach riutha (MFN 14-02-2011). A rèir catalog James Ross bhitheadh cuid de dh'òrain gaoil cuideachd a' riochdachadh miann a' bhàird; gum bitheadh an gaol còmhla riutha nan dachaigh, dìreach mar a tha Òran 3 agus Dàn 18 (Ross 1957, 100-101). Mar a dh'innis Magaidh Flòraidh, chòrdadh òrain gaoil dhe leithid ris a' choimhearsnachd air sgàth 's gun robh iad ag aithneachadh nan àitichean den eilean a bh' air an ainmeachadh annta tro Ghàidhlig dhealbhach, 's bu fìor thoil leotha òrain a bha a' moladh an eilein. Gu mì-fhortanach, ged a tha pìosan molaidh a' nochdadh ann am bàrdachd gaoil sa chruinneachadh, chan eil gin a' moladh an eilein a-mhàin. Tha Òran 8 a' moladh àite air fàire a' Bhaile Shear ge-tà, 's e na òran pearsanta mu chianalas a' bhàird, 's an t-òran mar sin a' toirt faothachadh dha (MFN 14-02-2011). Ach, leis cho eòlach 's a bha muinntir a' Bhaile Shear air Paibeil fhaicinn bhon eilean fhèin, bhitheadh an t-òran seo fhathast a' toirt toileachas dhaibh (MFN 14-02-2011).

Mar a tha Iain MacAonghais ag innse, bha an còd-molaidh air a chleachdadh le bàird airson neach, beò na marbh, a mholadh, 's air uaireannan airson rud sònraichte a mholadh cuideachd (MacInnes 1976-1978, 435-436). Bhon chruinneachadh seo tha e soilleir gun deach cus bàrdachd a dhèanamh airson cuideigin sònraichte dhen eilean, a bha fhathast beò, a mholadh, 's Òrain 9 agus 24 a' riochdachadh cliù agus spèis na choimhearsnachd air fad airson dìthis bhoireannach a bha gam frithealadh uile fad bhliadhnaichean. Às leth an nàbachd rinneadh Òran 7 airson nan gillean òga dhen eilean a bha a' falbh dhan chogadh a mholadh. Ged a tha cuspair cogaidh aig a chridhe cuideachd, an coimeas ri bàrdachd cogaidh Dhòmhnaill Ruaidh Chorùna, tha Òran 7 gu tur ionadail na bheachd 's e a' riochdachadh faireachdainnean na choimhearsnachd nuair a chaidh na gillean an togail 's cha b' e faireachdainnean nan saighdearan fhèin (Faic MacAmhlaidh 1995, 36-49 & 58-63; MFN 14-02-2011). Chìthear sa chruinneachadh cuideachd ge-tà gun deach Dàn 2 & 21, a dhèanamh airson daoine bho taobh a-muigh coimhearsnachd an eilein a mholadh, ach fhathast leis cho ainmeil 's a bha nan daoine seo, dh'aithnicheadh an luchd-èisteachd iad, agus gheibheadh iad naidheachd as ùr bho na h-òrain cuideachd (MFN 11-08-2011).

Bha bàrdachd a' moladh neach a bha air bàsachadh air leth pearsanta mar a tha follaiseach ann an Dàn 23. Bhitheadh dàin dhe leithid, a' toirt faothachadh dhan bhàrd fhèin (MFN 11-08-2011). Mar a dh'innis James Ross, b' e dreuchd marbhrann sa choimhearsnachd a bhith na chuimhneachan air an neach a shiubhail, 's e a' cur cuideam air cho aonranach 's a bha an t-àite às an aonais, dìreach mar a tha follaiseach tro

bhriathran Eàirdsidh MacAmhlaigh ann an Dàn 28 (Ross 1956-57, 6). Mar sin, nuair a rachadh an aithris dhaibh, bha marbhrainn a' toirt faothachadh do mhuinntir an eilein cuideachd, thoradh 's gun robh buaidh aig bàs sa choimhearsnachd orra uile, 's iad cho dlùth (MFN 11-08-2011).

Mu dheireadh, tha Dàn 1 agus 22 a' soilleireachadh gum bitheadh na bàird cuideachd a' moladh nithean a thug buaidh air a' choimhearsnachd air fad, 's an sgoilear Dòmhnall Meek ag innse na sgrùdadh fhèin, gum b' e feart uabhasach bitheanta a bha seo ann am bàrdachd Ghàidhlig an 19mh linn (MFN 11-08-2011; Meek 2003, xxvi). Sa bhàrdachd seo, riochdaichear beachdan na coimhearsnachd air breacan agus air brot a chaidh a dhèanamh le dithis de mhuinntir an eilein, tro bhith a' cur cuideam air mar a bha e gu feum sa choimhearsnachd agus na fhuair buannachd às, feart a tha Dòmhnall Meek ag innse a bha dualach ann an leithid de bhàrdachd molaidh (Meek 2003, xxvi). Tro mholadh dhe leithid, gheibheadh an luchd-èisteachd fhèin toileachas bhon bhàrdachd seo 's e a' comharrachadh pàirt de dh'eachdraidh an eilein agus spòrs ionadail cuideachd (MFN 11-08-2011).

Mar sin, tron sgrùdadh seo air prìomh chuspairean nan òran agus dàn sa chruinneachadh, tha e follaiseach gun robh gach cuspair de bhàrdachd, 's fiù 's a' bhàrdachd phearsanta na mheasg, a' freagairt iarrtasan coimhearsnachd a' Bhaile Shear gu freagarrach. Chan ann a-mhàin air sgàth 's gun robh iad a' toirt cur-seachad dhaibh, 's muinntir an eilein a' dèanamh ceangail pearsanta leotha, ach, leis cho ionadail 's a bha na cuspairean seo, bha e a' ceadachadh dhan bhàrd a' choimhearsnachd fhèin agus am beachdan air na cùisean seo a riochdachadh gu furasta nan òrain, airson an dreuchd sa choimhearsnachd seo a choileanadh (MFN 11-08-2011). B' ann airson na h-adhbhair sin ma-tà, a bha na bàird agus bana-bhàird seo airidh air a' chliù 's an urram a fhuair iad bho mhuinntir a' Bhaile Shear.

4.2.1 Crìonadh dreuchd nam bàrd agus bana-bhàrd air an eilean

Mar a tha an sean-fhacal ag ràdh, "*Is ioma caochla 'thig air an t-saoghal fo cheann bliadhna*", 's gu dearbha, do mhuinntir a' Bhaile Shear, ged a thàinig leasaichean mòra air siubhal nuair a dh'fhosgladh cabhsair chun an eilein ann an 1961, 's ann nuair a fhuair iad an dealan sna taighean ann an 1965 a thàinig na h-atharraichean a bu mhotha air dòigh-beatha sòisealta an eilein (Nicolson 1951, 257; MFN 14-02-2011).²¹³ Mar a dh'innis

²¹³ Faic t.d 27.

Flòraidh NicMhathain, b' ann leis an leasachadh feumail seo a thòisich crìonadh nochdte sa chèilidh thar nam bliadhnaichean, 's muinntir an eilein a' sìor thionndadh chun an rèidio neo an telebhisean ùr aca airson cur-seachad nan taighean fhèin (FN 30-11-2010). A rèir Iain MhicGilleSeathanaich, bha an dearbh chrìonadh ann an coimhearsnachdan an Ceap Breatainn, 's ùidh an òigridh gu h-àraidh, a' tionndadh bhon a bhith ag èisteachd ris na h-òrain agus dàin ionadail seo, a b' àbhaist uairean de thìde a chur seachad dhaibh (Shaw 2000, 53-54). Chan eil iongnadh ann ma-tà, gun tàinig atharrachadh mòr air dreuchd nam bàrd sa Bhaile Shear thar nam bliadhnaichean às dèidh seo, 's gun an aon fheum aig a' choimhearsnachd orra airson am frithealadh, neo air an òrain airson cur-seachad (MFN 14-02-2011). Cha bu mhotha na sin a bha an uimhir feum aca air na h-òrain seo san àite-obrach, 's an cabhsair agus rathad ùr an eilein a' ceadachadh do ghrunn dhiubh obraichean fhaighinn far an eilein, far nach bithte a' cleachdadh na h-òrain ionadail seo bho latha gu latha len saothair, 's a bharrachd air an seo, bha obair thraidiseanta fhèin air crìonadh cuideachd (MFN 14-02-2011).

Thàinig lùghdachadh mòr mar sin air an luach a chuir muinntir a' Bhaile Shear air òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird an eilein thairis air beagan bhliadhnaichean, 's an cliù a' crìonadh leis an sin, ged a bha iad riamh aithnichte am measg a' ghinealaich aca fhèin agus ginealach an cloinn (MFN 11-08-2011). Ach, mar a dh'innis Magaidh Flòraidh, cha do chuir an crìonadh seo stad air a' bhàrd agus a' bhana-bhàrd mu dheireadh dhen eilein, bhon a bhith a' cur ri chèile òrain agus dàin ùra (MFN 11-08-2011). Ghluais Magaidh Bhoidhd a Loch Euphort ann an 1967, 's tha Dàn 19 na fhianais gun do chum i orra le bàrdachd an sin, 's i a' frithealadh muinntir Loch Euphort leotha airson beagan bhliadhnaichean, ged a shiubhail a' mhòr-chuid dhiubh air a cuimhne fhèin (CN 08-04-2011). Ach, do dh'Eàirdsidh MacAmhlaigh a bha sa Bhaile Shear gu deireadh a bheatha, ged nach d' fhuair e ach fìor bheagan cothrom gus a' bhàrdachd ùr a sgaoileadh gu muinntir an eilein, rachadh e suas a Bheinn na Fadhlà gu cèilidhean foirmeil far an coinnicheadh e ri bàird eile às na h-Uibhistean agus a gheibheadh e cothrom pìosan bàrdachd a rinn e fhèin dhaibh a sgaoileadh an sin, mar a tha co-theacsa Dàn 21 a' dearbhadh (MFN 14-02-2011).²¹⁴

Tha seo a' soilleireachadh na shiubhail de dh'òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear bho chuimhne muinntir an eilein, neo le na bàird agus bana-bhàird fhèin, air sgàth 's nach robhte a' faighinn cothrom an sgaoileadh neo an seinn 's an aithris sa chèilidh neo san àite-obrach tuilleadh (MFN 14-02-2011). Tha an rannsachadh seo mar sin air leth eisimeileach air làmh-sgrìobhaidhean, clàran SEA agus obair sgoilearan

²¹⁴ Faic t.d 129.

aithnichte agus ionadail, airson na chlàr iad de dh'òrain agus dàin an eilein mus do shiubhail iad mar seo, agus cuideachd air nan daoine as sine dhen Bhaile Shear, 's cuid de dh'obair nam bàrd fhathast air an cuimhne.

Co-dhùnadh

Bhon na chaidh a chruinneachadh de dh'òrain 's dàin a' Bhaile Shear agus de dh'fhiosrachadh a bharrachd mun deidhinn bho thùsan bheul-aithriseach, tha an tràchdas seo air soilleireachadh cho eisimeileach 's a bhathar sna linntean a dh'fhalbh air an cuimhne airson dualchas agus eachdraidh a ghlèidheadh, agus air beul-aithris airson a sgaoileadh, 's gun ach fìor bheagan de dhualchas an eilein air a sgrìobhadh sìos riamh. San latha an-diugh ge-tà, chan eilear a' cluinntinn an dualchais seo gu làitheil airson ionnsachadh, 's chan eilear a' cur an uimhir luach air cuimhne gus fiosrachadh a ghlèidheadh. 'S ann a thathar gu mòr an eisimeil air leabhraichean, sgrìobhadh agus goireasan ùra ann an teicneòlas airson seo a dhèanamh dhuinn. Gun fhios ma-tà, tha eachdraidh phrìseil a' siubhal le seann daoine ann an coimhearsnachdan Gàidhlig, thoradh 's gun iad an ginealach mu dheireadh a fhuair oideachadh traidiseanta tro bheul-aithris agus a thrèan an cuimhne gus am fiosrachadh seo a ghlèidheadh. 'S ann airson an adhbhair seo a tha cruinneachaidhean de dhualchas bho bheul-aithris cho cudromach, 's teicneòlas an-diugh ga dhèanamh nas fhasa fiosrachadh a chlàradh dìreach mar a chaidh innse neo aithris, agus a ghlèidheadh tro sgrìobhadh airson muinntir an latha an-diugh, agus san àm ri teachd, mus tèid a chall gu bràth tro bhàs neo dhiochuimhn'.

Le tuigse dhen seo aig cridhe amasan an tràchdais, rinneadh oidhirp gus na b' urrainneadh de dh'òrain agus dàin bàird agus bana-bhàird a' Bhaile Shear thairis air an 19mh agus an 20mh linn, a ghlèidheadh dìreach mar a chluinnte iad air an gabhail neo air an seinn bho chlàr neo neach-bratha, neo facal air an fhacal bho mar a lorgadh iad ann an làmh-sgrìobhadh an fhir-chruinneachaidh. Airson ciall a dhèanamh às na teacsaichean seo, ghlèidheadh na bha ri fhaighinn de dhualchas agus de dh'fhiosrachadh leotha cuideachd.

Tha na chaidh a thoirt còmhla san tràchdas seo a' fosgladh uinneag air beatha a' Bhaile Shear san ùine a dh'fhalbh agus air an àite a bha aig na bàird agus bana-bhàird, an òrain agus an dàin sa choimhearsnachd. A bharrachd air sin tha e cur ri ar tuigse agus ar n-eòlas air òrain traidiseanta Gàidhlig san fharsaingeachd, air cudrom co-theacsa agus air an fheadhainn sin a chruthaich agus a ghabh òrain is dàin a' Bhaile Shear fhèin. Thathar an dòchas ma-tà, gum bi seo na bhrosnachadh gus sgrùdadh agus glèidheadh a bharrachd a dhèanamh air òrain agus dàin traidiseanta Gàidhlig san àm ri teachd, neo gu dearbha air am barrachd de bhàrdachd a' Bhaile Shear, neo air piosan eile de dhualchas beul-aithriseach an eilein.


Facal san dealachadh

'S ann le aithreachas a tha mi a' ruighinn deireadh an rannsachaidh seo. Nuair a thòisich mi air bho chionn bliadhna, cha robh dùil agam riamh gun cruinnichinn na h-uimhir de dh'òrain 's dàin, neo gum faighinn an leithid do dh'oideachadh às. Chan urrainn dhomh taing gu leòr a thoirt dham luchd-bratha, gu h-àraidh Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, chan ann a-mhàin airson m' fhiosrachadh sa chuspair, ach airson m' aire a thogail cuideachd air cho beag fios agus for 's a tha aig òigridh ar coimhearsnachd an-diugh mun dualchas seo. Tha mi an dòchas mar sin gun lìon an tràchdas am beàrn seo dhaibh san àm ri teachd.

Ach, mar a chanadh muinntir a' Bhaile Shear fhèin, 'cha do dhùin doras nach do dh'fhosgail fear', 's gu dearbha chan eil m' obair sa choimhearsnachd seo deiseil fhathast. Tha e na amas dhomh a-nis aire na coimhearsnachd a thogail air bàird 's bana-bhàird an eilein agus an cuid òrain agus dàin tro bhith gan seinn mi fhèin. Le cuideachadh bho mhuinntir an eilein, tha mi cuideachd a' cur romham carragh-cuimhne a chur suas air fearann an eilein, mar chuimhneachan air na bàird agus bana-bhàird seo 's mi an dòchas, chan ann a-mhàin gun tuig daoine an uair sin na rinn na daoine thàlantach seo dhan choimhearsnachd bho chionn bhliadhnaichean, ach gun gabh iad fhèin ùidh nan òrain agus dàin cuideachd, 's gun tèid an sgaoileadh a-rithist.

Pàipear-taic 1

Map 1 – Map de na h-Eileanan Siar (Duwe 2005, 4).



Pàipear-taic 2(a)

Map 2 – Map den Bhaile Shear (GOS 1881).

(Gheibhear Map 2 air am faidhle didsiotach a tha ceangailte ri faidhle an tràchdais fhèin).

Pàipear-taic 2(b)

Ainmean-àite a' Bhaile Shear.

Tha na h-àitichean seo air an comharrachadh le X air Map 2, agus tha na h-àireamhan a leanas a' comharrachadh na h-ainmean-àite fhèin (FN 14-06-2011; MFN 14-02-2011).

1. A' Cheartaich Ruaidh.
2. Taigh Calum Bheisdein.
3. Taigh Seonaidh Dhòmhnaill Eoin (MacAmhlaigh).
4. Taigh Aonghais Ghilleasbuig / Taigh Eàirdsidh Aonghais Ghilleasbuig.
5. A' Chuithidh Chaol.
6. Taigh a' Bharraich.
7. Iochdamais.
8. A' Mhaoil' Bhàin.
9. Gob na Maoile Baine.
10. Taigh Raghnaill MhicAonghais.
11. An Grianan.
12. Taigh Eàirdsidh Dhòmhnaill.
13. An Taigh-Sgoile.
14. Sgoil a' Bhaile Shear (1877-1983).
15. An Eaglais.
16. Taigh Flòraidh agus Pàdraig MacMhathain.
17. Taigh Ciorstaidh Ruadh, An Dunolli.
18. Bun-sgoil a' Bhaile Shear san 19mh linn.
19. Clach Luadh Iolaraigh.
20. Taigh Dhòmhnaill Bhàin MacDhòmhnaill.
21. Lichabhaidh, Taigh Iain Bhàin Stiùbhairt.
22. Taigh Ghilleasbuig, mac Iain Bhàin.
23. Taigh Dhòmhnaill MhicGìthagain.
24. Bàthach Dhòmhnaill Bhàin.
25. A' Bhuaile.
26. Croit Aonghas na Càrnaich, an Iolaraigh.
27. Taigh an Tàilleir, an Iolaraigh.
28. Taigh Ruairidh MhicAoidh.
29. Muileann Dhubhasaraigh / Dubhasaraigh fhèin.
30. An Ceann Àrd.

31. Fadhail nan Caorach.
32. Oitir an t-Sàmhla.
33. An Stròm.
34. Taigh Calum Ghilleasbuig Nèill.
35. An Leigidh/ Leigeadh.
36. Na h-Àrdaibh.
37. Bun-sgoil a' Bhaile Shear san 19mh linn, airson nighnean a-mhàin.
38. Taigh Aonghas Ghilleasbuig Dhonnchaidh.
39. Cabhsair a' Bhaile Shear.
40. Taigh Peigi Chaimbeul / Taigh Calum Ruairidh.
41. Taigh Màiri Stiùbhairt.
42. Taigh Iain na Càrnaich / Magaidh Bhoidhd.
43. Stàball/ Bàthach na Càrnaich.
44. Seann taigh na Càrnaich.
45. Taigh ùr na Càrnaich.
46. Taigh Ailein MacDhòmhnaill (Athair Mairead Nighean Ailein).
47. Pàirce nan Cailleach.
48. Taigh Siùsaidh a' Chlachain.
49. An Clachan.
50. Taigh Sheòrais / Pàirce Sheòrais.
51. Cuairidh a' Chlachain.
52. Creig an Àigeach.
53. Talla Chàirinis.
54. Corùna / Taigh Dhòmhnaill Ruaidh.
55. Sgoil Chàirinis.
56. Taigh-seinnse Chàirinis.
57. An Àird Mhòir.
58. Croit Ailig Sheonaidh / Nurs Magaidh.
59. Taigh Rob Mòr.

Pàipear-taic 3

Gailearaidh.



(a). Cabhsair a' Bhaile Shear ann an 2009 (Dealbh le L. NicLeòid 2009).



(b). Togalach Sgoil a' Bhaile Shear an-diugh. (Dealbh le L. NicLeòid 2011).



(c). Sgoil Chàirinis an-diugh (Dealbh le L. NicLeòid 2011).



(d). Coltas Eaglais a' Bhaile Shear
mus do dhùineadh i ann an 1977
(Dealbh bho M. NicDhòmhail).



(e). Eaglais a' Chlachain an-diugh (Dealbh le
L. NicLeòid 2011).



(f). Eaglais Chàirinis an-diugh
(Dealbh le L. NicLeòid 2011).



(g). Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill agus Ciorstaidh Ruadh ann an 1945 (Dealbh bho M.F. NicDhòmhnaill).



(h). Clach Luadh Iolaraigh, (Dealbh le L. NicLeòid, 2011).



(i). Mòrag Anna na Càrnaich ann an 1958 (Dealbh bho G. NicDhòmhnaill).

(j). Mòrag Anna na Càrnaich ann an 1979 (Dealbh bho G. NicDhòmhnaill).



(k). Nighnean Dhòmhnaill Bhàin MacDhòmhnaill (bhon làimh-chli chun an làimh-dheas): Lachac, Agnes, Magaidh Flòraidh (an tè-bràtha) agus Magaidh ann an 1993 (Dealbh bho M.F. NicDhòmhnaill).



(l). Taigh Dhòmhnaill Ruaidh Chorùna ann an 1974 (Dealbh bho A. NicDhòmhnaill).





(m). ‘Tàigh ùr’ na Càrnaich an-diugh ’s e air ath-nuadhachadh (Dealbh le L. NicLeòid 2011).



(n). Tobhta bàthach na Càrnaich an-diugh (Dealbh le L. NicLeòid 2011).



(o). Taigh Magaidh an-diugh (Dealbh le L. NicLeòid 2011).



(p). Taigh Ciorstaidh Ruadh an-diugh (Dealbh le L. NicLeòid 2009).



(q). Tobhta taigh Aonghais
Ghilleasbuig (Dealbh le L. NicLeòid
2009).



(r). Seann taigh na h-Àrdaibh ann an
1964 (Dealbh bho C. NicLeòid).




(s). Seonaidh MacIllEathain le Ceitidh Màiri
NicIllEathain (an tè-bratha) mu 1948 (Dealbh bho
C.M. NicIllEathain).



(t). Annabella NicMhathain ann an 1973 (Dealbh bho C. NicLeòid).



(u). Ruairidh MacMhathain ann an 1939 (Dealbh bho C. NicLeòid).



(v). Ùisdean MacMhathain ann an 1990 (Dealbh bho C. NicLeòid).

(w). Taigh ùr na h-Àrdaibh an-diugh
(Dealbh le L. NicLeòid 2011).



(x). Giog' Eòin Thàilleir mu na 1900an
(Dealbh bho A. NicDhòmhnaill).



(y). Bàta Sheumais Ghilleasbuig/Seumas a' Chidhe ann
an 1944 (Dealbh bho A. NicDhòmhnaill).





(z). Sìmh Dòmhnallach ann an 1987 (Dealbh bho M. NicIllEathain).



(aa). Sgoilearan a' Bhaile Shear leis a' bhana-mhaighstir sgoile Ceitidh NicSuain mu 1977 (Dealbh bho C. NicLeòid).



(ab). Seann sgoilearan Sgoil a' Bhaile Shear aig cèilidh sònraichte na sgoile san Dùbhlachd 1977 (Dealbh bho C. NicLeòid).



(ac). Seonaidh Dhòmhnail Eòin (MacAmhlaigh) sna 1980an (Dealbh bho A. NicDhòmhnail).




(ad). Siùsaidh NicIllEathain ann an 1989 (Dealbh bho C. NicLeòid).



(ae). Bùth a' Chlachain ann an 1978 (Dealbh bho S. MacMhathain).

Pàipear-taic 5


Àireamh-sluaigh a' Bhaile Shear (agus lolaraigh) 1841-2001 (Histpop 2007; C.N.E.S 2009).



Pàipear-taic 7

Craobh-teaghlach Aonghas na Càrnaich.

Craobh-teaghlach Aonghas na Càrnaich (PNT 15-02-2011; MacAulay, Blair (05-05-2011).



*Tha na h-ainmean ann an clò-trom a' comharrachadh baird a bha aithnichte sa Bhaile Shear, 's tha ainm sam bith ann an dearg a' comharrachadh gun robh gible an t-seinn aca.

Pàipear-taic 8

Dàn 21 ann an làmh-sgrìobhadh a' bhàird (LS Eàirdsidh MacAmhlaigh 1977).

Cha aithne dhòmhsa a' tairg,
 A thoist san' am mas bu chòr dhomh
 S'mo theanga buileach mall,
 Cas xann a freagairt Dhòmhaill,
 Cha'n eil do thoist a'n diugh air chall.
 Siomadh clann a leughas òg i
 Eadar ghaidheal agus lhall,
 S' tìran thall nan nainn-Èirpa.

Nuair leugh mi pàirt do'd chruas did' chàs
 Adasch e mo spéis dhut,
 Leis na blàs ri uchd a' bhais
 A' smialadh luchd na èucais,
 Do dhut mo làmh le sìth is gràdh,
 Le bannan blàth nach trèig sinn.
 S' nuair thachras bàrd an tìr na m' Bàrd
 Gun ìl sinn slainte a' chéile.

PTO

Se thachd is miadh thug om cur sìos
 Lye Dòmhaill Dain Dhonnchaidh,
 Sibbi tinn na slàn na saibhlean làn
 Cha àicheadhainnse m'ainm ort,
 S'me bannsaich Macamhladh
 Ga chur a'n ceinnt nan seanmhar,
 San Iolasaich, an Mhìst-a-tuath,
 Chaidh m'asach suas nan leabhar.

Pàipear-taic 9

An litir a chuir Dòmhnall Iain Dhonnchaidh gu Eàirdsidh MacAmhlaigh ann an 1977 (LS Dòmhnall Iain Dhonnchaidh MacDhòmhnaill, 1977).

Beighinn-an-Aoisann.
 Uidhist - a - Dear.
 4 - 5 - 77.

A charaid chòir.

Chòir na tannan a chual
 mi fhàisibh uidhe na coitidh an Baile Mhànaich
 che fàg m'òrl - nua agus gun de sgrìobh
 mi fàin na trì tannan so mar fhreagairt
 dh'èir. Tha mi an dòchas gun eòr iad
 tuille.

Chì mi sibh uair an chòisiginn, nuair a
 gheibh mi uime.

An dràda leis gach deagh dh'èir.
 Dòmhnall Iain Dhonnchaidh.

Pàipear-taic 10

A' bhàrdachd a sgrìobh Dòmhnall Iain Dhonnchaidh do dh'Eàirdsidh MacAmhlaigh ann an 1977 (LS Dòmhnall Iain Dhonnchaidh MacDhòmhnaill, 1977).

Cud is mibe fàit' ort Eàrdsaidh,
 Euidheam slàint' a charaid chòis' dhut.
 Nuair a chuala mi do bhàrdachd
 Thainig uail is blàths nam fèisil dhut.
 Tha mi nasal as na rannan
 Rinn thu suas mar onair dhòmhsa,
 'S bhon a chuala mi do bhrìathran
 Bhe mo mhiann bhi fèasgan còmh' riut.

Rinn thu cheana dhùinn a dhearbhadh
 G'eil thu 'd sheanachaidh barrachd' lèalach,
 'S gu bheil fìor-fhàil suinn nan gearr-chrìoch
 Ruith gu deang an fèadh do phòrtaibh.
 Tha thu 'shlìochd nan gairdeil chalm
 The-rabh ann a bha gun fèitèas,
 'S g'eil an uisge fuaigil' 'ad nàdan
 Wèir a snàthleir anns a chòta.

Mu bhiòs mise maiseann, Eàrdsaidh,
 Gus a gearr a bhiòs an ùine
 Gus a' faic thu mi cur fàit' ort
 'S baid do bhàrd a dearamh ùmhleachd.
 Cha bhi seanachas idis gan cinn P.T.O.

'S gum bi 'n dram air ceann a bhuird ann
 'S gus an tig a latha gearr uat
 Didheibh mhalh leat fhis mo rùin-sa.

Clàr Thùsan

Prìomh thùsan:

Tùsan Beul-aithris/ Agallamhan:

- (AID) Aonghas Iain Dòmhnallach, An t-Eilean Sgitheanach, (01-06-2011).
- (AD) Alasdair Dòmhnallach, Croismoraig, (15-02-2011).
- (AD) Aonghas Dòmhnallach, Aonghas na Càrnaich, Inbhir Nis, (17-02-2011).
- (AN) Anna NicDhòmhnaill, An Clachan, (16-02-2011).
- (CN) Catrìona NicLeòid, An Clachan, (08-04-2011).
- (CMN) Ceitidh Màiri NicIllEathain, Càirinis, (07-04-2011).
- (CNN) Ceitidh NicDhòmhnaill NicGilleBhràth, A' Chàrnaich, (15-02-2011).
- (DEM) Dòmhnall Eàirdsidh MacGuaire, An Gearasdan, (11-05-2011).
- (FN) Flòraidh NicMhathain, Iolaraigh, (30-11-2010).
- (FN) Flòraidh NicMhathain, Iolaraigh, (07-04-2011).
- (FN) Flòraidh NicMhathain, Iolaraigh, (14-06-2011).
- (IN) Isa NicPhilip, Càirinis, (08-04-2011).
- (IM) Iain MacIllEathain, Glaschu, (19-03-2011).
- (LG) Linda Gowans, Glaschu, (31-05-2011).
- (MFN) Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, Baile Raghnaill, (29-11-2010).
- (MFN) Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, Baile Raghnaill, (14-02-2011).
- (MFN) Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, Baile Raghnaill, (21-03-2011).
- (MFN) Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, Baile Raghnaill, (13-06-2011).
- (MFN) Magaidh Flòraidh NicDhòmhnaill, Baile Raghnaill, (11-08-2011).
- (MN) Mòrag NicIllEathain, Mòrag Ùisdean, Loch Euphort, (07-04-2011).
- (MN) Mairead NicAmhlaigh, Mairead *Westford*, (21-06-2011).
- (MNA) Mòrag NicAoidh Anderson, Baile Dhùn Lèibhe, (05-05-2011).
- (PNT) Peigi NicDhòmhnaill Thompson, (Peigi na Càrnaich), A' Chàrnaich, (15-02-2011).
- (RM) Ragnall Mac a' Phiocair, Guireag, (04-06-2011).
- (UD) Uilleam Dòmhnallach, An Clachan, (16-02-2011).

Clàran teaghlach MhicMhathain:

- (RD) Ruairidh na Càrnaich, Ruairidh Dòmhnallach, bho chlàradh de chèilidh aig taigh Ùisdean MacMhathain an Langais, Uibhist a Tuath, (1963).
- (UM) Ùisdean MacMhathain, bho chlàradh de chèilidh na dhachaigh fhèin an Langais, Uibhist a Tuath, (1963).

Agallamhan dhaoine eile:

- (DD) Dòmhnall Dòmhnallach, air agallamh le Alison NicDhòmhnaill, Iolaraigh, (23-11-1999).
- (UM) Ùisdean MacMhathain, air agallamh le Alison NicDhòmhnaill, Am Baile Sear (22-11-1999).

Clàran Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath:

- (AM) Ailean MacDhòmhnaill, Am Baile Sear, (1970).
- (AM) Anndra MacIllEathain, Uibhist a Tuath, (2006).
- (DM) Dòmhnall MacDhòmhnaill, Iolaraigh, (1970).
- (UM) Uilleam Mac a' Phiocair, Am Baile Sear, (1970).
- SA2001.117, Seonaidh Dhòmhnaill Eòin, (Seonaidh MacAmhlaigh), Uibhist a Tuath, (1987).
- SA2001.134, Magaidh Bhoidhd, (Magaidh NicGuaire), Uibhist a Tuath, (1988).
- SA2001.138, Seonag NicDhòmhnaill, Uibhist a Tuath, (1988).

Clàran Sgoil Eòlais na h-Alba:

- SA1957.109, Ruairidh na Càrnaich, (Ruairidh Dòmhnallach), Uibhist a Tuath, (1957).
- SA1958.176, Ruairidh na Càrnaich, (Ruairidh Dòmhnallach), Uibhist a Tuath, (1985).
- SA1966.86, Ùisdean Sheumais Bhàin, (Ùisdean MacMhathain), Uibhist a Tuath, (1966).
- SA1968.67, Seonaidh MacIllEathain, Uibhist a Tuath, (1968).
- SA1968.205, Seonaidh MacIllEathain, Uibhist a Tuath, (1968).
- SA1968.207, Magaidh Bhoidhd, Uibhist a Tuath, (1968).
- SA1968.217, Seonaidh MacIllEathain, Uibhist a Tuath, (1968).

- SA1968.280, Seonaidh MacIllEathain, Uibhist a Tuath, (1968).
- SA1969.91, Seonaidh MacIllEathain, Uibhist a Tuath, (1969).
- SA1969.96, Calum Ruairidh 'ic Nèill, (Calum Dòmhnallach), Uibhist a Tuath, (1969).
- SA1969.110, Calum Ruairidh 'ic Nèill, (Calum Dòmhnallach), Uibhist a Tuath, (1969).
- SA1972.24, Ùisdean Sheumais Bhàin, (Ùisdean MacMhathain), Uibhist a Tuath, (1972).

Clàran Tobar an Dualchais (air loidhne).

- <http://www.tobarandualchais.co.uk/fullrecord/28323/1;jsessionid=10F6F326C60A99C0EA9AAA7B8F15000A> Original Tape: SA1968.081, Nan Buie, 'A Tèid thu Leam a Rìbhinn Mhaiseach', Gun àite.

Clàr CD:

- Fowlis, Julie (2011) *Uam*. Spit and Polish Records, Glasgow.

Làmh-sgrìobhaidhean (LSS):

- GU.MS.Gen 1090/14 (49) (Gun Deit). George Henderson Collection.
- Dòmhnallach, Uilleam (1978). An Clachan.
- MacAmhlaigh, Eàirdsidh (1977), fhuaradh na LSS seo bho Uilleam Dòmhnallach. An Clachan.
- NicMhathain, Màiri (c.1994). Am Baile Sear.
- Mac a' Ghobhainn, an Urramach. Iain (c.1972). An Clachan.
- Macdhòmhnaill, Aonghas (Clèireach Cuiliurnain) (1895). 'Co-chruinneachadh de dh'òrain, nuadh agus sean à iomadh ceàrn'. (Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann).
- MacDhòmhnaill, Dòmhnall Iain Dhonnchaidh (1977), fhuaradh na LSS seo bho Uilleam Dòmhnallach. An Clachan.
- MacDonald, Rev. Angus John (Gun Deit(a)). 'North Uist: A Sketch of its History' Vol 1 (Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann).
- MacDonald, Rev Angus John (Gun Deit(b)). 'North Uist: A Sketch if its History' Vol 2 (Leabharlann Oilthigh Dhùn Èideann).

Fiosrachadh tro Phost-dealain:

- MacAulay, Blair (05-05-2011).
- MacAonghais, Iain (11-06-2011).

Prògraman Radio nan Gàidheal:

- RnG: Radio nan Gàidheal (1995). *Cluais ri Claisneachd, Prògram 6: Ruairidh MacAoidh agus Ruairidh na Càrnaich.*

Clàraidhean Oifigeil:

- O.B.D.M.R: Official Birth, Death and Marriages Records for the Parish of North Uist (1858 - An-diugh). Oifis na neach-clàraidh, Beinn na Fadhlà.

Dàrna tùsan:

Leabhraichean:

- Beveridge, Erskine (2001). *North Uist: Its Archaeology and Topography*. Edinburgh.
- Black, Ronald (deas.) (1999). *An Tuil: anthology of 20th century Scottish Gaelic verse*. Edinburgh.
- Black, Ronald (deas.) (2005). *The Gaelic Otherworld: John Gregorson Campbell's Superstitions of the Highlands and Islands of Scotland and Witchcraft & Second Sight in the Highlands and Islands*. Edinburgh.
- Campbell, John Lorne & Collinson, Francis (deas.) (1977). *Hebridean Folksongs, II. Waulking songs from Vatersay, Barra, Eriskay, South Uist and Benbecula*. Oxford.
- Campbell, John Lorne & Collinson, Francis (deas.) (1981). *Hebridean Folksongs, III. Waulking songs from Vatersay, Barra, Eriskay, South Uist and Benbecula*. Oxford.
- Campbell, John Francis (deas.) (1860). *Popular Tales of the West Highlands Vol 1* Edinburgh.
- Camshron, Eachann (deas.) (1932). *Na Bàird Thirisdeach: saothair ar co-luchd-duthcha aig an tigh 's bho'n tigh*. Stirling.
- Carmichael, Alexander (deas.) (1983). *Carmina Gadelica: hymns and incantations* Ath-fhoillseachadh de Vol 1. Edinburgh.

- Comann Gàidhealach Leòdhais (1982). *Eilean Fraoich: Lewis Gaelic Songs and Melodies*. Stornoway.
- Comataidh Coimhearsnachd Baile Ghrèinetobht (2004). *1899 Bliadhn' A' Gheallaidh: Eachdraidh Ghrèinitobht troimh nan linn-tean*. Inbhir Nis.
- Dickson, Joshua (deas.) (2009). *The Highland Bagpipe: Music, History and Tradition*. Surrey.
- Gillies, Anne Lorne (2005). *Songs of Gaelic Scotland*. Edinburgh.
- Gowans, Linda (1992). *Am Bròn Binn: An Arthurian Ballad in Scottish Gaelic*. East Sussex.
- Gun ainm deasaiche (1767). *Tiomnadh Nuadh ar Tighearna agus ar Slanuigh-fhir Iosa Criosd. Eidir-theangaicht' O'n Ghreugais chum Gaidhlig Albannaich*. Dun Eudain.
- Innes, Bill (deas.) (1998). *Chì Mi: bàrdachd Dhòmhnail Iain Dhonnchaidh*. Edinburgh.
- Lawson, Bill (1998). *Index to Marriages (Recorded and Unrecorded) in the Parish of North Uist, 1820-1855*. Harris.
- MacAmhlaidh, Fred (deas.) (1969). *Dòmhnall Ruadh Chorùna: Òrain is Dàin le Dòmhnall Dòmhnallach à Uibhist a Tuath*. Glaschu.
- MacAmhlaidh, Fred (Dàrna deas.) (1995). *Dòmhnall Ruadh Chorùna: Òrain is Dàin le Dòmhnall Dòmhnallach à Uibhist a Tuath*. Loch na Madadh.
- MacDhòmhnail, Dòmhnall Iain (2000). *Fo Sgàil a' Swastika: Under the Shadow of the Swastika* Introduction and Parallel notes by Bill Innes. Stornoway.
- MacDhùghaill, Eachann (1938). *Oiteagan à Tìr nan Òg: Òrain agus Dàin le Ruairidh MacAoidh*. Glaschu.
- Macdomhnuill, Raonuill (1776). *Comh-Chruinneachidh Orannaigh Gaidhealach*. Duneidiunn.
- Macdonald, Rev. Archibald (1894). *The Poems and Songs of John MacCodrum, Archibald MacDonald, and some of the Minor Uist Bards*. Glasgow.
- Macdonald, Rev. Archibald & Macdonald, Rev. Angus (1911). *The MacDonald Collection of Gaelic Poetry*. Inverness.
- Macdonald, John Angus (deas.) (1999). *Òrain Dhòmhnail Ailein Dhòmhnail na Banaich*. An Gearasdan.
- McDonald, Patrick (1784?). *A Collection of Highland Vocal Airs*. Edinburgh.

- Mackechnie, John (deas.) (1973). *Catalogue of Gaelic manuscripts in selected libraries in Great Britain and Ireland*. Boston.
- Mackenzie, John (1841). *Sàr-Obair nam Bard Gaelach*. Glasgow.
- MacKillop, Allan MacDonald (1998?). *A Goodly Heritage* deas. le Sine Martin. Inverness.
- Mac-na-Ceàrdadh, Gilleasbuig (1879). *An t-Òranaiche: Co-thional taghte do òrain ùr agus shean*. Glasgow.
- McKean, Thomas A. (1996). *Hebridean Song-Maker: Iain MacNeacail of the Isle of Skye*. Edinburgh.
- Meek, Dòmhnall Eachann (Dàrna deas.) (1998). *Màiri Mhòr nan Òran: taghadh d'a h-òrain le eachdraidh a beatha is notaichean*. Dùn Èideann.
- Meek, Dòmhnall Eachann (2003). *Caran an t-Saoghail = The Wiles of the World: Anthology of 19th Century Scottish Gaelic Verse*. Edinburgh.
- Nicolson, Alexander (1951). *Gaelic Proverbs collected and translated into English with equivalents from other European languages* deas. le Malcolm MacInnes. Glasgow.
- Ó Laoire, Lillis (2005). *On a Rock in the Middle of the Ocean: songs and singers in Tory Island, Ireland*. Oxford.
- Shaw, John (deas.) (1987). *Tales Until Dawn: the world of a Cape Breton storyteller*. Edinburgh.
- Shaw, John (deas.) (2000). *Brìgh an Òrain, A Story in Every Song: the songs and tales of Lauchie MacLellan*. Montreal.
- Shaw, Margaret Fay (1955). *Folksongs and Folklore of South Uist*. London.
- Shaw, Margaret Fay (1999). *Folksong and Folklore of South Uist*. (Dàrna deas.) Edinburgh.
- Smith, Donald (2001). *Storytelling Scotland: a nation in narrative*. Edinburgh.
- Smith, John A. (1978-1980). 'The 1872 Education (Scotland) Act and Gaelic Education', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 51: 1-67.
- Tolmie, Frances (deas.) (1997). *One Hundred and Five Songs of Occupation From the Western Isles*. Ceredigion. (Ath-fhoillseachadh bhon *Journal of the Folksong Society* IV, 1911: Treas Pàirt den alt).

Altan:

- Bruford, Alan (deas.) (1988). 'Oidhche Challainn', *Tocher* 41: 284-289.

- Byrne, Charles & Sheridan, Mark (2008). 'Cèilidh culture and higher education', *International Journal of Music Education* 26: 147-159.
- Cameron, Paul (1890-1891). 'The Gaelic Songs of Perthshire and their Composers', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* XVII: 126-169.
- Dòmhnallach, Dòmhnall Eàirdsidh (1996). 'Bàrd a' bruidhinn mu chuid bàrdachd fhèin', *Scottish Gaelic Studies* XVII: 87-102.
- Dòmhnallach, Uilleam (1984). 'Bàrdachd à Uibhist-a-Tuath', *Gairm* 127: 218-222.
- Duwe, Kurt C. (2005). 'Vol. 05: Uibhist a Tuath, North Uist', *Gàidhlig (Scottish Gaelic) Local Studies* 5: 1-41.
- Fraser, Ian (1973). 'The Place-Names of Illeray', *Scottish Studies* 17: 155-61.
- Freeman, Linton C. (1957). 'The Changing Functions of a Folksong', *The Journal of American Folklore* 70: 215-220.
- Gun ainm (1978). 'Sgoil a' Bhaile Shear – Ceud Bliadhna', *Crùisgean* 4: 4.
- Innes, Bill (2000-2002). 'Poetry of the Oral Tradition – How Relevant is it to Gaelic in the 21st Century?', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 62: 79-109.
- MacDonald, Donald A. (1978). 'A Visual Memory', *Scottish Studies* 22: 1-26.
- MacDonald, Donald Archie (1993). 'Gaelic Storytelling, Traditional' ann an *The New Companion to Scottish Culture* deas. David Daiches (Edinburgh), 121-123.
- MacInnes, John (1976-1978). 'The Panegyric Code in Gaelic Poetry and its Historical Background' *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 50: 435-498.
- MacInnes, John (1993). 'Gaelic Folksong' ann an *The New Companion to Scottish Culture* deas. David Daiches (Edinburgh), 114-116.
- MacInnes, John (2006a). 'Gaelic Poetry in the Nineteenth Century' ann an *Dùthchas nan Gàidheal: selected essays of John MacInnes*, deas. Michael Newton (Edinburgh), 356-379.
- MacInnes, John (2006b). 'The Oral Tradition in Scottish Gaelic Poetry' ann an *Dùthchas nan Gàidheal: Selected Essays of John MacInnes*, deas. Michael Newton (Edinburgh), 230-247.
- MacInnes, John (2007). 'Òrain Luaidh and Other Work Songs' ann an *Oral Literature and Performance Culture*, deas. John Beech (Edinburgh), 412-426.

- MacLeod, Morag (2007). 'Collectors of Gaelic Song' ann an *Oral Literature and Performance Culture*, deas. John Beech, et al (Edinburgh), 440-450.
- Meek, Dòmhnall Eachann (2002). 'The pulpit and the pen: clergy, orality and print in the Scottish Gaelic world' ann an *The Spoken Word: Oral Culture in Britain, 1500-1850*, deas. Adam Fox agus Daniel Woolf (Manchester), 84-118.
- Meek, Dòmhnall Eachann (2007). 'Faking the 'True Gael'? *Carmina Gadelica* and the Beginning of Modern Gaelic Scholarship', *Aiste* 1: 76-106.
- Ó Madagáin, Breandán (1985). 'Functions of Irish Song in the Nineteenth Century', *Béaloideas* 53: 130-216.
- Ó Madagáin, Breandán (1989). 'Gaelic Lullaby: a charm to protect the baby?', *Scottish Studies* 29: 29-38.
- Orr, J. (1957). 'The School of Scottish Studies', *Scottish Studies* 1: 1-13.
- Ross, James (1956-1957). 'The Sub-Literary Tradition in Scottish Gaelic Song-Poetry', *Éigse* 8: 1-17.
- Ross, James (1957). 'A Classification of Gaelic Folk-Song', *Scottish Studies* 1: 95-151.
- Ross, James (1961). 'Folk Song and Social Environment', *Scottish Studies* 5: 18-39.
- Shaw, John (2007). 'Gaelic Oral Poetry in Scotland: Its Nature, Collection and Dissemination' *For the Folklore Fellows* 33: 3-11.
- Stiùbhairt, Dòmhnall Uilleam (2010). 'Alasdair MacGilleMhicheil: Fear-Cruinneachaidh Òran ri Linn nan 1860an' ann an *Foinn agus Focail: Leachtaí Cholm Chille XLI* deas. Ruairí Ó hUiginn (Maynooth), 109-50.
- Thomson, Derick (1954). 'The Gaelic Oral Tradition', *The Proceedings of the Scottish Anthropological and Folklore Society* 5: 1-18.

Altan agus Tràchdasan Neo-fhoillsichte:

- NicLeòid, Linda (2010). 'Stòiridhean Os-nàdarra a' Bhaile Shear tron 19mh agus an 20mh linn, agus an àite air an eilean' (Tràchdas M.A. Neo-fhoillsichte, Oilthigh Ghlaschu).
- MacDonald, Alison F. (1999). 'Am Bàrd Ruairidh MacAoidh' (Tràchdas Sgoile Neo-fhoillsichte, Sgoil Lionacleit).

- MacDonald, William (1971). 'A Study of Two Hebridean Townships' (Tràchdas M.A. Neo-fhoillsichte, Oilthigh Obar Dheathain).
- Miller, Edward K. (1981). 'An Ethnography of Singing: the use and meaning of song within a Scottish family' (Tràchdas PhD Neo-fhoillsichte, University Texas at Austin).
- Stewart, Donald William (Ri thighinn). 'The Making of a charm collector: Alexander Carmichael in Uist, 1864 to 1882' ann an *Charming in Europe* deas. Éva Pocs (Pécs: Oilthigh Pécs).

Clàran Coinneamh:

- 'Extract Minutes of Kirk Session Clachan Church of Scotland' (1977). Clachan.

Leabhraichean-Aithris Sgoile:

- Baleshare School Log Book (9/8/1976-1/7/1983).

Làrach-lìn:

- An ancestry.com (2011). '1841 North Uist Census, transcribed by Margaret Tuttle' air <http://freepages.genealogy.rootsweb.com/~ked1/1841NorthUist4.html> Air a chleachdadh: 24-03-2011.
- BBC Alba (2010a). 'Bliadhna nan Òran - Dachaigh' air <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/en/> Air a chleachdadh: 05-06-2011.
- Bliadhna nan Òran (2010b). 'Eilean Leòdhais, Tìr nan Gaisgeach' air http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/eilean_leodhais_tir_nan_gaisgeach/ Air a chleachdadh: 06-06-2011.
- BBC Alba (2011). 'Làrach nam Bàrd' air <http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/larachnambard/> Air a chleachdadh: 05-06-2011.
- C.N.E.S Comhairle nan Eilean Siar (2009). 'Factfile-Population; Island Populations' air <http://www.cne-siar.gov.uk/factfile/population/islandpopulations.asp> Air a chleachdadh: 04-12-2009.
- C.N.E.S Comhairle nan Eilean Siar (2010). 'Department of Technical Services, 'Bridges, Causeways and Ferries – Baleshare Causeway' air <http://www.cne->

siar.gov.uk/techservices/bridgecausewaysferries/baleshare.asp Air a chleachdadh: 06-12-2010.

- Gaelicbooks.com (2010). ‘Òrain is Bàrdachd – Song and Poetry’ air <http://www.gaelicbooks.com/poetry.html> Air a chleachdadh: 24-10-2010.
- Histpop - Online Historical Population Reports (2007). ‘Population Tables and Report Scotland’ air <http://www.histpop.org/ohpr/servlet/> , Air a chleachdadh: 05-12-2009.
- The Carmichael Watson Project (2011). ‘Dates and People in the Life of Alexander Carmichael (PDF)’ air <http://www.carmichaelwatson.lib.ed.ac.uk/cwatson/en/peopleandplaces> Air a chleachdadh: 16-09-2011.
- Tobar an Dualchais (2010). ‘Dachaigh’ air <http://www.tobarandualchais.co.uk> Air a chleachdadh: 05-06-2011.

Mapaichean:

Map 1 - Duwe, Kurt C. (2005). ‘Vol. 05: Uibhist a Tuath, North Uist’, *Gàidhlig (Scottish Gaelic) Local Studies* 5: 1-41.

Map 2 – GOS: General Ordnance Survey Map (1881). Map No. xxxiv *Hebrides, North Uist*. Southampton.

Map 3 - Beveridge, Erskine (1999). *North Uist; Its Archaeology and Topography*. Edinburgh. (Bho taobh a-staigh còmhach an leabhair).